

Nua-bhàrdachd  
Ghàidhlig

—  
Modern Scottish  
Gaelic Poems

A BILINGUAL ANTHOLOGY  
EDITED AND INTRODUCED  
BY DONALD MACAULAY

---

# Modern Scottish Gaelic Poems

---

BY SORLEY MACLEAN  
GEORGE CAMPBELL HAY  
DERICK THOMSON  
IAIN CRICHTON SMITH AND  
DONALD MACAULAY

CANONGATE CLASSICS

55

DUANAIRE DA-THEANGACH  
DEASAICHTHE LE ROIMH-RADHA  
AIG DOMHNALL MACAMHLAIGH

---

# Nua-bhàrdachd Ghàidhlig

---

LE SOMHAIRLE MACGILL-EAIN  
DEORSA MAC IAIN DEORSA  
RUARaidh MACTHOMAIS  
IAIN MAC A' GHOBHAINN AGUS  
DOMHNALL MACAMHLAIGH

CANONGATE CLASSICS

55

First published in 1976 by Southside (Publishers) Ltd. First published as a Canongate Classic in 1995 by Canongate books Ltd, 14 High Street, Edinburgh EH1 1TE

Copyright © pp 70-115, Sorley MacLean 1976; pp 116-139, George Campbell Hay 1976; pp 140-167, Derick Thomson 1976; pp 168-191, Iain Crichton Smith 1976; pp 19-45, 46-68, 192-213, Donald MacAulay 1976.

The publishers gratefully acknowledge general subsidy from the Scottish Arts Council towards the Canongate Classics series and a specific grant towards the publication of this volume.

Typeset by Hewer Text Composition Services Edinburgh. Printed and Bound in Finland by W.S.O.Y.

Canongate Classics

Series Editor: Roderick Watson

Editorial Board: Dorothy McMillan, J.B. Pick,  
Cairns Craig

*British Library Cataloguing in Publication Data*

A catalogue record for this book is available  
from the British Library.

10 9 8 7 6 5 4 3

ISBN 0 86241 494 6

Air fhoillseachadh an toiseach an 1976 le Deasthaobh (Foillsichearan) Teò. Air fhoillseachadh an toiseach mar Canongate Classic an 1995 le Canongate Books Teò., 14 An t-Sràid Ard, Dùn Eideann EH1 1TE

Còip-chòir © dd. 70-115, Somhairle MacGill-Eain 1976; dd. 116-139, Deòrsa Mac Iain Deòrsa 1976; dd. 140-167, Ruaraidh MacThòmais 1976; dd. 168-191, Iain Mac a' Ghobhainn 1976; dd. 19-45, 46-68, 192-213, Domhnall MacAmhlaigh 1976.

Tha deagh aitheantas ga thoirt leis an fhoillsichear do thabhartas o Chomhairle nan Ealain an Alba airson sreath nan Canongate Classics san fharsaingeachd agus do thabhartas sònraichte airson foillseachadh an leabhair seo.

Air a chlà-sgrìobhadh le Hewer Text Composition Services an Dùn Eideann. Air a chlà-bhualadh is air a cheangal an Suòmaidh le W.S.O.Y.

Canongate Classics

Deasaiche na Sreath: Roderick Watson

Comhairle an Deasachaidh: Dorothy McMillan,  
J.B. Pick, Cairns Craig

*Clàr-fhiosrachadh Foillseachaidh Leabharlann  
Bhreatainn*

Gheibear fios mu chlàradh an leabhair seo le iarraidh air Leabharlann Bhreatainn.

## ROMHFHACAL

A dh'aindeoin is mar a tha àireamh nan Gaidheal agus iomadh pàirt de'n cultur air a dhol air ais anns an linn sa, tha blàth air leth air a thighinn air bàrdachd na Gàidhlig, gu sònraichte anns an nòs ùr, o chionn dà fhichead bliadhna.

'Se an rud a tha a dhith air an duanaire dhà-theangach sa earrainn chomharrail de'n bhàrdachd sin a chur fo chomhair uiread 's a ghabhas de luchd-leughaidh. Air an aobhar sin tha eadartheagachadh Beurla, loine air an loine, air a chur sìos mu choinneamh gach dàn. 'Se an seòrsa cur sìos *en face* sa, saoilidh sinn, an cumadh as fheàrr a chur air leabhar dà-theangach. Nì e farasd an t-eadartheangachadh a choimeas ris a' bhun-théacs. Bheir e brìgh nan dàn do'n leughadair aig nach eil Gàidhlig, a' gléidheadh co-dhiù a' chuid as motha de'n càradh aig a' cheart am. Faodaidh an duine aig a bheil Gàidhlig feum a thoirt as an eadartheangachadh mar mhineachadh air a' bhàrdachd, ma thogras e sin a dhèanamh.

Chaidh an t-eadartheangachadh gu léir a dhèanamh neo a cheartachadh leis na bàird fhéin. Tha sin ga dhèanamh ùgh-darrasach mar ath-riochdachadh air brìgh nan dàn. Gun dol as, thathar a' call anns an tionntadh, ach mar phrionsabal tha spiorad nan dàn, agus na ghabhas de'n cruth, air an gléidheadh. Mar as dligeach anns an t-suidheachadh, tha inbhe air a thoirt do'n Ghàidhlig thairis air a' Bheurla air fad an leabhair.

Thagh mise na dàn fhéin, a' cur mo chomhairle ris a' cheithir bàrd eile. Tha mi toilichte an cothrom sa a ghabhail air fir buidheachas a thoirt dhaibh, bhuam fhéin agus bho'n luchd-foillseachaidh, air son an cuideachaidh. Tha sinn fada 'nan comain. 'Sann ormsa, gu ceart, a thuit an taghadh bho dheireadh agus is mi a dh' fheumas freagairt air a shon agus air son cumadh a' chomhchruinneachaidh gu coitcheann. Chan obair nach eil fosgailt do thubaist duanaire a chur an eagar. Chan urrainnear, an còmhnaidh, làn chothrom a thoirt do obair gach

bàrd air leth agus do'n chorpas gu h-iomlan aig an aon am. Tha mi an dòchas gun gabh an luchd-compàirt, agus gach duine a leughas an leabhar sa, mo leisegeul ma tha an leithid sin de lochd r'a lorg air a' chruinneachadh sa.

D. M.

### AITHEANTAS

Tha aitheantas ri thoirt do MhacGhillFhaolain, a chuir a mach *Dàin do Eimhir* (1943) aig Somhairle MacGill-Eain agus *Fuaran Sléibh* (1947) aig Deòrsa Mac Iain Deòrsa; do Oliver & Boyd Ltd., a chuir a mach *O na Ceithir Airdean* (1952) aig Deòrsa Mac Iain Deòrsa; do Serif Books mar luchd-foillseachaidh *An Dealbh Briste* (1951) aig Ruaraidh MacThòmais; agus do Ghairm mar luchd-foillseachaidh *Eadar Samhradh is Foghar* (1967) agus *An Rathad Cian* (1970), gach fear sgrìobhte aig Ruaraidh MacThòmais, *Bùrn is Aran* (1960) agus *Bìobuill is Sanasan-Reice* (1965), na dhà sgrìobhte aig Iain Mac a' Ghobhainn, agus *Seòbhrach às a' Chlaich* (1967) aig Domhnall MacAmhlaigh.

Is còir dhuinn Urrasairean NicGilleMhicheil ainmeachadh cuideachd a chionn 's gun do cheadaich iad gu fialaidh dhuinn an dealbhadaireachd a chithear air taobh-duilleig 69 a chur 'san leabhar.

### FIOS

Annas a' chlà-bhualadh seo airson nan Canongate Classics tha an taghadh gun atharrachadh, ach chaidh an cothrom a ghabhail fiosrachadh nas ùire a chur an cois an iomraidh ghoirid air obair nam bàrd aig deireadh an leabhair.

D.M.

### FOREWORD

*In spite of the considerable decline in the number of Gaelic speakers and also in many areas of Gaelic culture during the present century, the last forty years have seen a remarkable flowering of Gaelic poetry, especially in the modern idiom.*

*The aim of this bilingual anthology is to make a representative portion of that poetry accessible to as wide an audience as possible. For this purpose the poems are presented along with a facing line-by-line translation in English. We consider this type of en face presentation the most satisfactory form for a bilingual production. It makes comparison of the translation with the original a simple matter. It gives the reader who is not familiar with the Gaelic language access to the meaning of the poems, at the same time preserving at least their general layout. The Gaelic reader, on the other hand, may make use of the translations as a commentary on the original texts, should he wish to do so.*

*The translations were made or revised in each case by the individual contributors. This makes them an authoritative restatement of the contents of the poems. Unavoidably, of course, the translation has entailed loss; but, as a matter of principle, the spirit of the originals and as much of the form as is feasible has been maintained. As is proper in the circumstances, Gaelic is given preference over English throughout the book.*

*The poems themselves were selected by me in consultation with the other four contributors. I am glad of this opportunity to express my gratitude (and the publishers' sincere thanks) to them for their co-operation. Naturally, the responsibility for the final selection and the balance of the collection as a whole rests with me. The compiling of an anthology is a task not without pitfalls. It is not*

## FOREWORD

---

*always possible to do full justice to the work of individual contributors and to the whole corpus simultaneously. For any such shortcomings in this collection I hope that both the contributors, and all who will read this book, will accept my apologies.*

D.M.

## ACKNOWLEDGMENTS

*Acknowledgments are due to William MacLellan, who published Dàin do Eimhir (1943), by Sorley MacLean, and Fuaran Sléibh (1947), by George Campbell Hay; to Oliver & Boyd Ltd, who published O na Ceithir Airdean (1952), by George Campbell Hay; to Serif Books as publishers of An Dealbh Briste (1951); and to Gairm Publications as publishers of Eadar Samhradh is Foghar (1967) and An Rathad Cian (1970), both by Derick Thomson, of Bùrn is Aran (1960) and Biobuill is Sanasan-Reice (1965), both by Iain Crichton Smith, and of Seòbhrach às a' Chlaich (1967), by Donald MacAulay.*

*Acknowledgments are also due to the Carmichael Trustees for kindly granting permission to reproduce the emblem printed on page 69.*

## NOTE

*The content of the anthology is unchanged in this Canongate Classics edition, but the opportunity has been taken to update the brief bibliographical notes at the end of the book.*

D.M.

CONTENTS

<i>Introduction</i>	46
<i>Sorley MacLean</i>	
<i>The Blue Rampart</i>	70
<i>Dawn</i>	72
<i>When I Speak of the Face</i>	72
<i>Never has Such Turmoil been Put</i>	74
<i>The Cry of Europe</i>	74
<i>The Choice</i>	76
<i>Dogs and Wolves</i>	78
<i>The Heron</i>	80
<i>Hallaig</i>	84
<i>The Woods of Raasay</i>	88
<i>Highland Woman</i>	104
<i>Death Valley</i>	106
<i>An Autumn Day</i>	110
<i>At Yeats's Grave</i>	112
<i>George Campbell Hay</i>	
<i>To a Bonny Birch Tree</i>	116
<i>The Voyaging of the Corrie</i>	118
<i>The Battlements</i>	118
<i>The Four Winds of Scotland</i>	120
<i>Europe's Piteous Plight</i>	122
<i>Bizerta</i>	122
<i>The Young Man Speaking from the Grave</i>	126
<i>Atman</i>	128
<i>Meftah Bâbkum es-Sabar</i>	132
<i>The Duty of the Heights</i>	136
<i>The Smirry Drizzle of Mist</i>	138
<i>Derick Thomson</i>	
<i>Harvest Field</i>	140
<i>Since the Picture is Broken</i>	140
<i>The Well</i>	142
<i>A Geo in the Sun's Shelter</i>	144
<i>Between Summer and Autumn</i>	146
<i>When this Fine Snow is Falling</i>	148
<i>The Herring Girls</i>	150

CLAR-INNSE

<i>Roimh-radha</i>	19
<i>Somhairle MacGill-Eain</i>	
<i>Am Mùr Gorm</i>	71
<i>Camhanaich</i>	73
<i>An Uair a Labhras mi mu Aodann</i>	73
<i>Cha do Chuir de Bhuaireadh Riamh</i>	75
<i>Gaoir na h-Eòrpa</i>	75
<i>An Roghainn</i>	77
<i>Coin is Madaidhean-Allaidh</i>	79
<i>A' Chorra-Ghritheach</i>	81
<i>Hallaig</i>	85
<i>Coilltean Ratharsair</i>	89
<i>Ban-Ghaidheal</i>	105
<i>Glac a' Bhàis</i>	107
<i>Latha Foghair</i>	111
<i>Aig Uaigh Yeats</i>	113
<i>Deòrsa Mac Iain Deòrsa</i>	
<i>Do Bheithe Bòidheach</i>	117
<i>Siubhal a' Choir</i>	119
<i>Na Baidealan</i>	119
<i>Ceithir Gaothan na h-Albann</i>	121
<i>Truaighe na h-Eòrpa</i>	123
<i>Biscarta</i>	123
<i>An t-Oigear a' Bruidhinn o'n Uir</i>	127
<i>Atman</i>	129
<i>Meftah Bâbkum es-Sabar</i>	133
<i>Dleasnas nan Airdean</i>	137
<i>An Ciùran Ceòban Ceò</i>	139
<i>Ruaraidh MacThòmais</i>	
<i>Achadh-Bhuana</i>	141
<i>A Chionn 's Gu Bheil</i>	141
<i>An Tobar</i>	143
<i>Geodha air Chùl na Gréine</i>	145
<i>Eadar Samhradh is Foghar</i>	147
<i>Troimh Uinneig a' Chithe</i>	149
<i>Clann-Nighean an Sgadain</i>	151

<i>Strathnaver</i>	152
<i>Sheep</i>	154
<i>Coffins</i>	154
<i>Clouds</i>	156
<i>I Lost my Heart to You</i>	158
<i>I Got the Feel of You with my Feet</i>	160
<i>Sweetheart of my Youth</i>	162
<i>"Water and Peat and Oats"</i>	162
<i>The Scarecrow</i>	164
<i>Although Calvin Came</i>	164
<i>Cotriona Mhór</i>	166
<i>Iain Crichton Smith</i>	
<i>Young Girl</i>	168
<i>You are at the Bottom of my Mind</i>	168
<i>At the Cemetery</i>	170
<i>The Old Woman</i>	172
<i>Going Home</i>	174
<i>Oban</i>	176
<i>Two Songs for a New Ceilidh</i>	180
<i>To Derick Thomson: Selection</i>	182, 184
<i>The Exiles</i>	186
<i>The Letter</i>	186
<i>Give me your Hand</i>	190
<i>Donald MacAulay</i>	
<i>For Pasternak, for Example . . .</i>	192
<i>Gospel 1955</i>	192
<i>Selfrighteousness</i>	194
<i>Amasra 1957</i>	194
<i>Holiday</i>	196
<i>Iain in Space . . .</i>	200
<i>A Delicate Balance</i>	200
<i>Old Woman</i>	202
<i>Steps</i>	204
<i>Excuse</i>	208
<i>Landmark</i>	210
<i>Prison</i>	210
<i>The Contributors</i>	219

<i>Srath Nabhair</i>	153
<i>Anns a' Bhalbh Mhadainn</i>	155
<i>Cisteachan-Laighe</i>	155
<i>Sgòthan</i>	157
<i>Chaill mi mo Chridhe riut</i>	159
<i>Dh'fhairich mi thu le mo Chasan</i>	161
<i>Leannan m'Oige</i>	163
<i>"Bùrn is Mòine 's Coirc"</i>	163
<i>Am Bodach-Ròcais</i>	165
<i>Ged a Thàinig Calvin</i>	165
<i>Cotriona Mhór</i>	167
<i>Iain Mac a' Ghobhainn</i>	
<i>A Nighean Og</i>	169
<i>Tha Thu air Aigeann m'Inntinn</i>	169
<i>Aig a' Chladh</i>	171
<i>A' Chailleach</i>	173
<i>A' Dol Dhachaidh</i>	175
<i>An t-Oban</i>	177
<i>Dà Oran airson Céilidh Uir</i>	181
<i>Do Ruaraidh MacThòmais: Taghadh</i>	183, 185
<i>Na h-Eilthirich</i>	187
<i>An Litir</i>	187
<i>Thoir Dhomh do Làmh</i>	191
<i>Domhnall MacAmhlaigh</i>	
<i>Do Phasternak, mar Eiseamplair. . .</i>	193
<i>Soisgeul 1955</i>	193
<i>Féin-Fhireantachd</i>	195
<i>Amasra 1957</i>	195
<i>Latha Féille</i>	197
<i>Iain a-measg nan Reultan . . .</i>	201
<i>Frionas</i>	201
<i>An t-Sean-Bhean</i>	203
<i>Ceumannan</i>	205
<i>Leisgeul</i>	209
<i>Comharra Stiùiridh</i>	211
<i>Priosan</i>	211
<i>An Luchd-Compàirt</i>	217



## ROIMH-RADHA

Tha bàrdachd Ghàidhlig de dhà bhun-sheòrsa 'ga dèanamh an diugh. Tha aon sheòrsa air a tharraing dìreach bho'n t-sean-ghnàthas. Tha e a' riochdachadh a' ghnàthais sin anns an am a tha an làthair ach tha cuibhreachadh a' ghnàthais gu mòr a' toirt feac as. Tha càirdeas an t-seòrsa eile — a' bhàrdachd nuadhach — ris an traidisean nas caime, ged a tha an ceangal soilleir gu leòr. Tha buaidh mheadhanach mhòr aig dòighean coigreach oirre, gach cuid litreachasail agus culturach. Tha i eadardhealachichte ris a' bhàrdachd ghnàthasaich ann an cuspair, ann an seasamh agus ann an cumadh. A' cur an cèill mar a tha an saoghal air atharrachadh, 'sann 's dòcha ann an eadardhealachadh cuspair as lugha a gheibh sinn de annas.

'S ann air bàrdachd de'n dàrna seòrsa sin a tha an comh-chruinneachadh sa a mach. An déidh sin cha bu mhisde sinn tòiseachadh le sùil ghoirid a thoirt air cruth agus ionad na bàrdachd ghnàthasaich: mar a thuirt sin a cheana tha ceangal eadar na dhà. Is fìor r' a radha, saoilidh mi, gur e greadhnachas agus compàrt a bha fainear do'n mhòr-chuid de'n bhàrdachd ghnàthasaich. Bha ealain a' bhàird a' toirt cothrom do'n luchd-éisdeachd a dhol an compàrt culturach; agus bha an compàrt sin a' daingneachadh an grèim air an ionad chulturach. Bha a' bhàrdachd gu mòr air bhunaid beulais agus bha mòran dhith an riochd òrain. Mar sin cha robh mòran meas air nuadhas. Dh'fheumadh an luchd-éisdeachd greimeachadh a dh'aon ligeadh ri brìgh na cùise, agus mar sin 'se ealantas rannaigheachd agus geòire cainnt air an riochdachadh anns an fhacal ghleusda, dhrùighteach air an robh an t-inneas. Gu follaiseach, cuideachd, cha robh àite anns an leithid sin de shuidheachadh do dhreuchd an léirmheasaiche. Cha robh eadardhealachadh ann de 'n t-seòrsa a tha air a chleachdadh an diugh eadar fear-éisdeachd agus breithniche, ged a bha feadhainn ann, neo is iongantais, a bha air am meas roimh chàch ann am breithneachadh ealain.

Bha an tomhais soirbheachais a bha gu bhith le bàrdachd an crochadh, anns a' cheud àite, air an gabhadh an luchd-èisdeachd rithe na nach gabhadh. B'è sin an aon urras air gu maireadh i agus gum biodh i air a craobhsgaoileadh a mach as a h-àite agus as a h-am ionadail.

A nise, bha de bhuaidh aig an seo gu robh e a' cur cuibhreachadh, ann an dòighean, gach cuid air a' bhàrdachd agus air a' bhàrd. Bha dlùth-cheangal eadar an traidisean agus comhdheilbh sòichealach àraidh. Mar a thuit an comhdheilbh sòichealach seo as a chèile, agus mar a chaidh ithe as agus rud eile a chur 'na àite, troimh an naoiamh linn deug agus troimh an fhicheadamh linn, agus mar a thàinig dòighean-beatha ùr a steach ann an am anns an robh buntanas ris an t-saoghal a muigh a' leudachadh gu brais, chaidh a' bhàrdachd beagan air bheagan an tainead. Tha an searg sa ri fhaicinn ann an iomadach dòigh. Chaidh àireamh cinn-chuspair nam bàrd an teircead, agus thàinig aonchruth orra. Chaidh inntleachd an lughad. Thàinig sgireileas ro-chumhang gu buil agus 'na chois claon-fhaireachdainn agus claon-shamhail, gu h-àraidh ann am bàrdachd nan eilthireach anns na bailtean mòra. Tha an searg ri fhaicinn cuideachd ann an deilbh na bàrdachd fhéin: ann an crionadh air so-labhairt; ann an dith athnuadhais agus ann an cus earbsa á comhriaghailt; anns na meataforan troimh-a-chéile; agus ann am marbh-riaghailt an àite farum seolta. Bha bàrdachd ann, gun teagamh, anns nach robh na mearachdan sin agus 's ann aice-se a tha an ceangal as dlùithe ris a' bhàrdachd ùr. Ach cha robh i anns a' choitcheannas.

'Se cur an aghaidh a' chrionaidh sa ann an cultur agus ealain a tha ann an aon dual de'n nua-bhàrdachd. Bha dòighean gnàthasach ann cuideachd air cur an aghaidh atharrachaidhean; dòighean mar a bhith a' dèanamh de'n am a chaidh seachad seòrsa de linn-an-òir, far an robh gach cuid cuspair agus brosnachadh gun truaillleadh, 's far an robh an tìde gu math (laoich agus banaraich air fonn aodharach, grianach); dòighean

mar mhór-amharas air nithean ùra (bàrdachd éibhinn mu dheidhinn trèanachan uilbheisteach agus baothalas coimheach, cùl-shleamhnach mar òl téa); agus, an t-eiseamplair 's dòcha as fheàrr a dh'fhoillsicheas brìgh na cùise, féin-mholadh làsdail. Tha a' bhàrdachd nuadhasach a' dol ris a' ghnothaich ann an dòigh glé eadardhealaichte. Tha i a' coimhead ri oibreachadh na cùise le sùil tòrr nas fuaire agus aig a' cheart am a' cleachdadh cainnt a tha nas miona, nas pearsanta, nas nitheil agus nas dealasaich.

Tha mòran de'n bhàrdachd sa air a sgrìobhadh aig daoine air an tàinig imrich as an dùchas a mach do'n t-saoghal mhór. Tha seo gu cinnteach fir mu'n fheadhainn a tha an obair anns an duanaire sa; bha an cuid oideachaidh na mheadhan air an atharrachadh, 's gun àrdsgoil, mar bu trice, 's gun idir oilthigh anns an sgrì aca. Tha an gluasad a mach do'n t-saoghal mhór, agus am buntanas an sin ri an comhaoisean, gu h-àraidh anns na h-oilthighean, air sealladh nas leatha air beatha an duine agus cuideachd air barrachd fiosrachaidh air dùileachas an litreachais choigrich a thoirt dhaibh — comh-ionad ùr gus breith a thoirt air an dualachas fhéin agus air a chuid ealain. Aig an aon am tha cinnt làidir air a socrachadh annta gu bheil iad air mòran a chall an àite na bhuannaich iad. A thaobh faireachdainn tha iad gu mòr an eiseamail an dùthchais, do'm buin am bun-fhiosrachadh agus, cuideachd, an teanga; ach tha am fiosrachadh coigreach air inntinn neo-eisemaileach àrach annta. Cuiridh Ruaraidh MacThòmais gu soilleir faicil air:

An cridhe ri bacan . . .

's an inntinn saor.

Is daor a cheannaich mi a saorsa.

Tha iad air fàs dà-chultarach agus 'se an suidheachadh sa — fear anbarrach corrach — a tha a' riochdachadh an teannais as a bheil mòran de'n cuid bàrdachd a' tighinn.

Tha an seòrsa dà-fhios a tha a' bhàrd air a shuidheachadh

air a chur an céill aig Iain Mac a' Ghobhainn, ann an dàn mar "A' Dol Dhachaidh":

Am màireach théid mi dhachaidh do m' eilean . . .  
Togaidh mi dòrn de fhearann 'nam lámhan  
no suidhidh mi air tulach inntinn  
a' coimhead "a' bhuachaill aig an spréidh".

Diridh (tha mi a' smaointinn) smeòrach.  
Eiridh camhanaich no dhà . . .

Tha againn ri mothachadh gur e tulach *inntinn* a tha ann; gu bheil camagan a' còmhachadh "a' bhuachaill aig an spréidh"; do neochinnt *camhanaich no dhà*; 'se sin gu bheil am mineachadh gnàthach air "tilleadh an eilthirich" air a chur fo mhion-amharas.

Anns an t-sreath dhàn anns an leabhar *An Rathad Cian* tha MacThòmais a' mineachadh a' chomhcheangail a tha eadar e fhéin agus àite a bhreith. Anns a' chomhchruinneachadh *Eadar Samhradh is Foghar* tha a' cheud tri earrainnean — "Eilean an Fhraoich", "Gaidhealtachd na h-Albann", agus "Air Fàire" — air an socrachadh air dòigh a tha a' sealltainn dhuinn gu follaiseach a bhun-ionad, agus, an sin, a comhshuidheachaidhean, cumhang agus farsaing. An seo a rithist tha dà-fhios anns a' chùis. Anns a' cheud dàn, "Sgòthan", tha e a mach air asonadh fiosrachaidh agus mar a tha a' chuimhne, a réir coltais, 'ga shlànachadh:

Mùirneag bheag taobh thall an loch  
mar gu ruiginn oirr' le ràmh . . .

Beinn Phabail an so ri m' thaobh,  
is Hòl 'na chrùban gu tuath . . .

Agus 'se a' chrioch a chuireas e air an dàn:

ach chaidh mise bhuap air taod  
cho fada 's a théid gaol bho fhuath.

Anns an dàn "Comharra Stiùiridh" tha an sgrìobhadair cuid-eachd a mach air sgaoileadh eadar e fhéin agus eilean àraich. Mar thoradh air iomadh falbh agus tilleadh, tha an t-eilean roinnte eadar a' chuid sin de a shaoghal a tha cailte, a' chuid a tha am bàrd air a ghléidheadh ann fhéin agus a tha bunasach 'na bheatha, agus an t-eilean mar a tha e air tionntadh gu bhith 'na àite eadardhealaichte.

Anns an traidisean Ghàidhlig tha iomadh dàn agus òran mu dheidhinn àiteachan. Tha seo againn cuideachd anns a' bhardachd ùr ged nach eil uibhir innte dhiubh agus, gun teagamh, nach eil iad air an aon aidheam anns an dà àite. Cha bhiodh e as àite dhuinn beachdachadh air nàdur na dilseachd a tha bàird an duanaire ri cur an céill. Tha dilseachd sgìreil a' nochdadh gu tric ann an dàin mu dheidhinn àite àraich a' bhàird. Tha, cuideachd, dilseachd fhineachail (anns an t-seagh mhath), ma thogras sinn, a' nochdadh anns a' bhàrdachd sin anns a bheil an t-sinnsireachd air a h-ainmeachadh agus air a suideachadh an àite àraidh; agus tha seo air a chleachdadh aig a' bhàrd mar dhòigh air àite a shuidheachadh dha fhéin ann an eachdraidh a dhaoine.

Bhiodh e, saoilidh mi, ceàrr seo a ghabhail mar chomharra air adhradh shinnsirean agus dachaigh. Saoilidh mi gur fìr ri radha gur e tha anns a' mhòrchuid de na dàin a tha a mach air na cuspairean a dh' ainmich sinn, anns an nòs ur, dàin a tha a' mineachadh cheisteachan mu dheidhinn cò e am bàrd agus càit am buin e. Cha bu chòir gu bheil a leithid sin de cheiste ag éirigh air Gaidhealtachd na h-Albann iongnadh a chur oirnn, oir 'se aon de na rudan as motha a tha dhith air a' Ghaidhealtachd fòcas, aon aidheam a dh'aonadh muintir chèarnaidhean eadardhealaichte, agus a shealladh dhaibh nàdur an comhsheilbh agus an comhthàthaidh ri chèile. Chan eil duine a tha an sàs dlùth anns an àite nach mothaich gu bheil an easbuidh sin air, ann fhéin. Tha sireadh fòcas-aonaidh mar sin air daoine eadardhealaichte a thoirt gu an comhdhùnaidhean fhéin. Do

Shomhairle MacGill-Eain, air àrach air an dàrna làimh air beuloideas bho'n do dh'ionnsaich e an t-éigneachadh a dh'fhuiling a dhaoine fo làmhan luchd reubainn, agus air an làimh eile air deasbadas misgeach na 1930an, b'e sóisealas a bheireadh buil air a' chuis. Thug sin dha dealbh air ceann-uidhe agus beart phoiliticeach a chuir comhrian gu soilleir air a' bhàrdachd a rinn e aig an am sin, agus a tha am buaidh r' a faicinn anns na rinn e an déidh sin cuideachd. Tha fuasgladh eile air a' cheiste aig MacThòmais agus aig Deòrsa Mac Iain Deòrsa a tha iad a' cur an céill mar naiseantas; tha Alba dhaibhsan 'na roinn anns a bheil brìgh phoiliticeach. Air an làimh eile cha shaoil thu gu bheil sùil aig Mac a' Ghobhainn no aig an sgrìobhaiche, an dithis as òige de'n chòigear, ri fuasgladh bho bhàrdheilbh sam bith—co-dhiù 'nan cuid bàrdachd. Tha iad de linn anns a bheil earbsa ann am planaichean a' sir-dhol an lughad anns gach pobal do'm buin iad. Tha an agartas a' dol gu cuspair as farsainge, mar an daonnachd; agus tha e aithnichte a thaobh buidhnean riarachais gu bheil barrachd de fheagal aca roimh an comas-san air sgrìos a dhèanamh na tha de dhòchas aca gun cuidich iad an togail an t-saoghail chothromaich.

Thuir sinn a roimhe gu bheil a' bhàrdachd ùr eadardheal-achichte ris an té ghnàthasaich 'na cuspair, 'na seasamh agus 'na cumadh. Tha sinn air iomradh a thoirt air feadhainn de na h-atharrachaidhean seasamh. Thuir sinn gur e na h-eadardheal-achaidhean cuspair as neo-aithnichte—ach tha iad sin ann cuideachd. 'S dòcha gur e am fear as cudthromaich aca mar a leudaich cinncuspair gus gabhail a steach rud sam bith do'n toir am bàrd aire: gu dearbha chan eil liost de chinn-chuspair aontaichte anns a' bhàrdachd sa idir. Mar eiseamplair, ni MacGill-Eain bàrdachd phoiliticeach anns a bheil e air a chur an céill gu bheil a' phoiliticeachd 'na gnothaich a bhuineas ris an t-saoghal air fad; ni e dàin a tha 'nan deasbaid shoifiostaiceach mu dheidhinn a' chomhcheangail a tha eadar gaol is ciall no 'nan deasbaireachd fheallsanach mu dheidhinn tim agus faireachadh.

Cuiridh Mac Iain Deòrsa an céill bàrdachd mu dheidhinn oillteas cogaidh agus na tha 'na lùib do'n chinne-daonna, gach cuid duine agus pobal. Tha MacThòmais gu domhainn an sas anns an dòigh anns a bheil an duine a' dualadh 'na eachdraidh; Mac a' Ghobhainn ann an staidean inntinn agus comas is eucomas an duine air eadarcheangal a dhèanamh ri a chomhchreutar; an sgrìobhaiche ann am buailteachd an duine do bhith a' deilbh foirbheartan a tha toirt searg air beatha. Chan eil a h-aon de na cinn sin a' cur cus iomnaidh air mòran de na bàird ghnàthasach.

Tha atharrachaidhean mothaichte ann an cumadh cuideachd. A thaobh seo tha na bàird anns an duanaire iad fhéin ag atharrachadh gu math bho chèile. Anns a' bhàrdachd ghnàthasaich tha comhchasadh an barrach de sheòrsaichean rannaigheachd. Maille ri comhardadh bha casadh driamanach de chomhfhuaimeachd, uaim is amas, agus atharrachadh fad anns an loine agus anns an rann. Dileab mór a tha an sin, agus tha na bàird air am feum fhéin a thoirt a roinnean eadardheal-achichte dheth. Tha Mac Iain Deòrsa, mar as trice, a' roghnachadh rainn de dh'atharrachadh fad a' dèanamh comhardadh réidh. 'S còir dhuinn mothachadh nach e rannaigheachd choitcheann an naoiamh linn deug agus an fhicheadamh linn a roghainn, ach feadhainn as aosda. Tha e a' togail aon seòrsa às an t-sean Ghàidhlig: *trì rainn agus amhrán* — nach robh a riamh cumanta an Gàidhlig na h-Albann. Gun teagamh 'sann a' cur an aghaidh an rud a bha tachairt anns an linn a chaidh seachad a tha seo, nuair a bha an rannaigheachd chumanta air a dhol thar rian gu ruige 's gu robh i a' bàthadh ciall na bàrdachd. Chi sinn ann am bàrdachd Mhic Iain Deòrsa gluasad, beag air bheag, bho rannaigheachd chuibhrichte gu té nas fhosgailte, agus tha a' ghluasad sin a' comhfhreagairt ris mar a bha earbsa 'na ealain fhéin a' fàs. Chan ann an cumadh seòrsaichean ùr de rannaigheachd a tha a phrìomhathnuadhas ri fhaicinn, ach ann an athbheothachadh cruthan gnàthasach: ann an cumadh pàtranan comhfhuaimeach, casta, gu sònraichte an ceithreamhan. Tha na pàtranan

sa air an amladh a steach anns an rannaigheachd, a' cur binneas aotrom, glan rithe. Tha an dàn "Do Bheithe Bòidheach" 'na eiseamplair mhath air an seo. Faodar a radha, cuideachd, gu bheil Somhairle MacGill-Eain ag obrachadh an taobh a staigh de riaghailtean na rannaigheachd ghnàthasaich. Ach tha esan cuideachd a' cur mòran rithe gus a h-athnuadhachadh, agus, gu dearbha, gus a cruth-atharrachadh. Saoilidh mi gur e alt dràmadach an t-ainm as fhèarr dhuinn a thoirt air an rud a tha e a' cur rithe. Tha fuaimean agus comhruith air an cur an altan a chèile gus a' bhuaidh dhràmadach sa a thoirt gu buil. Tha seo a' cur faireachadh dian, dùrachdach am mòran de chuid dhàn, gach cuid anns na dàin gaoil agus na dàin phoiliteach.

Tha Iain Mac a' Ghobhainn cuideachd glé thric a' cleachdadh comhardadh ann an loinichean de'n aon fhad, air shamhail na bàrdachd ghnàthasaich. Ach am broinn an structar sa bidh e ag atharrachadh na comhruith, agus a' cleachdadh comhfhuaimeachd mhion-ghrinn gus an toradh a ghlacadh — mòran dhith coltach ris an té a tha r'a cluinntinn 'na bhàrdachd Beurla. Ann am feadhainn de na dàin bidh e a' cleachdadh amas agus loinichean nach eil de'n aon fhad, gun coimhead ri samhail nan riaghailten gnàthasach idir.

Ged a bhios MacThòmais agus an sgrìobhaiche a' cur rannaigheachd ghnàthasach an sàs ann an cuid de'm bàrdachd 'sann nas ainneamh na càch a ni iad sin. A rèir coltais, 'se an cruth as éifeachdaiche a chleachdas iad an rann fada le loinichean de dh'atharrachadh fad, anns a bheil a' chomhruith air a deilbh gu faiceallach — glé thric air a stéidheadh air ruith a' chòmhradh choitichinn; agus far a bheil na facail as deatamaiche air an comharrachadh anns an dòigh sin, agus ann an dòighean eile mar chomhardadh am broinn na lóine agus mar amas. Bu chòir a radha gu bheil MacThòmais 'na fhear-ceàird air leth a ghearras iomadh seòrsa rann, gach cuid gnàthasach agus athnuadhasach, le liut gun choire.

Tha e gu math nas doirbhe cunntas mion a thoirt air a'

chomhcheangal a tha aig na bàird ri litreachas coigreach na an ionadachadh 'nan dualachas. Is fhir, gun teagamh, gur e a' bhàrdachd Bheurla agus a' bhàrdachd Ghallda as motha tha iad 'nan comain; ach seachad air an sin tha e doirbh aon phrìomh bhuaidh fhollaiseach a shònrachadh.

Tha feadhainn de na h-aon cheistean a' cur dragh air na bàird Ghàidhlig agus Ghallda, agus rinn an t-Athdhùsgadh Gallda spreòtadh tràth air bàird Ghàidhlig. Tha ceud liricean Uisdean MhicDhiarmaid air an cumadh fhàgail air riochd na lirice. (Cha b'fhurasd a bhith anns an aon dùthaich ris an t-sàr-lauch sin gun àite thoirt dha.) Cuideachd tha buaidh bho shnas bàrdachd Edwin Muir r'a h-aithneachadh air obair Iain Mhic a' Ghobhainn. Ach, a thuilleadh air an sin, tha buaidh dhireach doirbh a faicinn. Tha buntanas pearsanta ris an fheadhainn a bha an sàs anns a' bhàrdachd, agus mothachadh air gluasachd litreachasail, agus air beachdan, air a bhith nas soirbhiche, a rèir coltais, na bha a' bhàrdachd i fhéin.

A thaobh bàrdachd anns a' Bheurla tha bàird eadardhealaichte a' tarraing á earrannan eadardhealaichte dhith — a rèir 's dé an t-àite bha aice 'nan oideachadh, no dìreach a rèir 's de dhith a chòrdas riutha. Mar a tha sinn ag radha nas fhaide air adhairt, tha buaidh air a bhith aig bàird mhetafiosaiceach an t-seachdamh linn deug air Somhairle MacGill-Eain. Bha i fasanta an saoghal litreachais na Beurla nuair a bha e 'na oileanach an Dùn Eideann, agus tha a riochdachadh inntleachdail 'ga tharraing. Tha bàrdachd na Romansach air a làrach fhàgail, gu sònraichte air bàrdachd Ruaraidh MhicThòmais. 'Sann, gun teagamh, 'na dealbhachd thuathach a tha e a' cur ùidh.

Tha bàird a' cheud leth de'n fhicheadamh linn air an làrach fhàgail cuideachd, mar a dhùilicheadh duine. Tha seo gu sònraichte fir a thaobh Yeats (le a ùidh an nithean Ceilteach). Tha buaidh céim air choreigin d'a chuid obrach r'a faicinn air bàrdachd gach duine de na bàird ach, 's dòcha, Mac Iain Deòrsa. Tha Pound agus Eliot air an gabhail a steach, agus bàrdachd

phoiliticeach na 1930an — ged nach eil a blas “soisgeulach” ach air bàrdachd Shomhairle MhicGill-Eain a mhàin. De bhàrdachd nam bàrd as comhairsirich chan eil comharra ri lorg ach an obair Iain Mhic a’ Ghobhainn — a tha air fear dhiubh. (’S fhiach dhuinn a radh gu bheil ùidh aige-san am bàird Aimeireaganach, gu sònraichte William Carlos Williams agus Robert Lowell.) Far a bheil na dhà coltach ri chèile, mar ann an cleachdadh *vers libre*, ’sann air forsgaoileadh an comhchomhair a tha iad.

Gun teagamh sam bith ’se Samhlachas a’ ghluasadachd bàrdachd aig am motha a tha air a bhith de bhuaidh air a’ bhàrdachd nuaGhàidhlig. Ged nach do thòisich i seo ’na gluasadachd Bheurla ’sann troimh an bhàrdachd Bheurla a fhuair na bàird Ghàidhlig am prìomh-fhios oirre. Ach tha fiosrachadh aca oirre á ionadan eile cuideachd. Tha e fir a radha gu bheil mothachadh aig na bàird uile air roinn mhath de bhunthobraichean na bàrdachd Eòrpaich, gach cuid an té a bhuineas do’n fhicheadamh linn agus an té chlassiceach, agus aig a’ mhòrchuid aca air roinn de’n bhàrdachd chomhairsireil agus chlassiceach anns na cànanan Ceilteach eile. Tha Mac Iain Deòrsa, aig a bheil alt math air cànanan, air bàrdachd eadartheangachadh á cuid mhath de na bun-ionadan sin.

Faodaidh sinn a nise sùil ghoirid a thoirt air obair gach fear de na bàird air a bheil sin amach, fear an déidh fir. ’Se Somhairle MacGill-Eain am fear aca a bha an clò an toiseach — chaidh *Dàin do Eimhir* fhollaiseachadh an 1943 — agus ’se tha air toiseach cuideachd a thaobh buaidh mhór a bhith aige air càch. Saoilidh mi nach b’urrainn do’n bhàrdachd Ghàidhlig a bhith a riamh mar a bha i roimhe an déidh do’n leabhar sin a thighinn am follais. Aig an am, bha e a’ coimhead annasach ùr agus, gu ìre, tha an t-athnuadhas sin a’ leantainn ris; ach a nise thathar nas dualtaiche fhaicinn ’na athchruthachadh agus ’na athleasachadh, a’ cur anail ùr ann an sean ealain na bàrdachd Ghàidhlig. An déidh seo chithear e, ’s dòcha, mar an ceangal beò

gun choimeas eadar an sean shnas agus an snas ùr. ’Se feadhainn ghnàthasach a tha ann am móran de na buaidhean a tha air a’ bhàrdachd sa — mar sho-labhrachd, dealas, agus torachd inn-tinn. Aig an aon am tha na buaidhean sin a’ cur le beachdan daonnda agus poiliticeach. Tha an saoghal Gaidhealach air a mhineachadh ann an dòigh ùr, agus an t-slighe air a fosgladh gus cuspairean ùra a thogail, agus gus dòighean ùra air an toirt am follais a ghnàthachadh.

Chaidh móran de na dàin a tha anns an leabhar a sgrìobhadh ann an ùine ghoirid an deireadh na 1930an mar thoradh air fiosrachadh dian — aig amannan cha mhór ro-dhian — air gaol. Co-dhiù ’se am fiosrachadh sin a chuir cuisean an eagair; is ann as a thàinig an teinne a dh’èignich ri chèile bàrdachd rofhaireachail, is a leagh na chèile earrainnean ead-ardhealaichte ’nan ealain mhiorbhaileach. (Feumaidh sinn cuimhne a bhith againn gu robh MacGill-Eain ’na bàrd comasach roimh’n am sa.) Tha e ag radha anns a’ cheud dàn a tha againn anns an duanaire:

Mur b’e thusa bhiodh an Cuilithiunn  
’na mhùr eagarra gorm  
ag crioslachadh le bhalla-criche  
na tha ’nam chridhe borb . . .

Tha MacGill-Eain a’ riochdachadh a’ Chuilthinn mar shamhla ioma-taobhach: an seo tha e ’na shamhla air a’ bhunfhiosrachadh a fhuair e as a dhualachas Gaidhealach:

ach chuir thusa orra riaghladh  
os cionn mo phianaidh fhìn . . .

Agus

chinn blàthmhor Craobh nan Teud,  
’na meangach duillich t’ aodann . . .

Tha am fiosrachadh sin a' lionadh a bhith, agus a' tighinn aghaidh ri aghaidh, agus uaireannan ann an còmhstri ri earrainnean eile de bheatha. Tha e a' toirt dha ro-aoibhneas agus ro-bhròn — agus 'gan ath-mhineachadh dha — mar a chì sinn anns na dàin “Camhanaich” agus “An Uair a Labhras Mi mu Aodann”. Tha e a' beachdachadh air pàirt de'n chòmhstri, mar a dh'èireas eadar gaol agus dleasdanas, anns an dàn “Gaoir na h-Eòrpa” far a bheil e a' cur na ceiste:

An tugadh corp geal is clàr gréine  
 bhuamsa cealgaireachd dhubh na bréine,  
 nimh bhùirdeasach is puinnsean créide  
 is diblidheachd ar n-Albann éitigh? . . .

. . . am mèinear Spàinnteach a' feum ri cruadal . . . ?

Bha buaidh air a bhith aig téoraidh agus programan sóisealach na 1930an air MacGill-Eain (mar a chì sinn an “Cha do Chuir de Bhuaireadh Riamh”, mar eisemplair); agus anns an dàn gaoil “An Roghainn” tha e ag àrach air fhéin nach robh de dhealas ann na lean e, gun mhuthadh, an t-slighe àrd, dhoirbh:

Cha d' ghabh mise bàs croinn-ceusaidh  
 ann an éiginn chruaidh na Spàinn,  
 is ciamar sin bhiodh dùil agam  
 ri aon duais ùir an dàin?

Chì sinn ann an cumadh an dàin sa cuideachd aon de na cruthan litreachais coigreach aig an robh buil nach bu bheag air fhàs mar bhàrd — bàird Bheurla mhetafiosaiceach an t-seachdamh linn deug. Tha comhcheangal dlùth aig an inneal litreachais eadar-sgairaidh, a tha e a' cur gu feum cho éifeachdach anns an dàn, riuthasan. Gun teagamh 'se an Samhlachas am modh as motha aig a bheil de bhuaidh air a shnas bàrdachd. Feumaidh duine

sam bith a tha air son comhchasadh bàrdachd MhicGill-Eain a thuigsinn èolas a bhith aige air bunaid na gluasdachd sin. Saoilidh duine gu tric gu bheil a shamhlaidhean ioma-tagrach, is na tagraidhean sin air am mineachadh troimh a obair gu léir. Glacaidh duine boillsgidhean agus comhfhreagairtean céille, a tha duilich a leantainn gu 'n ceann-uidhe agus am mion-mhineachadh, ach, an déidh sin, anns a bheil solus iomfhiosach agus a tha a' cur riomhadh agus deilbh shlàn 'na bhàrdachd. Ris an deilbh sa tha gaol is poiliticeachd, eachdraidh is gaol-dùthcha air an cur gu h-iomfhillteach, air dhòigh agus nach eil fhios againn có thuige aca a tha an tagradh ag iarraidh. 'Se an rud, saoilidh mi, gu bheil e ag iarraidh thuca gu léir còmhla.

An uair a choimheadas sinn ri “Hallaig” agus “Coilltean Ratharsair” chì sinn bàrdachd a tha eadardhealaichte bho'n bhàrdachd ghaoil. Dealbh air saoghal eile a tha anns an dàn “Hallaig,” le a tuar tuireach, — neo, co-dhiù, dealbh cruth-atharrachaidh de'n t-saoghal sa, anns a bheil na riaghailtean gnàthach air an cosg. Gun teagamh 'sann ri “aisling” a tha a dualchas. Dhomhsa, cuideachd, tha e 'na riochdachadh gu tur gun dòchas ('s dòcha chionn 's gu bheil na nithean beathadach air an dèanamh neobheathadach) a dh'aindeoin 's gu bheil tim, a sgrios Hallaig, e fhéin air a bhuaidh a thoirt as le gràdh, agus gu bheil a' chòmhstri air a sgaoileadh mar sin. Tha an sgaoileadh sin a' tachairt anns an t-saoghal eile (neo anns an riochd saoghail eile), agus chan fheum cruth-atharrachadh air an t-saoghal a tha againn leantainn às.

Air an làimh eile tha “Coilltean Ratharsair” a' tòiseachadh le moladh air caochlaideachd agus mór-bheart na coille, agus tha e a' crìochnachadh le ceiste dhomhainn mu dheidhinn a' chomhthàthaidh shamhlaich — 's dòcha mu dheidhinn comhthàthadh an t-Samhlachais fhéin — fo bhinn fiosrachaidh.

Tha snas do-àicheanta MhicGill-Eain air an dà dhàn sin, agus cuideachd air na dàin a rinn e an déidh sin, mu dheidhinn a' chogaidh, agus “Aig Uaigh Yeats”. Tha e air comas

cruthachaidh làidir a ghléidheadh fada seachad air an am anns am bu mhotha a bha a thoradh.

Tha Deòrsa Mac Iain Deòrsa air dà leabhar bàrdachd a thoirt am follais agus tha e air a bhith a' sgrìobhadh cuideachd bho chionn ghoirid ann an irisleabhair. Dh'fhollaisicheadh *Fuaran Sléibh* an 1947 agus *O na Ceithir Airdean* an 1952. 'Se aon de na rudan as càileire 'na obair an ùidh a tha aige ann an aghaidh nàduir agus an comas a tha aige air an ùidh sin a chur an cèill 'na bhàrdachd. Tha seo ri fhaicinn gu soilleir ann an "Do Bheithe Bòidheach". Is fhiach comhdheilbh an dàin sin coimhead rithe, oir tha i a' cur an cèill mòran de 'n t-seòrsa beart is snas a tha 'na bhàrdachd gu h-iomlan. 'Sann air an t-sùil a tha dealbhachd a cheud rann cha mhór gu léir ag agairt. Tha sinn a' faicinn cho àrd agus a tha a' bheithe, far a bheil i air a suidheachadh, agus mar a tha àile fhalamh ceithir-thimcheall oirre; tha sinn a' faicinn cuideachd cho uaine is cho ùr is a tha i:

Neul a' snámh air an speur,  
duilleach eadar e 's mo shùil;  
ùr bàrr-uaine gruag a' bheithe . . .

Tha dealbhachd an dàrna ceithreamh ag agairt air a' chluais. Tha a' bheithe air a dealbhadh 'na h-inneal-ciùil air a bheil a' ghaoth a' cluiche:

cruit na gaoithe do bhàrr teudach,  
cuisleannan nan geug ri port.

'Sann chun na sùla a tha an triamh ceithreamh ag iarraidh, mar a' cheud fhear, ach de'n uair sa tha a' chraobh 'na "sìodhbhrugh do na h-eòin" a tha i "a' tàladh as gach àirde". Tha an ceithreamh rann a rithist ag agairt air a' chluais, an uair sa le ceileireadh nan ian samhraidh le "mil 'nan gob". Tha an rann bho dheireadh ag radh gur fhèarr na sin uile a' bheithe

fhéin fhaicinn "air bhogadan réidh . . . seang bàrr-sniomhain amlach ùrar".

Nuair a ni sinn sgrùdadh air an dàn chì sinn cho faiceallach 's a tha e air a chur ri chéile. Ach chan eil am faiceall sin idir ro-fhaicsinneach. Tha an dàn a' ruith le gluasad tlachdmhor, ann am pàtran comhchasta de fhuaimnean. Tha an comhardadh a' dol *a b c b* agus tha aicill eadar am facal bho dheireadh an *a* agus *c* agus facal anns an ath loine. Tha uaim agus amas air an cleachdadh gu h-ealanta, a' deanamh comhfhuamnas réidh binn, a tha a' cur an cèill cinn-chuspair an dàin gun asaontas.

Tha an aon ghréim r'a fhaicinn anns "Na Baidealan" agus an "Siubhal a' *Choire*"; anns na dàin sin cuideachd tha a' chainnt air a cumadh gus fonn a thoirt gu buil a tha an comhshineadh réidh ri cuspairean (glé eadardhealaichte) na bàrdachd.

Chì sinn an obair Mhic Iain Deòrsa gluasad bho'n t-seòrsa bàrdachd air an robh sinn a' bruidhinn, bàrdachd, anns a' mhòrchuid, a tha a' faicinn an duine mar chuspair inntinneil agus a tha a mach air ann am modh car acaideamach, gu bàrdachd a tha a' buntainn ri beatha an duine mòran nas dlùithe. Tha e coltach gur e na thachair ris anns a' Chogadh Mhòr bho dheireadh, gu sònraichte anns an Aird-an-Ear Mheadhanach, a thug an t-atharrachadh sa gu buil. Tha mothachadh geur aig Mac Iain Deòrsa air traidisean agus eachdraidh agus tha an dàn "Truaighe na h-Eòrpa" a' cur an cèill a mhothachadh air mar a bha "a bòidhchead shèimh, aosda" ga sgaoileadh is ga sgrios, agus mar a bha i air a lughdachadh gu bhith 'na "Rudha na h-Aisia". Tha e cur seo ann an rann a tha gach cuid tarcaiseach agus liomhta, sèimh. Nuair a sheallas sinn ri "Bisearta", an coimeas ris an dàn sin, tha an t-sèimheachd air falbh. 'Na h-àite tha an oillt a tha "Bisearta", is e na smàl, a' cur air. Tha dealbhachd anbarrach cumhachdach anns an dàn sin. Tha e faicinn an teine 'na uilbheist uilc:



a' clapail le a sgiathaibh,  
a' sgapadh 's a' ciaradh rionnagan na h-àird' ud.

— mar gum biodh comas aig a h-olc air cur a steach air comhdheilbh na cruinne fhéin. Tha e a' cur uamhann air mar a tha an teine, air faire, “a' dol an leud . . . an tosdachd olc is aognaidh”. Tha an tosd sa a' cur 'na inntinn gur dòcha gu bheil a leithid de rud ceadaichte bho'n tha e neo-ainmichte, agus tha e a' faighneachd:

C' ainm an nochd a th' orra,  
na sràidean bochda anns an sgeith gach uinneag  
a lasraichean . . . ?  
Is có an nochd tha 'g atach  
am Bàs a theachd gu grad . . .  
air bhàinidh a' gairm air cobhair, is nach cluinnear?

Bheir a bhith ag ainmeachadh nithean, agus dhaoine, faisg iad.

Tha e coltach gu robh buaidh mhór aig na thachair ris anns an Aird-an-Ear air Mac Iain Deòrsa. Anns an dàn “Atman” mar eiseamplair tha am fear-tuatha Atman mar mheadhan aige air mathasan àraidh a mholadh agus air e fhéin a chur air an taobh. Rinn Atman meirle “ 'na éiginn” agus dh'innis e breug gus faighinn às; agus chaidh a chàineadh is a chuipeadh air son sin agus a chur am prìosan; ach an déidh sin, le fhiosrachadh air an t-saoghal, le sheasmhachd, agus leis cho fosgailte is a bha e:

Thogte do shùil o'n obair  
à cruth an t-saoghail a dheoghal tlachd . . .

tha e air a mheas roimh an bhritheamh a tha air a chomas a chall air a bhith 'na “dhuine” agus “beò”. Agus tha ceartas fhéin “sreamshùileach o sgrùdadh a leabhair cunntais” — 'se bun-chionta Atman gu bheil e bochd. Gun teagamh tha Atman a'

toirt an cuimhne Mhic Iain Deòrsa tuath 'na dhùthaich fhéin anns an aon teinne. Tha a mhathasan glé choltach ris an aon fheadhainn a tha e ag àireamh air an iasgair bhàrrshamhlach air a bheil e a' tighinn ann an dàn eile.

Tha Mac Iain Deòrsa a' cur an céill a ghaol d'a chearnaidh fhéin ann an dàn mar “Cinntire” (*Fuaran Sléibh*, d. 15), ach 'sann 'na dhàin nàiseantach as fheàrr a tha e a' cur an céill a ghaol dùthcha. Tha barrachd air aon seòrsa ann de na dàin sin. 'Se dàn greadhnachais a tha an “Ceithir Gaothan na h-Albann”, mar eiseamplair, a tha e a' fiachainn ri aonadh a dhèanamh as an tig rèit eadar earrannan dealaichte. 'Se dan spreòtaidh a tha an “Dleasnas nan Airdean”:

A òigridh mo dhùthcha . . .  
Biodh bhur ceum air a' mhullach . . .  
mu'n tig sgrios 'na bheum-sléibh oirne.

Tha “Meftah Bâbkum es-Sabar”, loine à dan Arabach leis a bheil a' chiall “iuchair bhur doruis an fhaidhidinn”, a' diùltadh gabhail ris an teidil:

A ghliocais mar chluig mhall' an fheasgair,  
chan ann dhuinne do leithid!  
Oir sgrìobhadh roghainn fo leth dhuinn:  
an t-sith 's am bàs no gleachd 's a' bheatha.

Tha an dàn a' gabhail roimhe is a' cur am follais a' chreideas gu feum “ar dùthaich” ('se sin Alba), ma tha i gu bhith ann, gleachd, misneachd, seasmhachd inntinn, agus faireachdainn agus mothachadh gun chlaonadh, bho a luchd-inntleachdais. Creideas e sin nach misde iomadh atharrais.

Tha aon chuspair ann a thachras rinn anns na trì leabhraichean bàrdachd a tha Ruaraidh MacThòmais air a thoirt am follais — *An Dealbh Briste* (1951), *Eadar Samhradh is Foghar*

(1967) agus *An Rathad Cian* (1970). 'Se sinn sgrùdadh air àite a bhreith agus air a chomhcheangal ris. Tha anns *An Rathad Cian* ruith de dhàin a tha a' dèanamh rannsachadh air a' chuspair sin agus tha a' cheud tri earrannan an *Eadar Samhradh is Foghar* an sàs ann cuideachd. Tha an rannsachadh ann an riochdan eadardhealaichte. Anns an dàn "Geodha air Ghùl na Gréine" tha am bàrd a' coimhead ri mar a bhios daoine a' socrachadh dhaibh fhéin dòighean air iad fhéin a ghléidheadh ann an gábhadh de leithid an fhir a tha air breith air cultur na Gàidhlig:

geodha air chùl na gréine, 's a mhol gun ghrùid,  
far an rachadh bliadhnachan geal  
na gealaich seachad siar . . .

Gu tric . . .  
an do rinn iad bàgh air an rachadh an iargain  
's an ciùrradh seachad . . .

Agus an sin cuiridh e an céill cho bàn-fhalamh 's a tha an leithid sin de inneal air a' cheann thall.

Tha e a' coimhead ris a' chùis bho thaobh eachdraidh, mar anns an dàn gheur, thuigseach "Srath Nabhair", far a bheil e a' sònrachadh bunaidean bréige na feallsanachd a bha a' moladh 's a' mathadh fògradh nan daoine an ainm adhartais. Tha e a' toirt seo am follais le bhith a' togail dealbhan comhchlaon air an réir:

. . . an bhliadhna thugh sinn an taigh le bleideagan sneachda.

Agus sud a' bhliadhna cuideachd  
a' shlaod iad a' chailleach do'n t-sitig,  
a shealltainn cho eòlach 's a bha iad air an Fhìrinn . . .

'Se aon de na rudan air a bheil MacThòmais a mach, na h-atharrachaidhean a tha tighinn air an àite. Tha facal sòn-

raichte aige mu dheidhinn feadhainn de na bha a' dèanamh an atharrachaidh, mar eisemclair anns an dàn "Am Bodach-Ròcais":

An oidhch' ud  
thàinig am bodach-ròcais dh'an taigh-chéilidh . . .  
Bha boireannach 'na suidh' air stòl  
ag òran, 's thug e 'n toradh às a' chèol.  
. . . thug e òran nuadh dhuinn . . .  
is spruilleach de dh'fheallsanachd Geneva . . .

Ach tha daoine comasach air iad fhéin a ghléidheadh bho'n leithid sin de atharrachaidhean cuideachd, mar a sheallas e dhuinn anns an dàn "Ged a Thàinig Calvin". Tha e inntinn-each do chor beatha nan daoine, agus tha mothachadh aige air an seasmhachd an aghaidh daorsainn agus bochdainn. An "Clann-Nighean an Sgadain" tha e ag radha:

B'e bun-os-cionn na h-eachdraidh a dh' fhàg iad  
'nan tràilleaig aig ciùrairean cutach . . .

Ach bha craiteachan uaille air an cridhe,  
ga chumail fallain . . .

Anns an dàn "Cotriona Mhòr" tha e 'ga aideachadh fhéin 'nan comain:

Tha do dhealbh ann an cùl m' inntinn  
gun sgleò air,  
daingeann . . .  
an iomhaigh tha cumail smachd air na h-iomhaighean-bréige.

Tha MacThòmais a' sireadh a' cheangail a tha aige chan ann a mhàin ris na daoine a tha 'na ionad àraich ach cuideachd ri

comharran faicsinneach an fhearainn fhéin. Tha e a' déanamh seo ann an cainnt bhlàth, bhàigheil a tha a' leigeil ris dhuinn, gu mion, fhaireachaidhean dha taobh:

Dh'fhairich mi thu le mo chasan  
ann an toiseach an t-samhraidh . . .  
Tha dòigh an leanaibh duilich a thréigsinn:  
e ga shuathadh fhéin ri mhàthair  
gus a faigh e fois.

Mar a thuirt sinn a roimhe, tha am bàrdachd MhicThòmais mothachadh air bloigheadh fiosrachaidh, agus e fhéin air falbh às an àite do bheil uiread de ùidh aige:

Cia fhaide thuit mi bhuat, a leannain m'òige?  
le do chuailean donn 's do shùilean dorcha . . .  
Mùirneag an toiseach Og-mhios . . .  
is Loch nan Ruigheannan a' sniomh  
a ghàirdeanan mu mo chom.

Tha sealladh glàn aige air an t-suidheachadh, agus chan eil e 'ga leigeil fhéin aon chuid le claon-dhùil no le eudòchas. Le a ghibht liriceach, agus a liut anbarrach air rannaigheachd, tha e air pàirt de'n bhàrdachd as taitniche agus, gun àicheadh, de'n tè as cudthromaiche anns a' Ghàidhlig a thoirt às. Tha e cuideachd a mach air cuspairean eile mar gaol agus poiliticeachd — mar a tha na dàin an seo a sealltainn. Tha sùil nas miona, agus nas cothromaiche air a feadh gu léir, air a thoirt air a' bhàrdachd aige air fad ann an romh-radha an leabhair *The Far Road, Lines Review, No. 39*.

'Sann mar bhàrd inbheil a' sgrìobhadh anns a' Bheurla as trice bhios iomradh air Iain Mac a' Ghobhainn, 's dòcha. Ach tha fir dheagh bhàrdachd aige anns a' Ghàidhlig cuideachd, cuid

dhith cho math co-dhiù ris an té Bheurla. Tha a' bhàrdachd sin ri faighinn, a' chuid mhòr dhith, an dà leabhar, *Bùrn is Aran* (1960), anns a bheil sgialachdan goirid cuideachd, agus *Biobuill is Sanasan-Reice* (1965).

Tha Mac a' Ghobhainn a mach air iomadh cuspair 'na chuid dhàn. Tha ùidh aige anns an dòigh anns a bheil an duine a' gréimeachadh ri eòlas, an dòigh anns a bheil e a' cur eòlais fo chomhair chàich, agus na h-arrasbacain a tha tighinn eadar e agus tuigsinn agus eadar-riaradh. Anns a' cheud dàn a thagh sinn an seo, "Nighean Og", 'se a' cheiste tha air cho dualtach 's a tha e dhuinn brìgh rud a mhineachadh a réir aicmidheachd chumanta, a tha gun teagamh ri làimh, ach a dh'fhaodas e bhith nach eil idir cothromach:

Canaidh té rium, "Tha pròis 'na coiseachd":  
ach freagraidh mise mar as còir,  
"Eil pròis anns a' ghréin san adhar?  
Eil farmad eadar a' chlach 's an t-òr?"

'Se sin: tha an nighean mar a tha i, agus 'se sin an rud as deatamaiche r'a aithneachadh. Chan eil a bhith ga h-aicmidheachd "pròiseil" ach a' cuingealachadh ar tuigsinn.

Anns an dàn "Tha Thu air Aigeann m'Inntinn" tha e a' bruidhinn air cho doirbh is a tha e rudan a thoirt gu mothachadh is soilleireachd nuair a tha tim agus saoghal air astar a chur eadar e is iad, air dhòigh agus gum buin iad, a nise, do shaoghal nach fhaigh am bàrd troimh uachdair. Anns "A' Chailleach" tha e a' sealltuinn dhuinn té a tha a saoghal air stad. De bhrìgh 's gu bheil gach ni agus gach eadarcheangal a tha ann air a dheimhneachadh, tha e dùinte, gun chomas athleasachaidh. Bha uair a bha e "gun chruth":

Gealach is grian anns an adhar,  
làmh mar bhradan a' leum ri làimh . . .

Ach chaidh gach ni a chur an òrdugh,  
air nach tilleadh an rùn-ghath.

'S mur b'e thusa bhiodh na cuantan  
'nan luasgan is 'nan tàmh  
a' togail càir mo bhuidhean,  
'ga cur air suaimhneas àrd.

'S bhiodh am monadh donn riabhach  
agus mo chiall co-shint',  
ach chuir thusa orra riaghladh  
os cionn mo phianaidh fhin.

Agus air creachainn chéin fhàsmhoir  
chinn blàthmhor Craobh nan Teud,  
'na meangach duillich t' aodann,  
mo chiall is aogas réil.

## DAWN

*You were dawn on the Cuillin  
and benign day on the Clarach,  
the sun on his elbow in the golden stream  
and the white rose that breaks the horizon.*

*Glitter of sails on a sunlit firth,  
blue of the ocean and aureate sky,  
the young morning in your head of hair  
and in your clear lovely cheeks.*

*My jewel of dawn and night  
your face and dear kindness,  
though the grey barb of misfortune is  
thrust through the breast of my young morning.*

## WHEN I SPEAK OF THE FACE

*When I speak of the face  
and of the pure spirit of my pure love,  
one might say that my blind eyes  
had not lighted on the morass  
or on the ugly and frightful marsh  
where every hope is being drowned;  
but I have seen from the height of the Cuillin  
darting glory and the weakness of sorrow;  
I have seen the gilding light of the sun  
and the black rotting fen;  
I know the sharp bitterness of the spirit  
better than the swift joy of the heart.*

## CAMHANAICH

Bu tu camhanaich air a' Chuilithionn  
's latha suilbhir air a' Chlàraich,  
grian air a h-uilinn anns an òr-shruth  
agus ròs geal bristeadh faire.

Lainnir sheòl air linne ghrianaich,  
gorm a' chuain is iarmailt àr-bhuidh,  
an òg-mhaduinn 'na do chuailean  
's 'na do ghruaidhean soilleir àlainn.

Mo leug camhanaich is oidhche  
t' aodann is do choibhneas gràdhach  
ged tha bior glas an dòlais  
troimh chliabh m' òg-mhaidne sàthte.

## AN UAIR A LABHRAS MI MU AODANN

An uair a labhras mi mu aodann  
agus mu spiorad geal mo ghaoil ghil  
's ann a theireadh neach nach d'ràinig  
mo shùilean dalla air a' chàthar,  
air a' bhoglaich oillteil ghrànda  
's am bheil gach dòchas 'ga bhàthadh;  
ach chunnaic mi bho àird a' Chuilithinn  
gathadh glòir is breòiteachd duilghe;  
chunnaic mi òradh lainnir grèine  
agus boglach dhubh na brèine;  
's eòl dhomh seirbheachd gheur an spioraid  
na's fheàrr na aoibhneas luath a' chridhe.

## NEVER HAS SUCH TURMOIL BEEN PUT

*Never has such turmoil been put  
nor vehement trouble in my flesh  
by Christ's suffering on the earth  
or by the millions of the sky.*

*And I took no such heed of a vapid dream —  
green wood of the land of story —  
as when my stubborn heart leaped to the glint  
of her smile and golden head.*

*And her beauty cast a film  
over poverty and a bitter wound  
and over the world of Lenin's intellect,  
over his patience and his anger.*

## THE CRY OF EUROPE

*Girl of the yellow, heavy-yellow, gold-yellow hair,  
the song of your mouth and Europe's shivering cry,  
fair, heavy-haired, spirited, beautiful girl,  
the disgrace of our day would not be bitter in your kiss.*

*Would your song and splendid beauty  
take from me the dead loathsomeness of these ways,  
the brute and the brigand at the head of Europe  
and your mouth proud and red with the old song?*

*Would white body and forehead's sun  
take from me the foul black treachery,  
spite of the bourgeois and poison of their creed  
and the feebleness of our dismal Scotland?*

## CHA DO CHUIR DE BHUAIREADH RIAMH

Cha do chuir de bhuaireadh riamh  
no thrioblaid dhian 'nam chré  
allaban Chriosda air an talamh  
no muillionan nan speur.

'S cha d'ghabh mi suim de aisling bhaoith —  
coille uaine tir an sgeòil —  
mar leum mo chridhe rag ri tuar  
a gàire 's cuailein òir.

Agus chuir a h-àilleachd sgleò  
air bochdainn 's air creuchd sheirbh  
agus air saoghal tuigse Leninn,  
air fhoighidinn 's air fheirg.

## GAOIR NA H-EORPA

A nighean a' chùil bhuidhe, throm-bhuidh, òr-bhuidh,  
fonn do bheòil-sa 's gaoir na h-Eòrpa,  
a nighean gheal chasurlach aighearach bhòidheach,  
cha bhiodh maslach ar latha-ne searbh 'nad phòig-sa.

An tugadh t' fhonn no t' àilleachd ghlòrmhor  
bhuamsa gràinealachd mharbh nan dòigh seo,  
a' bhrùid 's am meàirleach air ccann na h-Eòrpa  
's do bhial-sa uaill-dhearg 's an t-seann òran?

An tugadh corp geal is clàr gréine  
bhuamsa cealgairachd dhubh na bréine,  
nimh bhùirdeasach is puinnsean créide  
is diblidheachd ar n-Albann éitigh?

*Would beauty and serene music put  
from me the sore frailty of this lasting cause,  
the Spanish miner leaping in the face of horror  
and his great spirit going down untroubled?*

*What would the kiss of your proud mouth be  
to each drop of the precious blood  
that fell on the frozen uplands  
of Spanish mountains from a column of steel?*

*What every curl of your gold-yellow head  
to all the poverty, anguish and grief  
that will come and have come on Europe's people  
from the Slave Ship to the slavery of the masses?*

## THE CHOICE

*I walked with my reason  
out beside the sea:  
we were together but it kept  
a little distance from me.*

*Then it turned saying:  
Is it true you heard  
that your fair beautiful love  
is marrying early on Monday?*

*I checked the heart that rose  
in my torn, swift breast  
and said: Most likely;  
why should I lie?*

An cuireadh bòidhchead is ceòl suaimhneach  
bhuamsa breòiteachd an aobhair bhuain seo,  
am mèinear Spàinnteach a' leum ri cruadal  
is 'anam mòrail dol sìos gun bhruaillean?

Dè bhiodh pòg do bheòil uaibhrich  
mar ris gach braon de 'n fhuil luachmhoir  
a thuit air raointean reòta fuara  
nam beann Spàinnteach bho fhòirne cruadhach?

Dè gach cuach dhe d' chuail òr-bhuidh  
ris gach bochdainn, àmhghar 's dòrainn  
a thig 's a thàinig air slugh na h-Eòrpa  
bho Long nan Daoine gu daors' a' mhór-shluaigh?

## AN ROGHAINN

Choisich mi cuide ri mo thuigse  
a-muigh ri taobh a' chuain:  
bha sinn còmhla ach bha ise  
a' fuireach tiotan bhuam.

An sin thionndaidh i ag ràdha:  
A bheil e fìor gun cual  
thu gu bheil do ghaol geal àlainn  
a' pòsadh tràth Di-luain?

Bhac mi 'n cridhe bha 'g éirigh  
'nam bhroilleach reubte luath  
is thubhairt mi: Tha mi cinnteach;  
carson bu bhriag e bhuam?

*How should I think I would seize  
the radiant golden star,  
that I could catch it and put it  
prudently in my pocket.*

*I did not take a cross's death  
in the sore extremity of Spain,  
and how then should I expect  
the one new gift of fate?*

*I followed only a way that was small,  
mean, low, dry, and lukewarm:  
and how then should I meet  
the thunderbolt of love?*

*But had I the choice again,  
and stood on that headland,  
I should leap from heaven or hell  
with a whole spirit and heart.*

## DOGS AND WOLVES

*Across eternity, across its snow,  
I see my unwritten poems:  
I see the spoor of their paws dappling  
the august whiteness of the snow:  
bristles raging, bloody-tongued,  
lean greyhounds and wolves,  
leaping over the dykes,  
running under the shade of the trees of the wilderness,  
taking the narrow defile of glens,  
making for the steepness of windy mountains;*

Ciamar a smaoinichinn gun glacainn  
an rionnag leugach òir,  
gun beirinn oirre 's cuirinn i  
gu ciallach 'na mo phòc.

Cha d' ghabh mise bàs croinn-ceusaidh  
ann an éiginn chruaidh na Spàinn,  
is ciamar sin bhiodh dùil agam  
ri aon duais ùir an dàin?

Cha do lean mi ach an t-slighe chrion  
bheag iosal thioram thlàth  
is ciamar sin a choinnichinn  
ri beithir-theine ghràidh?

Ach nan robh 'n roghainn rithist dhomh  
's mi 'm sheasamh air an àird,  
leumainn á nèamh no iutharna  
le spiorad 's cridhe slàn.

## COIN IS MADAIÐHEAN-ALLAIDH

Thar na siorruidheachd, thar a sneachda,  
chì mi mo dhàin neo-dheachdte:  
chì mi lorgan an spòg a' breacadh  
gile shuaimhneach an t-sneachda:  
caig air bhoile, teanga fala,  
gadhair chaola 's madaidhean-allaidh,  
a' leum thar mullaichean nan gàradh,  
a' ruith fo sgàil nan craobhan fàsail,  
ag gabhail cumhang nan caol-ghleann,  
a' sireadh caisead nan gaoth-bheann;

*their baying yell shrieking  
across the hard barenesses of the terrible times,  
their everlasting barking in my ears,  
their hot onrush seizing my mind;  
career of wolves and eerie dogs  
swift in pursuit of the quarry,  
through the forests without veering,  
over the mountain tops without sheering;  
the mild mad dogs of my poetry,  
wolves in chase of loveliness,  
loveliness of soul and face,  
a white deer over hills and plains,  
the deer of your gentle beloved beauty,  
a hunt without halt, without respite.*

## THE HERON

*A pale yellow moon on the skyline,  
the heart of the soil without a throb of laughter,  
a chilliness contemptuous  
of golden windows in a snaky sea.*

*It is not the frail beauty of the moon  
nor the cold loveliness of the sea  
nor the empty tale of the shore's uproar  
that seeps through my spirit to-night.*

*Faintness in strife,  
the chill of Death in essence,  
cowardice in the heart,  
and belief in nothing.*

an langan gallanach a' sianail  
thar loman cruaidhe nan àm cianail,  
an comhartaich bhìothbhaun na mo chluasan,  
an deann-ruith ag gabhail mo bhuadhan;  
rèis nam madadh 's nan con iargalt  
luath air tòrachd an fhiadhaich,  
troimh na coilltean gun fhiaradh,  
thar mullaichean nam beann gun shiaradh;  
coin chiùine cuthaich mo bhàrdachd,  
madaidhean air tòir na h-àilleachd,  
àilleachd an anama 's an aodainn,  
fiadh geal thar bheann is raointean,  
fiadh do bhòidhche ciùine gaolaich,  
fiadhach gun sgar, gun fhaochadh.

## A' CHORRA-GHRITHEACH

Gealach fhann bhuidhe air faire,  
cridhe 'n fhuinn gun phlogsgadh gàire,  
aognuidheachd a' deanamh tàire  
air uinneagan òir an cuan snàgach.

Cha ghrinneas anfhann na gealaich  
no maise fhuaraidh na mara  
no baoth sgeulachd onfhaidh a' chladaich  
tha nochd a' drùdhadh air m' aigne.

Anfhannachd an stri,  
aognuidheachd am brìgh,  
gealtachd anns a' chridh,  
gun chreideamh an aon ni.



*A heron came with drooping head  
and stood on top of sea-wrack,  
she folded her wings close in to her sides  
and took stock of all around her.*

*Alone beside the sea,  
like a mind alone in the universe,  
her reason like man's —  
the sum of it how to get a meal.*

*A restless mind seeking,  
a more restless flesh returned,  
unrest and sleep without a gleam;  
music, delirium, and an hour of rapture.*

*The hour of rapture is the clear hour  
that comes from the darkened blind brain,  
horizon-breaking to the sight,  
a smile of fair weather in the illusion.*

*On the bare stones of the shore,  
observing the slipperiness of a calm sea,  
listening to the sea's swallowing  
and brine rubbing on the stones.*

*Alone in the vastness of the universe,  
though her inaccessible kin are many,  
and bursting on her from the gloom  
the onset of the bright blue god.*

*I am with you but alone,  
looking at the coldness of the level kyle,  
listening to the surge on a stony shore  
breaking on the bare flagstones of the world.*

Thàinig corra-ghritheach ghiùigeach,  
sheas i air uachdar tiùrra,  
phaisg i a sgiathan dlùth rith,  
a' beachdachadh air gach taobh dhith.

'Na h-aonar ri taobh na tuinne  
mar thuigse leatha fhéin 's a' chruinne,  
a ciall-se mar chéill an duine —  
cothachadh lóin meud a suime.

Inntinn luasganach a' sireadh,  
feòil as luanaiche air tilleadh,  
luasgan is cadal gun drithleann,  
ceol is bruillean is tràth mire.

Tràth na mire an tràth shoilleir  
thig as eanchainn chiar na doille,  
bristeadh faire air an t-sealladh,  
faite dioclaidh anns a' mhealladh.

'S i air clachan loma tràghad  
ag amharc sleamhnachd cuain neo-bhàrcaich,  
ag éisdeachd ris an t-slugadh-mhara  
is sàl a' suathadh air na clachan.

Leatha fhéin am meud na cruinne  
ge mór a cleamhnas do-ruighinn,  
's a' bristeadh oirre as an doilleir  
sitheadh an dé ghuirm shoilleir.

Mise mar riut 's mi 'nam ònar  
ag amharc fuachd na linne còmhnaid,  
ag cluinntinn onfhaidh air faoilinn  
bristeadh air leacan loma 'n t-saoghail.

*What is my thought more than the heron's:  
the beauty of moon and restless sea,  
food and sleep and dream,  
brain, flesh, and temptation?*

*Her dream of rapture with one thrust  
coming in its season without stint,  
without sorrow, without doubt, but one delight,  
the straight unbending law of herons.*

*My dream exercised with sorrow,  
broken, awry, with the glitter of temptation,  
wounded, with one sparkle, churlish;  
brain, heart, and love troubled.*

## HALLAIG

*"Time, the deer, is in the Wood of Hallaig."*

*The window is nailed and boarded  
through which I saw the West  
and my love is at the Burn of Hallaig  
a birch tree, and she has always been*

*between Inver and Milk Hollow,  
here and there about Baile-chuirn:  
she is a birch, a hazel,  
a straight slender young rowan.*

*In Screapadal of my people,  
where Norman and Big Hector were,  
their daughters and their sons are a wood  
going up beside the stream.*

Ciod mo smuain-sa thar a smuain-se:  
àilleachd gealaich is cuain luainich,  
biadh is cadal agus bruadar,  
eanchainn, feòil agus buaireadh?

A h-aisling mhìre le aon shitheadh  
tighinn 'na h-aimsir gun chrionnachd,  
gun bhròn, gun teagamh, ach aon mhìreadh,  
lagh dìreach neo-cham corra-grithich.

M' aisling-sa air iomairt truaighe,  
briste, cam, le lannir buairidh,  
ciùrrte, aon-drithleannach, neo-shuairce,  
eanchainn, cridhe, 's gaol neo-shuaimhneach.

## HALLAIG

*"Tha tim, am fiadh, an Coille Hallaig."*

Tha bùird is tàirnean air an uinneig  
troimh 'm faca mi an Aird an Iar  
's tha mo ghaol aig Allt Hallaig  
'na craoibh bheithe, 's bha i riamh

eadar an t-Inbhir 's Poll a' Bhainne,  
thall 's a bhos mu Bhaile-Chùirn:  
tha i 'na beithe, 'na calltuinn,  
'na caorunn dhìreach sheang ùir.

Ann an Screapadal mo chinnidh,  
far robh Tarmad 's Eachunn Mór,  
tha 'n nigheanan 's am mic 'nan coille  
ag gabhail suas ri taobh an lóin.

*Proud tonight the pine cocks  
crowing on the top of Cnoc an Ra,  
straight their backs in the moonlight —  
they are not the wood I love.*

*I will wait for the birch wood  
until it comes up by the Cairn,  
until the whole ridge from Beinn na Lice  
will be under its shade.*

*If it does not, I will go down to Hallaig,  
to the sabbath of the dead,  
where the people are frequenting,  
every single generation gone.*

*They are still in Hallaig,  
MacLeans and MacLeods,  
all who were there in the time of Mac Gille Chaluim:  
the dead have been seen alive —*

*the men lying on the green  
at the end of every house that was,  
the girls a wood of birches,  
straight their backs, bent their heads.*

*Between the Leac and Fearnas  
the road is under mild moss  
and the girls in silent bands  
go to Clachan as in the beginning.*

*And return from Clachan,  
from Suisnish and the land of the living;  
each one young and light-stepping,  
without the heartbreak of the tale.*

Uaibhreach a nochd na coilich ghiuthais  
ag gairm air mullach Cnoc an Rà,  
direach an druim ris a' ghealaich —  
chan iadsan coille mo ghràidh.

Fuirichidh mi ris a' bheithe  
gus an tig i mach an Càrn,  
gus am bi am bearradh uile  
o Bheinn na Lice f' a sgàil.

Mura tig 's ann theàrnas mi a Hallaig  
a dh' ionnsaigh sàbaid nam marbh,  
far a bheil an sluagh a' tathaich,  
gach aon ghinealach a dh' fhalbh.

Tha iad fhathast ann a Hallaig,  
Clann Ghill-Eain 's Clann MhicLeòid,  
na bh' ann ri linn Mhic Ghille-Chaluim:  
chunnacas na mairbh beò —

na fir 'nan laighe air an lianaig  
aig ceann gach taighe a bh' ann,  
na h-igheanan 'nan coille bheithe,  
direach an druim, crom an ceann.

Eadar an Leac is na Fèarnaibh  
tha 'n rathad mòr fo chòinnich chiùin,  
's na h-igheanan 'nam badan sàmhach  
a' dol a Chlachan mar o thùs.

Agus a' tilleadh as a' Chlachan,  
à Suidhisnis 's á tir nam beò;  
a chuile té òg uallach  
gun bhristeadh cridhe an sgeòil.

*From the Burn of Fearnas to the raised beach  
that is clear in the mystery of the hills,  
there is only the congregation of the girls  
keeping up the endless walk,*

*coming back to Hallaig in the evening,  
in the dumb living twilight,  
filling the steep slopes,  
their laughter in my ears a mist,*

*and their beauty a film on my heart  
before the dimness comes on the kyles,  
and when the sun goes down behind Dun Cana  
a vehement bullet will come from the gun of Love;*

*and will strike the deer that goes dizzily,  
sniffing at the grass-grown ruined homes;  
his eye will freeze in the wood;  
his blood will not be traced while I live.*

## THE WOODS OF RAASAY

*Straight trunks of the pine  
on the flexed hill-slope;  
green heraldic helmets,  
green unpressed sea:  
strong, light, wind-headed,  
untoiling, unseeking,  
the giddy great wood,  
russet, green, two plaitings.*

O Allt na Fèarnaibh gus an fhaoilinn  
tha soilleir an diomhaireachd nam beann  
chan eil ach coimhthional nan nighean  
ag cumail na coiseachd gun cheann,

a' tilleadh a Hallaig anns an fheasgar,  
anns a' chamhanaich bhalbh bheò,  
a' lionadh nan leathadan casa,  
an gàireachdaich 'nam chluais 'na ceò,

's am bòidhche 'na sgleò air mo chridhe  
mun tig an ciaradh air na caoil,  
's nuair thearnas grian air cùl Dhùn Cana  
thig peileir dian á gunna Ghaoil;

's buailear am fiadh a tha 'na thuaineal  
a' snòtach nan làraichean feòir;  
thig reothadh air a shùil 'sa choille;  
chan fhaighear lorg air fhuil ri m' bheò.

## COILLTEAN RATHARSAIR

Gallain a' ghiuthais  
air luthadh an fhirich;  
gorm chlogadan suaithneis,  
muir uaine gun dinneadh:  
treun, aotrom, ceann-gaothail,  
neo-shaothrach, gun shireadh,  
a' choille mhór ghuanach,  
ruadh, uaine, dà fhilleadh.

*Floor of bracken and birch  
in the high green room;  
the roof and the floor  
heavily coloured, serene:  
tiny cups of the primrose,  
yellow petal on green,  
and the straight pillars of the room,  
the noble restless pines.*

*You gave me helmets,  
victorious helmets,  
ecstatic helmets,  
yellow and green;  
bell-like helmets,  
proud helmets,  
sparkling helmets,  
brown-red helmets.*

*I took your banners  
and wrapped them round me:  
I took your yellow  
and green banners.  
I clothed pampered  
volatile thoughts:  
I clothed them in your  
yellow and red banners.*

*I took my way  
through the restless intricacy;  
I took the course  
over the new land of dream,  
going and returning  
and seeking the triumph,  
in delight and in swift running,  
with my desire proud-spirited.*

Urlar fraìnich is beithe  
air an t-seòmar àrd uaine;  
am mullach 's an t-ùrlar  
trom dhathte le suaimhneas:  
mìth chuachan na sòbhraig,  
bileag bhuidhe air uaine;  
is cuilbh dhireach an t-seòmair,  
giuthas òirdhearc an luasgain.

Thug thu dhomh clogadan,  
clogadan buadh-mhor,  
clogadan mireanach,  
buidhe is uaine;  
clogadan glaganach,  
clogadan uallach,  
clogadan drithleannach,  
clogadan ruadha.

Ghabh mi do bhrataichean  
umam 'gan suaineadh:  
ghabh mi do bhrataichean  
buidhe is uaine.  
Sgeadaich mi aignidhean  
beadarra luaineach:  
sgeadaich 'nad bhrataichean  
buidhe is ruadha.

Ghabh mi an t-slighe  
troimh fhilleadh an luasgain:  
thug mi an cùrsa  
thar ùr-fhonn a' bhruadair,  
a' siubhal 's a' tilleadh  
's a' sireadh na buaidhe,  
am mire 's an deann-ruith  
is m' annsachd gu h-uallach.

*The great wood in motion,  
fresh in its spirit;  
the high green wood  
in a many-coloured waulking;  
the wood and my senses  
in a white-footed rapture;  
the wood in blossom  
with a fleeting renewal.*

*The sunlit wood  
joyful and sportive;  
the many-winded wood,  
the glittering jewel found by chance:  
the shady wood,  
peaceful and unflurried;  
the humming wood  
of songs and ditties.*

*The divided wood  
wakening at dawn,  
the wood with deer-belling  
bursting to baying;  
the wood with doubling  
of hurrying crunluadh,  
the wood delighted  
with the love-making of the sea.*

*You were eloquent at evening  
with songs in your house,  
and cool with dews  
silently falling;  
and you would break out in splendour  
with dells of thrushes,  
and be silent always  
with a humming of streamlets.*

A' choille mhór shiùbhlach  
's i ùrail am meanmna;  
a' choille àrd uaine  
ann an luadh ioma-dhealbhadh;  
a' choille 's mo bhuadhan  
ann an luathghair nan gealachas;  
a' choille bàrr-gùcach  
le ùrachadh falbhach.

Coille na gréine  
's i éibhneach is mireagach;  
a' choille ioma-ghaothach,  
an leug fhaodail dhrithleannach:  
coille na sgàile  
's i tàmhach neo-dhribheagach;  
coille a' chrònain  
's i òranach luinneagach.

A' choille 'san sgarthanaich  
dùsgadh 'sa chamhanaich;  
a' choille le langanaich  
brùchdadh gu tabhanaich:  
a' choille le dùblachadh  
crunluaidh chabhagaich;  
a' choille 's i muirneach  
ri sùgradh nam marannan.

Bha thu labhar tràth nòine  
le òrain 'nad fhàrdaich  
is fionnar le driùchdan  
a' tùirling gu sàmhach;  
agus bhristeadh tu loinneil  
le doireachan smeòrach,  
's a' dùnadh gu suthain  
bu shruthanach crònain.

*In your silence at night  
there would be lovely amber shapes  
over the dimming of the woods  
and the faint light of the gloaming,  
creeping wilyly,  
many-formed, subtle,  
going and always coming  
and winding themselves into your croon.*

*You gave me helmets,  
green helmets;  
the helmet of the poignant  
and the helmet of the serene:  
new helmets  
hurting me with temptation,  
helmets of pride  
maiming me with unrest.*

*A face troubled the peace of the woodlands,  
the bird-song of rivulets and the winding of burns,  
the mildness of yellow stars shining,  
the glitter of the sea, the phosphorescence of night.*

*When the moon poured the bright crown pieces  
on the dark blue board of the sea at night  
and I rowed to meet them,  
I then tried to work out its genesis.*

*Sgurr nan Gillean is the fire-dragon,  
warlike, terrible with its four  
rugged headlong pinnacles in a row;  
but it is of another sky.*

Ri d' thosd anns an oidhche  
bhiodh loinn-chruthan òmair  
thar ciaradh nan coilltean  
's fann shoillse na glòmainn,  
ag èaladh gu cuireideach,  
ioma-chruthach seòlta,  
a' falbh 's a' sior-thighinn  
's 'gam filleadh 'nad chrònan.

Thug thu dhomh clogadan,  
clogadan uaine;  
clogad a' bhioraidh  
is clogad an t-suaimhneis:  
clogadan ùrail  
'gam chiùrradh le buaireadh,  
clogadan àrdain  
'gam mhàbadh le luasgan.

Bhuair aodann sàmhchair choilltean,  
ceilearadh shruthan is suaineadh aibhnean,  
ciùine reultan buidhe a' boillsgeadh,  
lainnir a' chuain, coille-bionain na h-oidhche.

Nuair dhòirt a' ghealach na crùn shoilleir  
air clàr dùghorm na linne doilleir  
agus a dh' iomair mi 'nan coinneamh,  
's ann a dh' fhiach mi ri shloinneadh.

'S e Sgurr nan Gillean a' bheithir  
cholgarr a' gharbh le cheithir  
binneanan carrach ceann-chaol sreathach,  
ach 's ann tha e bho speur eile.

*Sgurr nan Gillean is the reposeful  
beautiful unicorn in its whiteness,  
in its snow whiteness sparkling,  
calm and steadfast in its thrust,*

*its spearthrust on the horizon,  
the shapely white peak of beauty,  
peak of my longing and full love,  
the peak that sleeps for ever over the Clarach.*

*Green wood on the hither side of the Clarach,  
the wood of Raasay with the music of laughter,  
the wood of Raasay, mild and peaceful,  
the joyful, sorrowful, loved wood.*

*Graveyard on each south slope of the hill-side,  
the two rich graveyards of half my people,  
two still graveyards by the sea sound,  
the two graveyards of the men of Raasay returned,*

*returned to the repose of the earth  
from the sun's day of the round sky;  
a graveyard shaded from the breath of the sea,  
the two graveyards of the loins of the land.*

*The wood of Raasay,  
my dear prattler:  
my whispered reason,  
my sleeping child.*

*There came a startling in the wood,  
in the wood of dewy night,  
in the wood of the tender leaves,  
the restless wood of the rivulets.*

B' e 'n t-aon-chòrnach Sgurr nan Gillean,  
foistinneach, sgiamhach le ghile,  
le ghile shneachda 'na dhrithleann,  
ciùin agus stòlda 'na shitheadh,

'na shitheadh sleagha air an fhàire,  
sgurra foinnidh geal na h-àilleachd,  
sgurra m' iargain 's mo shàth-ghaoil,  
sgurra 's biothbhuan suain thar Clàraich.

Coille uaine taobh bhos na Clàraich,  
coille Ratharsair le ceòl-gàire,  
coille Ratharsair gu ciùin sàmhach,  
coille aoibhneach bhronach ghràdhach.

Cladh air dà shlios dheas an fhirich,  
dà chladh saoi bhir leth mo chinnidh,  
dà chladh sàmhach air bruaich na linne,  
dà chladh fir Ratharsair air tilleadh,

air tilleadh gu tàmh an fhuinn  
bho latha gréine an speur chruinn;  
cladh fo sgàil bho àile tuinn,  
dà chladh leasraidh an fhuinn.

Coille Ratharsair,  
m' ionam, labharag:  
mo chiall cagarain,  
mo leanabh cadalach.

Annas a' choille thainig straoanadh,  
an coille na h-oidhche braonaich,  
an coille nan duilleagan maotha,  
coille luaineach, coille chaochan.



*The adder awoke in its rich growth,  
in its multi-swift fine foliage,  
among its leafy branches to wound,  
the venom of the cry of pain in the love-making.*

*The thrust came from the Cuillin,  
from the mountains hardest  
to climb to a pleasant summit:  
the tender softness was stung by a monster.*

*I saw the three in their swift course,  
the three shapely naked goddesses:  
I recognised the bruised Actaeon  
harried by the three angry ones.*

*I saw the three in the woods,  
the three white naked graceful ones,  
the three a glimmer before me,  
the three unspeakable in meeting.*

*One who gave the kisses  
that did not satisfy the pursuit  
that was double in the flight,  
the pursued man vehement in pursuit.*

*The wood of Raasay was the one  
that gave the smooth honeyed kiss,  
the kiss that would not suffice the clay,  
the kiss that put unrest in the body.*

*There is not the speed in their poem  
that would make the high tempest of it;  
there is not in it the full life  
that would make the wood rest.*

Dhùisg an nathair 'na lùisreadh,  
'na duilleach ioma-luath caol ùrар,  
'na geugan duilleagach gu ciùrradh,  
gath a' chràdhghal anns an t-sùgradh.

Thàinig an sitheadh bho 'n Chuilithionn,  
bho na beanntan bu duilghe  
direadh gu mullach suilbhir:  
lotadh a mhaothanachd le uilebheist.

Chunnaic mi an triùir gu siùbhlach,  
an triùir bhan-dia chuimir rùisgte:  
b' aithne dhomh Actaeon bruite  
le triùir fheargach 'ga sgiùrsadh.

Chunnaic mí an triùir 's a' choille,  
an triùir gheal rùisgte loinneil,  
an triùir 'nan aiteal mu m' choinneamh,  
an triùir dho-labhairt an coinneamh.

Té a liubhair na pògan  
nach do shàsaich an tòrachd  
dhùbailte bha anns an fhògradh,  
am fear ruagte dian 'san tòrachd.

Bu choille Ratharsair an té  
a liubhair pòg mheala réidh,  
a' phòg nach fòghnadh do 'n chré,  
a' phòg chuir luasgan 's a' chléibh.

Chan eil de dheann-ruith 'nan dàn  
a dheanadh dheth an doineann àrd;  
chan eil ann de bheatha làin  
a chuireadh a' choille 'na tàmh.

*The wood of Raasay in its gentleness,  
joyful beside the Clarach,  
the green variation on the pibroch theme  
that the Cuillin makes with the waves.*

*The wood of Raasay is the talking one,  
the prattling whispering wood,  
the wood light beside the seas,  
the green wood in a sleepless slumber.*

*To believe with flesh,  
with brain and heart,  
that one thing was complete,  
beautiful, accessible:  
a thing that would avoid the travail  
of the flesh and hardship,  
that would not be spoiled by the bedragglements  
of time and temptation.*

*What is the meaning of giving a woman  
love like the growing blue of the skies  
rising from the morning twilight  
naked in the sun?  
Though a love were given as perfect  
as heroism against circumstances,  
unhesitant, undoubting, hopeless,  
sore, blood-red, whole;  
though the unspeakable love were given,  
it would be only as if one were to say  
that the thing could not happen  
because it was unspeakable.*

Coille Ratharsair 'na ciùine  
ri taobh na Clàraich gu mùirneach,  
siubhal uaine an ùrlair  
th' aig a' Chuilithionn ris na sùghan.

Coille Ratharsair an labharag,  
coille bhriodail, coille chagarain,  
coille aotrom ri taobh nam marannan,  
coille uaine an suain neo-chadalach.

'S e bhith creidsinn le feòil,  
le eanchainn 's le cridhe  
gu robh aon ni coimhlionta  
àlainn so-ruighinn:  
ni a sheachnadh allaban  
na colainne 's a' chruaidh-chàis,  
nach millteadh le meapaineadh  
time is buairidh.

Dé fàth bhith toirt do nighinn  
gaol mar ghormadh speur  
ag éirigh as a' chamhanaich  
gu lomnochd ri gréin?  
Ged bheirteadh gaol cho coimhlionta  
ri gaisge 'n aghaidh chàs,  
gun athadh, gun teagamh, gun dòchas,  
goirt, crò-dhearg, slàn;  
ged bheirteadh an gaol do-labhairt,  
cha bhiodh ann ach mar gun cainte  
nach b' urrainn an càs tachairt  
a chionn gun robh e do-labhairt.

*What is the meaning of giving hope  
a steed-footed blood-red love,  
of offering to the Cuillin's height  
a love that will strive over every difficulty?  
What is the meaning of worshipping Nature  
because the wood is part of it?*

*One has seen the Cuillin wall knocked down,  
brittle, broken, in a loathsome pit;  
and one has seen the single-minded love  
unattainable, lost, unspoiled.*

*It is that they rise  
from the miserable torn depths  
that puts their burden on mountains.*

*Poor, uncertain the base  
on which the heroic Cuillin is based  
just as the reason is torn  
to put beauty on poem or melody.*

*O the wood, O the wood,  
how much there is in her dark depths!  
Thousands of adders in her rich growth:  
joy broken and bruised,  
and the pain that was ever in anguish,  
that cannot get over its anguish.*

*O the wood, O the wood!  
The aspect of pleasant beauty,  
of the eye that is soft and bright,  
the lively jewel in blindness.*

Dé fàth bhith toirt do dhòchas  
gaol steud-crodhanta crò-dhearg,  
bhith liubhairt do àird a' Chuilithinn  
gaol a ni stri thar gach duilghinn?  
Dé fath aoradh do Nàdur  
a chionn gur h-i choille pàirt dheth?

Chunnacas mùr a' Chuilithinn leagte,  
prann briste, an slochd sgreadaidh;  
agus chunnacas an gaol singilt  
do-ruighinn, cailte, neo-mhillte.

'S e gu bheil iad ag éirigh  
as an doimhne thruaigh reubte  
tha cur air beanntan an éire.

Bochd mi-chinnteach am bonn  
tha stéidheachadh Cuilithinn nan sonn  
ionnas mar reubar an conn  
chuir àilleachd air dàn is fonn.

Och a' choille, och a' choille,  
dé na tha 'na doimhne dhoilleir!  
Miltean nathraichean 'na lùisreadh:  
an t-aoibhneas 's e briste brùite  
agus an cràdh bha riamh ciùrrte,  
nach toir bàrr air a' chiùrradh.

Och a' choille, och a' choille!  
Fiamh na bòidhche foinnidh,  
na sùla tha maoth soilleir,  
seud beodhanta anns an doille.

*The way of the sap is known,  
oozing up to its work,  
the wine that is always new and living,  
unconscious, untaught.*

*There is no knowledge of the course  
of the crooked veering of the heart,  
and there is no knowledge of the damage  
to which its aim unwittingly comes.*

*There is no knowledge, no knowledge,  
of the final end of each pursuit,  
nor of the subtlety of the bends  
with which it loses its course.*

## HIGHLAND WOMAN

*Has Thou seen her, great Jew,  
who art called the One Son of God?  
Hast Thou, on Thy way, seen the like of her  
labouring in the distant vineyard?*

*The load of fruits on her back,  
a bitter sweat on brow and cheek;  
and the clay basin heavy on the back  
of her bent, poor, wretched head.*

*Thou hast not seen her, Son of the carpenter,  
who art called the King of Glory,  
among the rugged western shores  
in the sweat of her food's creel.*

Tha eòl air slighe an t-snodhaich  
a' drùdhadh suas gu ghnòthach,  
am fion sior ùrar beothail  
gun fhios dha fhéin, gun oilean.

Chan eil eòl air an t-slighe  
th'aig fiarachd cham a' chridhe  
's chan eil eòl air a' mhilleadh  
do 'n tàrr gun fhios a cheann-uidhe.

Chan eil eòlas, chan eil eòlas  
air crìch dheireannaich gach tòrachd  
no air seòltachd nan lùban  
leis an caill i a cùrsa.

## BAN-GHAIDHEAL

Am faca Tu i, Iùdhaich mhóir,  
ri 'n abrar Aon Mhac Dhé?  
Am fac' Thu a coltas air Do thriall  
ri stri an fhion-lios chéin?

An cuallach mheasan air a druim,  
fallus searbh air mala is gruaidh;  
's a' mhios chreadha trom air cùl  
a cinn chrùibte, bhochd, thruaigh.

Chan fhaca Tu i, Mhic an t-saoir,  
ri 'n abrar Rìgh na Glòir,  
am measg nan cladach carrach siar,  
fo fhallus cliabh a lòin.

*This spring and last  
and every twenty springs from the beginning  
she has carried the cold seaweed  
for her children's food and the castle's reward.*

*And every twenty autumms that have gone  
she has lost the golden summer of her bloom;  
and the black-labour has ploughed the furrow  
across the white smoothness of her forehead.*

*And Thy gentle Church has spoken  
of the lost state of her miserable soul;  
and the unremitting toil has lowered  
her body to a black peace in a grave.*

*And her time has gone like a black slush  
seeping through the thatch of a poor dwelling:  
the hard black-labour was her inheritance;  
grey is her sleep tonight.*

## DEATH VALLEY

*Some Nazi or other has said that the Führer had restored to German  
manhood the 'right and joy of dying in battle'.*

*Sitting dead in Death Valley  
below Ruweisat Ridge  
a boy with his forelock down about his cheek  
and his face slate-grey.*

An t-earrach so agus so chaidh  
's gach fichead earrach bho 'n an tùs  
tharruing ise 'n fheamainn fhuar  
chum biadh a cloinn is duais an túir.

Is gach fichead foghar tha air triall  
chail i samhradh buidh nam bláth;  
is threabh an dubh chosnadh an clais  
tarsuinn minead ghil a cláir.

Agus labhair T' Eaglais chaomh  
mu staid chailte a h-anama thruaigh;  
agus leag an cosnadh dian  
a corp gu sàmchair dhuibh an uaigh.

Is thriall a tìm mar shnighe dubh  
a' drùdhadh tughaidh fàrdaich bochd:  
mheal ise an dubh chosnadh cruaidh;  
is glas a cadal suain an nochd.

## GLAC A' BHAIS

Thubhairt Nàsach air choireigin gun tug am Fuirair air ais do fhìr na  
Gearmailte 'a' chòir agus an sonas bàs thaotainn anns an àraich'.

'Na shuidhe marbh an Glac a' Bhàis  
fo Dhruim Ruidhiseit  
gill' òg 's a logan sìos m' a ghruaidh  
's a thuar grisionn.

*I thought of the right and the joy  
that he got from his Führer,  
of falling in the field of slaughter  
to rise no more;*

*of the pomp and the fame  
that he had, not alone,  
though he was the most piteous to see  
in a valley gone to seed*

*with flies about grey corpses  
on a dun sand  
dirty yellow and full of the rubbish  
and fragments of battle.*

*Was the boy of the band  
who abused the Jews  
and Communists, or of the greater  
band of those*

*led, from the beginning of generations,  
unwillingly to the trial  
and mad delirium of every war  
for the sake of rulers?*

*Whatever his desire or mishap,  
his innocence or malignity,  
he showed no pleasure in his death  
below Ruweisat Ridge.*

Smaoinich mi air a' chòir's an àgh  
a fhuair e bho Fhuirair,  
bhith tuiteam ann an raon an àir  
gun éirigh tuilleadh;

air a' ghreadhnachas 's air a' chliù  
nach d' fhuair e 'na aonar,  
ged b' esan bu bhrònaiche snuadh  
ann an glaic air laomadh

le cuileagan mu chuirp ghlas  
air gainmhich lachdainn  
's i salach-bhuidhe 's làn de raip  
's de sprùidhlich catha.

An robh an gille air an dream  
a mhàb na h-Iùdhaich  
's na Comunnaich, no air an dream  
bu mhotha, dhiubhsan

a threòraicheadh bho thoiseach àl  
gun deòin gu buaireadh  
agus bruaillean cuthaich gach blàir  
air sgàth uachdaran?

Ge b' e a dheòin-san no a chàs,  
a neoichiontas no mhiorun,  
cha do nochd e toileachadh 'na bhàs  
fo Dhruim Ruidhiseit.

## AN AUTUMN DAY

*On that slope  
on an autumn day,  
the shells soughing about my ears  
and six men dead at my shoulder,  
dead and stiff — and frozen were it not for the heat —  
as if they were waiting for a message.*

*When the screech came  
out of the sun,  
out of an invisible throbbing,  
the fame leapt and the smoke climbed  
and surged every way:  
blinding of eyes, splitting of hearing.*

*And after it, the six men dead  
the whole day:  
among the shells snoring  
in the morning,  
and again at midday  
and in the evening.*

*In the sun, which was so indifferent,  
so white and painful;  
on the sand which was so comfortable,  
easy and kindly;  
and under the stars of Africa,  
jewelled and beautiful.*

## LATHA FOGHAIR

'S mi air an t-slios ud  
latha foghair,  
na sligean a' sianail mu m' chluasan  
agus sianar marbh ri mo ghualainn,  
rag mharbh — is reòta mur b'e 'n teas —  
mar gum b' ann a' fuireach ri fios.

Nuair thàinig an sgrìach  
a mach as a' ghréin,  
a buille 's bualadh do-fhaicsinn,  
leum an lasair agus streap an ceathach  
agus bhàrc e gacha rathad:  
dalladh nan sùl, sgoltadh claitinn.

'S 'na dhéidh, an sianar marbh,  
fad an latha;  
am mìosg nan sligean 'san t-strannraich  
anns a' mhadainn,  
agus a rithist aig meadhon-latha  
agus 'san fheasgar.

Ris a' ghréin 's i cho coma,  
cho geal cráiteach;  
air a ghainmhich 's i cho tiorail  
socair báidheil;  
agus fo reultan Africa,  
's iad leugach àlainn.

*One Election took them  
and did not take me,  
without asking us  
which was better or worse:  
it seemed, as devilishly indifferent  
as the shells.*

*Six men dead at my shoulder  
on an Autumn day.*

## AT YEATS'S GRAVE

*The big broad flagstone of the grave  
is on yourself and George your wife  
between the sea and Ben Bulbin,  
between Sligo and Lissadell;  
and your marvellous words are  
coming in the breeze from every side  
with the picture of the young beautiful one  
in the television of each field.*

*The sweet voice on the side of Ben Bulbin  
from the one shapely young mouth  
that took his fame from Dermid  
since it was heard on a Green,  
become a screech with grief  
and with the noble anger  
and with the generous deeds  
that were sweet in the ears of Connolly  
and in the ears of his kind.*

Ghabh aon Taghadh iadsan  
's cha d' ghabh e mise,  
gun fhoighneachd dhinn  
cò a b' fheàrr no bu mhiosa:  
ar liom, cho diabhlaidh coma  
ris na sligean.

Sianar marbh ri mo ghualainn  
latha foghair.

## AIG UAIGH YEATS

Tha leac mòr leathann na h-uaghach  
ort fhéin 's air Deòrsa do bhean  
eadar a' mhuir is Beinn Ghulbain,  
eadar an t-Sligeach 's Lios an Daill;  
's tha do bhriathran miorbhaileach  
a' tigh'nn le osaig o ghach taobh  
le dealbh na té òig àlainn  
ann an teilifis gach raoin.

An guth binn air slìos Beinn Ghulbain  
o 'n aon bhial cuimir òg  
a thug a chliù o Dhiarmad  
on chualas e air Grine  
's e air fàs 'na sgread le bròn  
agus leis an fheirg uasail  
is leis na h-euchdan còire  
bu bhinn an cluais O Conghaile  
's an cluasan a sheòrsa.



*You got the chance, William,  
the chance for your words,  
since courage and beauty  
had their flagpoles through your side.  
You acknowledged them in one way,  
but there is an excuse on your lips,  
the excuse that did not spoil your poetry,  
for every man has his excuse.*

Fhuair thusa 'n cothrom, Uilleim,  
an cothrom dha do bhriathran,  
on bha a' ghaisge 's a' bhòidhche  
's an croinn bhratach troimh do chliathaich.  
Ghabh thu riutha air aon dòigh,  
ach tha leisgeal air do bhilean,  
an leisgeal nach do mhill do bhàrdachd  
oir tha a leisgeal aig gach duine.

George  
Campbell  
Hay

---

TO A BONNY BIRCH TREE

*A cloud drifting in the sky,  
leafage between it and my eye;  
fresh and green-crested are the tresses of the birch,  
jewel of the steep descents about the Bight.*

*A gentle breeze from the knowe  
wins music from your crest;  
harp of the wind is your stringed top  
as the tendrils of the boughs make melody.*

*Gem of the hollows down there,  
a fairy mound for the birds is your close-set fastness;  
you charming them out of every airt,  
and they stooping down on you with cheer.*

*Sweet, sweet the chorusing,  
carolling and singing on the hillock,  
when the birds of summer alight  
on your sprays with honey in their beaks.*

*Better than their music is to see yourself,  
gently nodding below the scaur,  
slim and fresh, with crest enlaced and plaited,  
and beads of dew on every branch.*

Deòrsa  
Mac Iain  
Deòrsa

---

DO BHEITHE BOIDHEACH

Neul a' snàmh air an speur,  
duilleach eadar e 's mo shùil;  
ùr bàrr-uaine gruag a' bheithe,  
leug nan leitir cas mu 'n Lùib.

Oiteag tighinn bharr an tuim,  
a' toirt fuinn as do dhos;  
cruit na gaoithe do bhàrr teudach,  
cuisleannan nan geug ri port.

Ailleagan nan glac so shios,  
siodhbhrugh do na h-eòin do dhlùths,  
thu 'gan tàladh as gach àirde,  
iad a' teàrnadh ort le sunnd.

Ceileireadh 's e binn binn,  
seirm is seinn air a' chnoc,  
nuair a chromas na h-eòin Shamhraidh  
air do mheanglain 's mil 'nan gob.

Is fhèarr na 'n ceòl t' fhaicinn fhéin  
air bhogadan réidh fo 'n chnap,  
seang bàrr-sniomhain amlach ùrar,  
is dealt 'na chùirnein air gach slait.

THE VOYAGING OF THE CORRIE

*We lifted out on to the green plain,  
we weathered Garvel the tempestuous and scowling,  
hard rain-squalls leaped upon us out of the south-west.  
She raised her head against the heads of the cold waves,  
the black narrow one who makes a clamour as she goes,  
she raised her singing and made an onrush.*

*She stretched her sheet as hard as steel,  
she stretched her side to the sides of the waves,  
she stretched her stride to pace the oceans.  
She struck a blow with her gunnel as she buffeted,  
she struck a dunt with the seam of her shoulder,  
she clove a wound with her beak as she lurched.*

*Eilean Aoidh — joyous was her roaring;  
Ardlamont — haughty was her shouting;  
up off Inchmarnock she sang a ditty.  
In our eyes there was nothing but the smoke of her strokes,  
spindrift and driven spray from the crests of the billows;  
in our ears there was nothing but the sound of her snorting.*

THE BATTLEMENTS

*Wondrous clouds are heaped aloft,  
with a dark flush and a fierce swelling;  
strong turrets, towers full of pride,  
threatening banners, mist and rage.*

SIUBHAL A' CHOIRE

Thog sinn am mach air a' mhachair uaine,  
chuir sinn a' Gharbhaird ghailbheach, ghruamach,  
leum o'n iardheas siontan cruadh oirnn.  
Thog i 'ceann ri ceann nam fuarthonn,  
an té dhubh chaol 'nì gaoir 'na gluasad,  
thog i 'seinn is rinn i ruathar.

Shin i a sgòd le cruas na cruadhach,  
shin i taobh ri taobh nan stuadhan,  
shin i 'ceum a cheumadh chuantan.  
Bhuail i beum le 'beul 's i 'tuirgheadh,  
thug i sad le sgar a guailne,  
ghearr i leòn le 'sròin 's i 'luasgan.

Eilean Aoidh — bu aoibh a nuallan;  
Aird MhicLaomainn — a gaoir gu'm b'uaibhreach;  
os cionn na h-Innse sheinn i duanag.  
Cha robh 'nar sùilean ach smùid a stràcan,  
cathadh is sioban o chir nam bailinn,  
cha robh 'nar cluais ach fuaim a stàirneil.

NA BAIDEALAN

Neòil iongantach 'gan càrnadh suas  
le ruaim ghàbhaidh 's tòcadh borb;  
turaidean treuna, tùir làn pròis,  
brataichean bagraidh, ceò is colg.

*Fearful darkness creeps before them,  
and down out of them the lightning flashes;  
they trail after them the grey rain  
like a blinding curtain across the sea.*

*Yonder are waves and land, their colour lost,  
blotted out by the torrent from the skies,  
and gapped Arran gone from us under a cloak —  
it is a terrible glory of the glories of God.*

## THE FOUR WINDS OF SCOTLAND

*My melodious gentle breeze blowing from the south in my  
Summer birchwood is she; my ocean storm, with downpour  
sending in headlong spate each burn for me; the north  
wind with driving snow that makes beautiful the hills for  
me; the wind that drives my Springtime muirburn up the  
slopes of glens is she.*

*The leaves of Summer, the spate of Autumn, the  
snowdrifts and the high Spring wind is she; the sough of  
the woodland, the roaring of waterfalls, the freshness of  
the snow and the heather ablaze is she; mild pleasantness  
and melody, angry pride and courage, growth and the  
pouring of the showers is she; breath of my body, nurture  
of my understanding, my hands, my joints and my soul is  
she. All year long, each season through, each day and each  
fall of dusk for me, it is Scotland, Highland and Lowland,  
that is laughter and warmth and life for me.*

Snàgaidh rompa duibhre 's oillt,  
's na dealain bhoillsgeach asd' anuas;  
slaodar leò an t-uisge glas  
'na chùirtein dallaidh trasd' an cuan.

Sud tuinn is tir air call an dath,  
'gan dubhadh as le steall nan speur,  
is Arainn bheàrnach uainn fo chleòc —  
glòir uamharr e de ghloiribh Dhé.

## CEITHIR GAOTHAN NA H-ALBANN

M' oiteag cheòlmhor chaoin teachd deiseil  
'nam bheitheach Samhraidh i,  
mo stoirm chuain le dile cur still 's gach alldan domh,  
a' ghaoth tuath le cathadh sneachda  
ni dreachmhor beanntan domh,  
a' ghaoth tha 'g iomain m' fhaloisg earraich  
ri leathad ghleanntaichean.

Duilleach an t-Samhraidh, tuil an Dàmhair,  
na cuithean 's an àrdghaoth Earraich i;  
dùrd na coille, bùirich eas, ùire an t-sneachda 's an fhaloisg i;  
tlàths is binneas, àrdan, misneach, fàs, is sileadh nam frasan i;  
anail mo chuirp, àrach mo thuigse,  
mo làmhan, m' uilt is m' anam i.  
Fad na bliadhna, ré gach ràidhe,  
gach là 's gach ciaradh feasgair dhomh,  
is i Alba nan Gall 's nan Gàidheal  
is gàire, is blàths, is beatha dhomh.

EUROPE'S PITEOUS PLIGHT

*The finely hewn ramparts of Europe  
are down in a heap upon her plains.*

*Their ancient carvings  
are split and scattered.*

*The close-fitting courses of her towers  
are collapsed in small rubble.*

*The people of her halls  
are wanderers dispersed.*

*Without ever rest, full of need,  
are the nights and days of her folk.*

*The shrill voice of their pitiful complaining  
drowns the hard roaring of her winds.*

*Gone from Europe  
is a third of her tranquil, aged beauty.*

*The old sanctuary of the arts,  
the tender heart of humanity.*

*Alas, she is become a promontory of Asia,  
the Balkans of the world!*

BIZERTA

*I see during the night guard  
a blaze flickering, fringing the skyline over yonder,  
beating with its wings,  
scattering and dimming the stars of that airt.*

TRUAIGHE NA H-EORPA

Tha mùir shnaidhte na h-Eòrpa  
shios 'nan tòrr air a raointean.

Tha an gràbhaladh àrsaidh  
air a sgàineadh is gaorr air.

Tha dlùthshreathan a tùirean  
'nam mion-sprùidhlich air aomadh.

Tha muinntir a tallachan  
sgapte air faontra.

Is luaineach, làn airce,  
oidhch' is latha a daoine.

Chaidh geurghuth an truaighe  
thar cruaidhghàir a gaothan.

Dh'fhalbh bharr na h-Eòrpa  
trian de 'bòidhchead séimh aosda.

Sean tearmunna na h-ealain,  
cridhe meachair na daondachd.

Och, Rudha na h-Aisia,  
Balcan an t-saoghail!

BISEARTA

Chi mi rè gearr na h-oidhche  
dreòs air chrith 'na fhroidhneas thall air faire,  
a' clapail le a' sgiathaibh,  
a' sgapadh 's a' ciaradh rionnagan na h-àird' ud.

*You would think that there would be heard  
from its midst, though far away, wailing and lamentation,  
the roar of rage and the yell of hate,  
the barking of the dogs from it or the howling of wolves,  
that the snarl of violence would reach  
from yon amber furnace the very edge of the world;  
but yonder it spreads  
along the rim of the sky in evil ghastly silence.*

*What is their name tonight,  
the poor streets where every window spews  
its flame and smoke,  
its sparks and the screaming of its inmates,  
while house upon house is rent  
and collapses in a gust of smoke?  
And who tonight are beseeching  
Death to come quickly in all their tongues,  
or are struggling among stones and beams,  
crying in frenzy for help, and are not heard?  
Who tonight is paying  
the old accustomed tax of common blood?*

*Now red like a battlefield puddle,  
now pale like the drained whiteness of foul fear,  
climbing and sinking,  
reaching and darting up and shrinking in size,  
growing faint for a moment  
and swelling like the breath of a devil in intensity,  
I see Evil as a pulse  
and a heart declining and leaping in throbs.  
The blaze, a horror on the skyline,  
a ring of rose and gold at the foot of the sky,  
belies and denies  
with its light the ancient high tranquillity of the stars.*

Shaoileadh tu gun cluinnte,  
ge cian, o 'bhuillsgein ochanaich no caoineadh,  
ràn corruich no gàir fuatha,  
comhart chon cuthaich uaidh no ulfhairt fhaolchon,  
gun ruigeadh drann an fhóirneirt  
o'n fhùirneis òmair iomall fhéin an t-saoghail;  
ach sud a' dol an leud e  
ri oir an speur an tosdachd olc is aognaidh.

C' ainm an nochd a th' orra,  
na sràidean bochda anns an sgeith gach uinneag  
a lasraichean 's a deatach,  
a sradagan is sgreadail a luchd thuinidh,  
is taigh air thaigh 'ga reubadh  
am broinn a chéile am brúchdadh toit a' tuiteam?  
Is có an nochd tha 'g atach  
am Bàs a theachd gu grad 'nan cainntibh uile,  
no a' spàirn measg chlach is shailthean  
air bhàinidh a' gairm air cobhair, is nach cluinnear?  
Cò an nochd a phàidheas  
sean chis àbhaisteach na fala cumant?

Uair dearg mar lod na h-àraich,  
uair bàn mar ghile thràighte an eagail éitigh,  
a' dìreadh 's uair a' teàrnadh,  
a' sineadh le sitheadh àrd 's a' call a mheudachd,  
a' fannachadh car aithil  
's ag at mar anail dhiabhail air dhéinead,  
an t-Olc 'na chridhe 's 'na chuisle,  
chì mi 'na bhuillean a' sioladh 's a' leum e.  
Tha 'n dreòs 'na oillt air faire,  
'na fhàinne ròis is òir am bun nan speuran,  
a' breugnachadh 's ag àicheadh  
le shoillse sèimhe àrsaidh àrd nan reultan.

THE YOUNG MAN SPEAKING FROM THE GRAVE

*Look closely on it, mankind,  
and let the eye bid the memory take heed.*

*See the land that has drunk our wounds,  
ploughed by the cannon.*

*See the fields that swallowed us  
spewing their dust in the air.*

*As the black pillars dance a reel on them  
to the drumming of the barking guns.*

*Watered they are with butchery,  
with the blood of young men night and day.*

*They have been dug, they have been torn,  
they have been harrowed by the slaughter.*

*See the cottages and towns,  
heaps of masonry that give no shelter.*

*See the dust of the crushed towns in Italy,  
and of the villages overthrown in Africa.*

*The fine dust of the dead houses,  
the stour of armies on the graves of homes.*

*A great wind should gather it  
through Europe far and wide,*

*from Europe and from Britain,  
sweeping it along in a stabbing cloud.*

AN T-OIGEAR A' BRUIDHINN O'N UIR

Seall, a chinne-dhaonna, dlùth air,  
's gu'n toir an t-sùil do'n chuimhne rabhadh.

Seall am fonn a dh'òl ar lotan  
air a threabhadh leis a' chanan.

Seall na h-achaidhean a shluig sinn  
a' sgeith an duslaich anns an adhar.

Ruidhle aig na cuilbh dhubh' orr'  
ri drumaireachd nan gunn' a' tabhann.

Air an uisgeachadh le feòlachd,  
le fuil òigear oidhch' is latha.

Air an ruamhar, air an riasradh,  
air an cliathadh leis a' chasgairt.

Seall na bothain is na bailtean  
'nan cruachan clachaireachd gun anam.

Seall smùr nam baile pronn san Eadailt,  
's nan clachan leagte thall san Aifric.

Duslach min nan taighean marbha,  
stùr armailtean air uaigh nan dachaidh.

Bu chòir gu'n cruinnicheadh gaoth mhór e  
air feadh na h-Eòrpa fad' is farsuing,

As an Eòrpa is á Breatainn,  
'ga sguabadh leatha 'na neul gathach.

*To blow in the hard eyes  
that do not grieve for our torn wounds;*

*that do not grieve for us, mown in the Springtime,  
or for our campaign graves in a strange land,*

*to fill them with spears of dust,  
to set them streaming and to blind them;*

*even as the dark dust cloud choked us,  
and quenched the young sun of our day.*

ATMAN

*You thieved in your need,  
and you tried a lie to get off;  
they condemned you, reviled you and whipped you,  
and they put you under lock and key.*

*The honourable mouth that condemned you  
was blubberish and tiny in the grey face;  
and Justice was blear-eyed from scrutinising  
its account-books, that ever showed abundance.*

*But the mouth which was found lying  
was mannerly, cheerful and melodious;  
I got sharp repartee and tales from it,  
though it was not too well acquainted with a meal.*

*Your eye would be raised from your work  
to draw pleasure from the shape of the world;  
you praised Jebel Yussuf to me,  
its form and its colour.*

'S gu'n séideadh i sna sùilean cruaidhe  
leis nach truagh ar lotan sracte,

leis nach truagh ar buain Earraich,  
's ar n-uaignean feachda air ar n-aineol,

'gan lionadh le sleaghan duslaich,  
'gan cur a shruthadh is 'gan dalladh;

ceart mar a thachd an duslach ciar sinn,  
's a mhùch e grian òg ar latha.

ATMAN

Rinn thu goid 'nad éiginn,  
dh'fheuch thu breug gu faotainn as;  
dhit iad, chàin is chuip iad thu,  
is chuir iad thu fo ghlais.

Bha 'm beul onorach a dhit thu  
pladach, bideach 'sa ghnùis ghlais;  
bha Ceartas sreamshùileach o sgrùdadh  
a leabhar cunntais 's iad sior phailt.

Ach am beul a dhearbhadh breugach,  
bha e modhail, éibhinn, binn;  
fhuair mi eirmseachd is sgeòil uaith  
's gun e ro eòlach air tràth bidh.

Thogte do shùil o'n obair  
á cruth an t-saoghail a dheoghal tlachd;  
mhol thu Debel Iussuf dhomh,  
a cumadh is a dath.



*I know you, Atman,  
the woman of your house and your five youngsters,  
your little clump of goats and your ass,  
your plot of rye and your cow.*

*I know you, Atman:  
you are a man, and you are alive;  
two things the judge is not,  
and that he has lost his chance of being ever.*

*Your sweat is not seldom in your eyes;  
you know what sporting and anger are;  
you have tasted and tasted the difference  
between sweet and bitter.*

*You have tried hatred and grief and laughter;  
you have tried tempest and sun;  
you have experienced life  
and never shrunk before it.*

*Had you been wealthy, and your gut  
thick with the leanness of your tired ploughmen,  
you would not be keeping company with the lice  
in the black prison of Mondovi.*

*When the decent judge of the court  
gets the fill of his eye of my back,  
I will come aside to welcome you  
across the street if I see you.*

*Our Lord Jesus was crucified  
along with thieves on the top of a hill,  
and it would be blasphemy, Atman, to deny  
that you are a brother of mine.*

Is aithne dhomh thu, Atmain,  
bean do thaighe 's do chóignear òg,  
do bhaidnein ghobhar is t'asail,  
do ghoirtein seagail is do bhó.

Is aithne dhomh thu, Atmain:  
is fear thu 's tha thu beò,  
dà ni nach eil am breitheamh,  
's a chaill e 'chothrom gu bhith fòs.

Chan ainmig t' fhallus 'na do shùilean;  
is eòl duit sùgradh agus fearg;  
bhlais is bhlais thu 'n difir  
eadar milis agus searbh.

Dh'fheuch thu gràin is bròn is gàire;  
dh'fheuch thu ànradh agus grian;  
dh'fhairich thu a' bheatha  
is cha do mheath thu roimpe riamh.

Na'n robh thu beairteach, is do chaolan  
garbh le caoile t' airein sgìth,  
cha bhiodh tu 'chuideachd air na miolan  
an dubh phrìosan Mhondovi.

Nuair gheibh breitheamh còir na cùirte  
làn a shùla de mo dhruim,  
thig mi a thaobh gu d'fhàilteachadh  
trasd an t-sràid ma chì mi thu.

Sidna Aissa, chaidh a cheusadh  
mar ri mèirlich air bàrr sléibh,  
is b'e 'n toibheum, Atmain, àicheadh  
gur bràthair dhomh thu fhéin.

## MEFTAH BABKUM ES-SABAR\*

*I remember at Sûq el-Khemis,  
while we argued in the dark café,  
a voice, melancholy as the voice of evening bells,  
that counselled me to be submissive to Providence.  
“My heart own, your struggle against It is in vain,  
for every beginning and ending  
has been written by It already.”*

*He gazed at the palm of his hand and went on:*

*“Your portion, your destiny, and your shadow —  
These accompany you in every place.*

*“What is fated and has been written  
is as a dungeon that the Divine King has locked upon us.  
Patience with a down cast look  
is the key to the door of our wretched prison.”*

*The tyranny of the flaming sun  
and the violence of the hot skies of Africa  
had begotten the bruised, tired wisdom of these words.*

*Wisdom like the slow bells of evening,  
not for us is your like!  
For a choice apart has been written for us:  
peace and death, or struggling and life.*

*Are the full ears gone, and only the stubble remaining?  
Fallen are the townships, and up has sprung the bracken?  
Is there a clump of rushes on every threshold?  
Oh, world, we are here and live on in spite of it;  
the hot ember is yet under the ashes.*

\* Meftah bâbkum es-sabar: “Patience the key to our door” — a line from an Arabic poem.

## MEFTAH BABKUM ES-SABAR\*

Is cuimhne leam an Sùg el-Cheamais,  
sa’ chaifidh dhorcha is sinn a’ deasbud,  
guth cianail mar ghuth chlag fo fheasgar  
a mhol domh strìochdadh do’n Fhreasdal.  
“Mo chridhe fhéin, is faoin bhur gleachd Ris,  
’s gu bheil gach toiseach agus deireadh  
air an sgrìobhadh Aige cheana.”

Sgrùd e bas a làimhe ’s lean e:

“Do roinn, do mhanadh, is do sgàile,  
théid iad cuide riut ’s gach àite.

“An rud a tha san Dàn ’s a sgrìobhadh,  
is gainntir sin a ghlais an Rìgh oirnn.  
’S i ’n fhaidhidinn le sealladh iosal  
iuchair dorus ar dubh fhriosain.”

Ghin aintighearnas na gréine lasraich,  
is ainneart speuran teth na h-Aifric,  
gliocas brùite sgith nam facal.

A ghliocais mar chluig mhall’ an fheasgair,  
chan ann dhuinne do leithid!  
Oir sgrìobhadh roghainn fo leth dhuinn:  
an t-sith ’s am bàs no gleachd ’s a’ bheatha.

Dh’fhalbh na diasan, dh’fhan an asbhuain?  
Thuit na bailtean, chinn an raineach?  
A bheil tom luachrach air gach stairsnich?  
A shaoghail, tha sinn ann g’a aindeoin;  
tha a’ ghriosach theth fo’n luathre fhathast.

\* Meftah bâbkum es-sabar: “Iuchair bhur doruis an fhaidhidinn” — sreath à dàn Arabach.

*Do not ask us, then, to set down for you  
some musical wizardry of polished words,  
soft, downy things or tales of the fairy knowe,  
mist or songs for young girls,  
the lullaby of some peaceful old woman  
as she rocks her oe and gives it fondling talk —  
do not ask that, but the scream of the pipes.  
Nice, conventional, certain opinions,  
a plausible oration from a sleek head,  
customary ways or smoothness,  
the tranquillity of the white turbans of Islam,  
the patience of an Arab prostrating  
himself before Allah in the eternal sultriness,  
do not ask for them — we are alive in earnest  
and “Cold is the wind over Islay  
that blows on them in Kintyre.”  
Ask for laughter, and cheerful and angry moods,  
friendship, enmity, pleasure and displeasure.  
Ask for the true reflexion of our mind.*

*Seek in each new work of our hand  
life, sore, rough and triumphant,  
for Providence has offered us during our days  
the choice between life and death.*

*The battlefield of our will,  
the hearthstone we kindle our fire upon,  
the field our ploughteam will awaken,  
the foundation for the building of our hands and our zeal;  
the hall we found without melody,  
and where will be heard, early and evening,  
the music of our forebears and the clamour of our singing;  
the book where we will write  
new poetry below the last verse*

Na iarraibh oirnn matà cur sìos duibh  
draoidheachd cheòlmhor fhacal liomhta,  
nithean clòimhteach, sgeòil an t-sidhein,  
ceò no òrain airson nionag,  
òran tàlaidh caillich sìtheil  
a' tulgadh a h-ogha 's 'ga bhriodal —  
na iarraibh, ach sgal na pìoba.  
Beachdan gnàthach, laghach, cinnteach,  
òraid dhàicheil à ceann sliogte,  
nòsan àbhaisteach no minead,  
suaimhneas turban geal na h-Ioslaim,  
faidhidinn Arabaich 'ga shineadh  
fo chomhair Allah fo'n bhruthainn shiorruidh,  
na iarraibh — tha sinn beò da-riribh,  
agus “Is fuar a' ghaoth thar Ile  
gheibhear aca an Cinntire.”  
Iarraibh gàire, gean is mighean,  
càirdeas, nàimhdeas, tlachd is miotlachd.  
Iarraibh faileas fìor ar n-inntinn.

Siribh an annas ar làimhe  
a' bheatha ghoirt, gharbh, luathghàireach,  
oir thairg am Freasdal ré ar làithean  
roghainn na beatha no a' bhàis duinn.

Blàr-cath' ar toile, leac ar teine,  
an raon a dhùisgeas ar seisreach,  
stéidh togail ar lámhan 's ar dealais;  
an talla a fhuair sinn gun cheilear,  
is far an cluinnear moch is feasgar  
ceòl ar sinnsre is gair ar seinne;  
an leabhar far an sgrìobhar leinne  
bàrdachd ùr fo'n rann mu dheireadh

*put in it by the poets of old  
— such will be our land. Or, if there be no struggle,  
a mean thing of no account, hidden away in a corner,  
which another people drained dry and forgot.*

## THE DUTY OF THE HEIGHTS

*The dark mountain under the downpour,  
exposed as an anvil to the tempest,  
the wind ever blows about its summit,  
the mist ever drifts about its sides;  
difficult under the feet  
are its dripping paths through the rocks;  
tranquil about its base  
are houses, corn-plots, and gardens.*

*Often a few have assented to trials  
so that others should taste  
the happiness that was won  
in the face of Powers and tempest —  
the scream of the wind on the crest;  
not a breath is heard on the straths:  
it's the buffeting of the heights  
that gives tranquillity to the little glen.*

*Youth of my country,  
is it to be the tranquillity of the plains, then,  
the peace and slumber of the low valleys,  
sheltered from the rough blast?  
Let your step be on the summit,  
and your breast exposed to the sky.  
For you the tearing wind of the pinnacles,  
lest destruction come on us as a landslide.*

a chuireadh leis na bàird o shean ann —  
b'e sin ar tir. No, mur an gleachdar,  
rud suarach ann an cùil 'ga cheiltinn,  
a thraogh 's a dhiochuimhnich sluagh eile.

## DLEASNAS NAN AIRDEAN

A' bheinn dhorch a fo 'n dilinn,  
ris na siontan 'na h-inneoin,  
tha sior shéideadh m' a creachann,  
tha sior cheathach m' a sliosaibh;  
is doirbh fo na casan  
a h-aisridhean snidheach;  
is seasgar m' a bonnaibh  
taighean, gortan, is liosan.

Dheònaich beagan an sàrach  
tric los càch a bhith blasad  
air an t-sonas chaidh bhuinnig  
ri uchd Chumhachdan 's gaillinn —  
sgal na gaoith' air a' mhullach,  
deò cha chluinnear 's na srathaibh:  
is e tuairgneadh nan àirdean  
a bheir sàmhchar do'n ghleannan.

A òigridh mo dhùthcha,  
an e ciùine nan réidhlean,  
fois is clos nan gleann iosal,  
air an dìon o 'n gharbh shéideadh?  
Biodh bhur ceum air a' mhullach,  
is bhur n-uchd ris na speuran.  
Dhuibh srac-ghaoth nam bidean  
mu'n tig sgrìos 'na bheum-sléibh oirnn.



## Derick Thomson

---

### HARVEST FIELD

*One deceptive evening, among the sheaves,  
with some of the corn uncut, you came by,  
and I put my scythe then in hiding,  
for fear that the edge of the blade would cut you.*

*Our world was rounded like the harvest field,  
though a part was ripe and a part green;  
the day to work and the night to dream,  
and the moon rose in the midst of content.*

*I left a little to cut on the morrow,  
and we walked together between the swathes:  
you fell on a scythe that another had left,  
and your skin was cut, and refused healing.*

### SINCE THE PICTURE IS BROKEN

*Since the picture is broken  
I will put it from me; there is no profit  
in looking at it, nor healing,  
since the wall is cracked.*

*Since the knot is undone  
the rope will run through my fingers,  
it is not worth my while to mend the net  
since the boat has slipped its moorings.*

## Ruaraidh MacThòmais

---

### ACHADH-BHUANA

Air feasgar meallta a measg nan adag,  
is pàirt gun a bhuain, thàinig tu 'n rathad,  
is chuir mi mo speal an sin am falach  
air eagal gun dèanadh am faobhar do ghearradh.

Bha ar saoghal cho cruinn ris an achadh-bhuana  
ged bha cuid dheth abaich is cuid dheth uaine;  
an là ri obair 's an oidhch' ri bruidhear,  
is dh'èirich a' ghealach a meadhon suaimhneis.

Dh'fhàg mi beagan ri bhuain am màireach,  
is choisich sinn còmhla eadar na ràthan:  
thuit thu air speal bha fear eile air fhàgail,  
is ghearradh do chneas, is dhiùlt e slànadh.

### A CHIONN 'S GU BHEIL

A chionn 's gu bheil an dealbh briste  
cuiridh mi bhuam e; chan eil buannachd  
ann a bhith 'ga amharc, no slàinte,  
a chionn 's gu bheil am balla sgàinte.

A chionn 's gu bheil an snaidhm fosgailt  
ruithidh an ròp troimh mo làmhan,  
chan fhiach dhomh an lion a chàradh  
a chionn 's gu bheil am bàta sgaoilte.

*Since the branch has withered  
I will not manure this tree,  
and I will make a winter of autumn  
since I have lost the hounds.*

*Since the dream is cleft  
I will not put my heart on the pillow,  
I will not count the brindled birds  
since the nest is raided.*

## THE WELL

*In the middle of the village is a little well,  
with the grass hiding it,  
the green luscious grass closely thatching it.  
I heard of it from an old woman,  
but she said, "The path is covered with bracken,  
where often I walked with my cogie,  
and the cogie itself is warped."  
When I looked in her lined face  
I saw the bracken growing round the well of her eyes,  
and hiding it from seeking and from desires,  
and closing it, closing it.*

*"Nobody goes to that well nowadays,"  
said the old woman, "as we went once,  
when we were young,  
though the water is lovely and white."  
And when I looked in her eyes through the bracken  
I saw the sparkle of that spring  
that makes whole every hurt,  
till the hurt of the heart.*

A chionn 's gu bheil a' gheug air crìonadh  
cha chuir mi todhar ris a' chraoibh so,  
is ni mi geamhradh de'n fhoghar  
a chionn 's gun chaill mi na gadhair.

A chionn 's gu bheil am bruadar sgoilte  
cha chuir mi mo chridh air cluasaig,  
cha chunnt mi na h-eòin bhreaca  
a chionn 's gu bheil an nead creachte.

## AN TOBAR

That tobar beag am meadhon a' bhaile  
's am feur 'ga fhalach,  
am feur gorm sùghor 'ga dhlùth thughadh.  
Fhuair mi brath air bho sheann chaillich,  
ach thuirt i, "Tha 'm frith-rathad fo raineach  
far am minig a choisich mi le m' chogan,  
's tha 'n cogan fhéin air déabhadh."  
Nuair sheall mi 'na h-aodann preasach  
chunnaic mi 'n raineach a' fàs mu thobar a sùilean  
's 'ga fhalach bho shireadh 's bho rùintean,  
's 'ga dhùnadh 's 'ga dhùnadh.

"Cha teid duine an diugh do'n tobar tha sin,"  
thuirt a' chailleach, "mar a chaidh sinne  
nuair a bha sinn òg,  
ged tha 'm bùrn ann cho brèagh 's cho geal."  
'S nuair sheall mi troimh 'n raineach 'na sùilean  
chunnaic mi lannir a' bhùirn ud  
a ni slàn gach ciùrradh  
gu ruig ciùrradh cridhe.

*“And will you go for me,”  
said the old woman, “with a thimble even,  
and bring to me a drop of that clear water  
that will bring colour to my cheeks?”  
I found the well at last  
and though her need was not the greatest,  
it was to her I brought the treasure.*

*It may be that the well  
is only something I saw in a dream,  
for when I went to seek it today  
I found nothing but bracken and rushes,  
and the old woman’s eyes are closed,  
and a film has come over their merriment.*

#### A GEO IN THE SUN’S SHELTER

*There is peace in the bay tonight, and the tide swings past the  
headland; foam on the hidden rock, wave-lapping at the cliff, the  
distant wave cries, and the seas go coursing swiftly, but this sea is at  
rest, with no boat at harbour,*

*where it dug out a quiet pool with the un-ease of days past, a geo in  
the sun’s shelter, its pebbles unstained, where the white years of the  
moon might pass beyond it, lunatic, unresting, desirelessly seeking a  
haven.*

*The salmon left the sea when this quiet bay was made, seeking the  
fresh river — if one moved a stone the quicksilver lightning-flash of  
wisdom and knowledge would tear the still crystal water of the  
ducks and the scarts.*

*“Is feuch an tadhail thu dhomhsa,”  
thuirt a’ chailleach, “ga b’ann le meoirean,  
’s thoir thugam boinne de’n uisge chruaidh sin  
a bheir rudhadh gu m’ ghruaidhean?”  
Lorg mi an tobar air éiginn  
’s ged nach b’ise bu mhotha feum air  
’s ann thuice a thug mi ’n eudail.*

*Dh’ fhaodadh nach eil anns an tobar  
ach ni a chunnaic mi ’m bruadar,  
oir nuair chaidh mi an diugh g’a shireadh  
cha d’fhuair mi ach raineach is luachair,  
’s tha sùilean na caillich dùinte  
’s tha li air tighinn air an luathghair.*

#### GEODHA AIR CHUL NA GREINE

*Tha fèath air a’ bhàgh a-nochd, ’s an sruth dol thar na maoile,  
cobhar air a’ chreig bhàite, is falpanaich air stalla,  
gàir aig an tonn tha fad às, is siubhal dian aig na cuantan,  
ach tha ’n cuan tha so ’na thàmh gun bhàt’ aig cala,*

*far na chladhaich e linne rèidh le an-shocair nan làithean,  
geodha air chùl na grèine, ’s a mhol gun ghrùid,  
far an rachadh bliadhnachan geal na gealaich seachad siar air,  
air chuthach, gun iaradh, a’ sireadh ceann-uidhe gun ùidh.*

*Thréig am bradan an cuan ann an linn a’ bhàigh chiùin so,  
a’ lorg na h-aibhne òig ud, ’s nan gluaiste clach  
reubadh beithir airgeadach beò a’ ghliocais ’s an eòlais  
uisgeachan balbha criostail nan sgarbh ’s nan lach.*



*At a rock here on the shore the women awaited the return of the small fishing-boats in storm; often losing treasure of sea and treasure of bosom, and feeling the red taste of the salmon salt on their lips.*

*Often standing watching the sea where their share was lost, and sitting in houses where their kin had died, did they make a bay that longing and hurting could by-pass, where the root of the darling dulse could keep its hold.*

*Though desire for dulse might for a time entice one, the shining salmon lies in dark repose, and if I quickly thrust where he lies hidden, the water, churned, will leave its rings of peace.*

#### BETWEEN SUMMER AND AUTUMN

*Up from the sea, in a lonely hollow,  
is a patch of grass where the shoots were bruised  
on a summer's day I can never forget;  
but when I garner both grass and corn,  
autumn stays not for me in the stacks,  
nor will summer return though I will it so.*

*The sea lay below me, white and red,  
white-skinned wave-crest and dark-blue trough,  
receding and nearing,  
joy with its breath held,  
swelling and breaking;*

Tha leac an so air an tràigh  
far am biodh na mnathan a' feitheamh  
nan eathraichean beaga iasgaich nuair thigeadh sian;  
is tric a bha ulaidh a' chridhe is ulaidh a' chuain às an aonais,  
is a gheibheadh iad blas dearg a' bhradain searbh air am bial.

Gu tric 'nan seasamh a' coimhead na mara  
far na chailleadh an cuid,  
's 'nan suidh anns na tighean san d'fhuair an daoine bàs,  
an do rinn iad bàgh air an rachadh  
an iargain 's an ciùrradh seachad,  
's am fuiricheadh friamh an duiligs luraich an sàs.

Ach ged bheireadh miann an duiligs duine a thaobh car ùine,  
tha 'm bradan lannireach sint' fo shàmhchar dorch,  
is ma bheir mi an sgobadh sin air an àit sam bi e  
bidh maistreadh fairg ann, is cearcaill sith 'na lorg.

#### EADAR SAMHRADH IS FOGHAR

Os cionn na mara, an lagan uaigneach,  
tha glasach far an deach feur a dhochann  
air latha samhraidh nach fhalbh às m' inntinn;  
ach nuair ni mi cnuasachd air feur 's air fochann  
chan fhan am foghar dhomh anns na cruachan,  
's cha till an samhradh a dh' aindeoin m' innleachd.

Bha am muir fodham, gach geal 's gach dearg dhith,  
gach sumainn tonn-gheal 's gach claisean dùbhghorm,  
teicheadh is dlùthadh,  
aoibhneas is anail air mhùchadh,  
ag at 's a' briseadh,

*with healing in its hurting;  
and I grasped a moment  
to think of the mutability  
that lay below me,  
and to think of the constancy  
that I see now I utterly lacked.*

*I am thinking now of the colour of the sun,  
and the colour of the grass,  
and the blood-red colour of your lips,  
and the colour of the hope that I was seeking,  
and the colour of the sky above Islay,  
and the colour of eternity lying there.*

#### WHEN THIS FINE SNOW IS FALLING

*When this fine snow is falling,  
climbing quietly to the windows,  
dancing on air-currents,  
piling itself up against walls  
in lovely drifts,  
while my son leaps with joy,  
I see in his eyes the elation  
that every winter brought to my people:  
the reflection of snow in my father's eyes,  
and my grandfather as a boy snaring starlings.*

*And I see, through the window of this snowdrift,  
and in the glass that dancingly reflects it,  
the hill-pass cutting through the generations  
that lie between me, on the scree,  
and my ancestors, out on the shieling,  
herding milk-cows and drinking buttermilk.*

is slàinte 'na chiùrradh;  
is ghlac mi tiota  
gu smuain thoirt air a' chaochladheachd  
bha sinne fodham,  
is air an t-seasmhachd  
a chi mi 'n diugh a bha mi uile dh' easbhaidh.

Mi smuaineachadh air dath na gréine,  
is dath an fheòir,  
is dath na fala a bh' air do bhilean,  
is dath an dòchais a bha mi sireadh,  
is dath an adhair os cionn Ile,  
is dath na siorraidheachd 's i 'n sin 'na sineadh.

#### TROIMH UINNEIG A' CHITHE

Nuair tha 'n sneachda min so a' tuiteam,  
a' streap gu sàmhach ris na h-uinneagan,  
a' mirean air sruthan na h-iarmailt,  
ga chàrnadh fhéin ri gàrraidhean  
'na chithean sàr-mhaiseach,  
is mo mhac 'na leum le aoibhneas,  
chi mi 'na shùilean-san greadhnachas gach geamhradh  
a thainig a riamh air mo dhaoine:  
faileas an t-sneachda an sùilean m' athar,  
's mo sheanair 'na bhalach a' ribeadh dhìdeigeagan.

Is chi troimh uinneig a' chithe so,  
's anns an sgàthan tha mire ris,  
am bealach tha bearradh nan linntean  
eadar mise, 's mi falbh nan sgàirneach,  
agus mo shìnnsean, a-muigh air àirigh,  
a' buachailleachd chruidh-bainne 's ag òl a' bhlàthaich.

*I see their houses and fields reflected  
on the lonely horizon,  
and that is part of my heritage.*

*When their boyhood came to an end  
they strove with the land, and ploughed the sea  
with the strength of their shoulders,  
and worshipped, sometimes;  
I spend their strength, for the most part,  
ploughing in the sand.*

## THE HERRING GIRLS

*Their laughter like a sprinkling of salt  
showered from their lips,  
brine and pickle on their tongues,  
and the stubby short fingers that could handle fish,  
or lift a child gently, neatly,  
safely, wholesomely,  
unerringly,  
and the eyes that were as deep as a calm.*

*The topsy-turvy of history had made them  
slaves to short-arsed curers,  
here and there in the Lowlands, in England.  
Salt the reward they won  
from those thousands of barrels,  
the sea-wind sharp on their skins,  
and the burden of poverty in their kists,  
and were it not for their laughter  
you might think the harp-string was broken.*

Chì mi faileas an tìghean 's am buailtean  
air fàire an uaigneis,  
's tha sud mar phàirt de mo dhualchas.

Ìadsan a' fàgail staid a' bhalaich,  
's a' strì ri fearann, 's a' treabhadh na mara  
le neart an guaillibh,  
's ag adhradh, air uairibh;  
is mise caitheamh an spionnaidh, ach ainneamh,  
a' treabhadh ann an gainneamh.

## CLANN-NIGHEAN AN SGADAIN

An gàire mar chraiteachan salainn  
ga fhroiseadh bho 'm bial,  
an sàl 's am picil air an teanga,  
's na miaran cruinne, goirid a dheanadh giullachd,  
no a thogadh leanabh gu socair, cuimir,  
seasgair, fallain,  
gun mhearachd,  
's na sùilean cho domhainn ri fèath.

B'e bun-os-cionn na h-eachdraidh a dh' fhàg iad  
'nan tràillean aig ciùrairean cutach,  
thall 's a-bhos air Galldachd 's an Sasainn.  
Bu shailte an duais a thàrr iad  
às na mìltean bharaillean ud,  
gaoth na mara geur air an craiceann,  
is eallach a' bhochdainn 'nan ciste,  
is mara b'e an gàire  
shaoileadh tu gu robh an teud briste.

*But there was a sprinkling of pride on their hearts,  
keeping them sound,  
and their tongues' gutting-knife  
would tear a strip from the Lowlanders' mockery —  
and there was work awaiting them  
when they got home,  
though they had no wealth:  
on a wild winter's night,  
if that were their lot,  
they would make men.*

## STRATHNAVER

*In that blue-black sky,  
as high above us as eternity,  
a star was winking at us,  
answering the leaping flames of fire  
in the rafters of my father's house,  
that year we thatched the house with snowflakes.*

*And that too was the year  
they hauled the old woman out on to the dung-heap,  
to demonstrate how knowledgeable they were in Scripture,  
for the birds of the air had nests  
(and the sheep had folds)  
though she had no place in which to lay down her head.*

*O Strathnaver and Strath of Kildonan,  
it is little wonder that the heather should bloom on your slopes,  
hiding the wounds that Patrick Sellar, and such as he, made,  
just as time and time again I have seen a pious woman  
who had suffered the sorrow of this world,  
with the peace of God shining from her eyes.*

*Ach bha craiteachan uaille air an cridhe,  
ga chumail fallain,  
is bheireadh cutag an teanga  
slisinn á fanaid nan Gall —  
agus bha obair rompa fhathast  
nuair gheibheadh iad dhachaidh,  
ged nach biodh maoin ac':  
air oidhche robach gheamhraidh,  
ma bha sud an dán dhaibh,  
dheanadh iad daoine.*

## SRATH NABHAIR

*Anns an adhar dhubh-ghorm ud,  
àirde na siorraidheachd os ar cionn,  
bha rionnag a' priobadh ruinn  
's i freagairt mireadh an teine  
ann an cabair tigh m' athar  
a' bhliadhna thugh sinn an taigh le bleideagan sneachda.*

*Agus sud a' bhliadhna cuideachd  
a shlad iad a' chailleach do 'n t-sitig,  
a shealltainn cho eòlach 's a bha iad air an Fhirinn,  
oir bha nìd aig eunlaith an adhair  
(agus cròthan aig na caoraich)  
ged nach robh àit aice-se anns an cuireadh i a ceann fòidhpe.*

*A Shrath Nabhair 's a Shrath Chill Donnain,  
is beag an t-iongnadh ged a chinneadh am fraoch àlainn oirbh,  
a' falach nan lotan a dh' fhàg Pádraig Sellar 's a sheòrsa,  
mar a chunnaic mi uair is uair boireannach cràbhaidh  
a dh' fhiosraich dòrainn an t-saoghail-sa  
is sith Dhé 'na sùilean.*

## SHEEP

*In the still morning the surface of the land was flat,  
the wind had died down, its rumbling and thrusting  
drowned under the whiteness, each snowflake at rest,  
set in its soft fabric like a white blanket.*

*We had lost the sheep that were out on the moor  
when that storm unloaded its burden,  
and we spent the morning desperately seeking them.*

*A storm came over my country,  
of fine, deadly, smothering snow:  
though it is white, do not believe in its whiteness,  
do not set your trust in a shroud;  
my heart would rejoice  
were I to see on that white plain a yellow spot,  
and understand that the breath of the Gael  
was coming to the surface.*

## COFFINS

*A tall thin man  
with a short beard,  
and a plane in his hand:  
whenever I pass  
a joiner's shop in the city,  
and the scent of sawdust comes to my mind,  
memories return of that place,  
with the coffins,  
the hammers and nails,  
saws and chisels,  
and my grandfather, bent,  
planing shavings  
from a thin, bare plank.*

## ANNS A' BHALBH MHADAINN

Annas a' bhalbh mhadainn bha clàr an fhuinn còmhnd, bha a' ghaoth aig fois, a strannraich 's a sitheadh bàthte fo'n ghilead, gach bleideag 'na tàmh, càiricht san fhighhe mhin ud mar gheal phlaide. Chaill sinn na caoraich bha muigh air mòintich nuair thaom an stoirm ud a-nuas 'eallach, is thug sinn a' mhadainn gan dian shireadh.

Thainig stoirm air mo dhùthaich, sneachda min, marbhteach, mùchaidh: ge geal e, na creid 'na ghilead, na cuir t'earbs ann an anart; dheanadh mo chridhe iollach nam faicinn air a' chlàr bhàn sin ball buidhe 's gun tuiginn gu robh anail a' Ghaidheil a' tighinn am mullach.

## CISTEACHAN-LAIGHE

Duin' àrd, tana  
's fiasag bheag air,  
's locair 'na làimh:  
gach uair theid mi seachad  
air bùth-shaoirsneachd sa' bhaile,  
's a thig gu mo chuimhne faileadh na min-sàibh,  
thig gu mo chuimhne cuimhne an àit ud,  
le na cisteachan-laighe,  
na h-ùird 's na tairgean,  
na sàibh 's na sgeilbean,  
is mo sheanair crom,  
is sliseag bho shliseag ga locradh  
bho'n bhòrd thana lom.

*Before I knew what death was;  
or had any notion, a glimmering  
of the darkness, a whisper of the stillness.  
And when I stood at his grave,  
on a cold Spring day, not a thought  
came to me of the coffins  
he made for others:  
I merely wanted home  
where there would be talk, and tea, and warmth.*

*And in the other school also,  
where the joiners of the mind were planing,  
I never noticed the coffins,  
though they were sitting all round me;  
I did not recognise the English braid,  
the Lowland varnish being applied to the wood,  
I did not read the words on the brass,  
I did not understand that my race was dying.  
Until the cold wind of this Spring came  
to plane the heart;  
until I felt the nails piercing me,  
and neither tea nor talk will heal the pain.*

## CLOUDS

*A waxed bandage for my eyes  
so that I may not see there  
how you have changed, dark brown island  
that I have missed so long.*

Mus robh fhios agam dé bh' ann bás;  
beachd, bloigh fios, boillsgeadh  
de'n dorchadas, fathann de'n t-sámhchair.  
'S nuair a sheas mi aig uaigh,  
là fuar Earraich, cha dainig smuain  
thugam air na cisteachan-laighe  
a rinn esan do chàch:  
'sann a bha mi 'g iarraidh dhachaidh,  
far am biodh còmhradh, is tea, is blàths.

Is anns an sgoil eile cuideachd,  
san robh saoir na h-inntinn a' locradh,  
cha tug mi 'n aire do na cisteachan-laighe,  
ged a bha iad 'nan suidhe mun cuairt orm;  
cha do dh' aithnich mi 'm bréid Beurla,  
an liomh Gallda bha dol air an fhiodh,  
cha do leugh mi na facail air a' phràis,  
cha do thuig mi gu robh mo chinneadh a' dol bàs.  
Gus an dainig gaoth fhuar an Earraich-sa  
a locradh a' chridhe;  
gus na dh' fhairich mi na tairgean a' dol tromham,  
's cha shlànaich tea no còmhradh an cràdh.

## SGOTHAN

Brat ciartha air mo shùil  
air chor 's nach fhaic mi bhuan  
do chaochladh, eilein chiar,  
is m' iargain ort cho buan.

*Though I left you without a thought  
in the haste and laughter of youth,  
my eyes on a far horizon  
and my steps pressing on to reach it,*

*the horizon was only the cloud-foot,  
cloud on cloud hid the light  
of the sun on the sea I desired,  
while the phosphor flickered in my heart.*

*Cloud piled up upon cloud,  
tricking me every day,  
the Barvas Hills before me,  
and Mèalaiseal under blue haze.*

*Little Mùirneag across the loch,  
I thought I could touch it with an oar,  
the Silver Mound to the south —  
no need for me to feel sad.*

*Bayble Hill here beside me,  
and Hòl crouching to the north —  
but I have strayed from them on my rope  
as far as love can go from hate.*

#### I LOST MY HEART TO YOU

*I lost my heart to you at the start of May,  
your thighs were warm,  
firm and smooth, and though you were a maid  
your breasts were full,  
beautiful beneath green satin;*

Ged dh' fhalbh mi uat gun smuain  
le braise 's gair na h-òig,  
mo shùil air faire chian  
's mo cheuman dian 'na tòir,

cha robh 'n fhàir' ach 'na bun-sgòth,  
sgòth air sgòth a' mùchadh li  
na grèin air muir mo mhiann,  
's a' chaile-bianain 'na mo chridh.

Sgòth air sgòth ga càrnadh suas,  
toirt a' char asam gach là,  
Beanntan Bharbhais air mo bhialaibh,  
's Mèalaiseal fo ghorm bhlàth.

Mùirneag bheag taobh thall an loch  
mar gu ruiginn oirr' le ràmh,  
Sithean an Airgid gu deas —  
cha leig mi leas a bhith fo phràmh.

Beinn Phabail an so ri m' thaobh,  
is Hòl 'na chrùban gu tuath —  
ach chaidh mise bhuap air taod  
cho fada 's a thèid gaol bho fhuath.

#### CHAILL MI MO CHRIDHE RIUT

Chaille mi mo chridhe riut ann an toiseach Màigh,  
bha do shliasaid blàth,  
teann, min, 's ged a b' òigh thu  
bha do chiochan làn,  
bòidheach fo 'n t-sròl uaine;

*and in the lambs' month June  
I lay upon you  
and you were not defiled;  
and when July came  
the buds of the plants burst open  
and bloom came on the cotton grass;  
but then came anxiety  
and tears on cheeks,  
and before I knew what to say  
a brown tint spread over the bracken,  
and I could not say — I had not the heart to do it —  
that I had lost the smooth silk of the cotton grass.*

## I GOT THE FEEL OF YOU WITH MY FEET

*I got the feel of you with my feet  
in early summer;  
my mind here in the city  
strives to know, but the shoes come between us.  
The child's way is difficult to forget:  
he rubs himself against his mother  
till he finds peace.  
I felt the rough side of you and the smooth  
and was none the worse of it,  
the two sides of the grass and two grips on the barley,  
peat-fibre and moss,  
and since the world we knew  
follows us as far as we go  
I need not wash away that mud  
from between the boy's toes.  
And now, in middle age,  
I am going in to warm myself,  
with my bare feet on a peat beside the hearth.*

agus ann an Og-mhios nan uan  
laigh mi air t'uachdar,  
's cha robh thu air do thruailleadh;  
is an uair a thàinig Iuchar  
dh'fhaoisgneadh na lusan  
is thàinig blàth air a' chanach;  
ach thàinig an sin am bruaillean  
is fras air na gruaidhean  
is mas robh fhios agam dé chanainn  
thàinig an lith donn air a raineach,  
's cha robh a chridh agam na chanadh  
gun do chaill mi sìoda min a' chanaich.

## DH'FHAIRICH MI THU LE MO CHASAN

Dh'fhairich mi thu le mo chasan  
ann an toiseach an t-samhraidh;  
m'inntinn an so anns a' bhaile  
a' stri ri tuigse, 's na brògan a' tighinn eadarainn.  
Tha dòigh an leanabh duilich a thréigsinn:  
e ga shuathadh fhéin ri mhàthair  
gus a faigh e fois.  
Dh'fhairich mi taobh an ascaoin dhìot 's an taobh caoin  
's cha bu mhisde,  
dà thaobh an fheòir is dà ghréim air an eòrna,  
riasp is còinneach,  
is bhon a tha an saoghal a bh'againn  
a' leantainn ruinn chon a' cheum as fhaide  
chan fhiach dhomh am poll sin a ghlanadh  
tha eadar òrdagan a' bhalaich.  
Agus a nis aig meadhon latha  
tha mi dol a-steach gha mo gharadh,  
le mo chasan-rùisgte air fàd ri taobh na cagailt.



## SWEETHEART OF MY YOUTH

*How far have I fallen from you, sweetheart of my youth:  
with your brown hair and your dark eyes,  
each mound and hollow that I did not know, did not feel,  
Mùirneag in early June,  
and Mèalaiseal and Swordale Moor,  
and Loch nan Ruigheannan with its arms  
clasped round me.  
The Norse Stone shattered before I left,  
and that world in shards about my feet.*

## “WATER AND PEATS AND OATS”

*“Water and peats and oats” —  
a word in a stranger’s mouth,  
in the throng of the town,  
in the town of the strangers.  
Madness! The foolish heart  
lapping along these ancient rocks  
as though there were no sea-journey in the world  
but that one.  
The heart tied to a tethering-post, round upon round of the rope,  
till it grows short,  
and the mind free.  
I bought its freedom dearly.*

## LEANNAN M’OIGE

*Cia fhaide thuit mi bhua, a leannain m’oige?  
le do chuailean donn ’s do shùilean dorcha,  
gach lag is bràigh nach do dh’fhidir mi, nach do dh’fhairich mi,  
Mùirneag an toiseach Og-mhios,  
is Mèalaiseal is Mòinteach Shuardail,  
is Loch nan Ruigheannan a’ sniomh  
a ghàirdeanan mu mo chom.  
Clach Steinn ’na bloighean mas do dh’fhalbh mi  
's an saoghal ud ’na phristealan mu mo chasan.*

## “BURN IS MOINE ’S COIRC”

*“Bùrn is mòine ’s coirc” —  
facal am bial strainnseir,  
ann an dùmhlachd a’ bhaile,  
ann am baile nan strainnsear.  
Boile! An cridhe gòrach  
a’ falpanaich mu na seann stallachan ud  
mar nach robh slighe-cuain ann  
ach i.  
An cridhe ri bacan, car ma char aig an fheist  
's i fàs goirid,  
's an inntinn saor.  
Is daor a cheannaich mi a saorsa.*

## THE SCARECROW

*That night  
the scarecrow came into the ceilidh-house:  
a tall, thin black-haired man  
wearing black clothes.  
He sat on the bench  
and the cards fell from our hands.  
One man  
was telling a folktale about Conall Gulban  
and the words froze on his lips.  
A woman was sitting on a stool,  
singing songs, and he took the goodness out of the music.  
But he did not leave us empty-handed:  
he gave us a new song,  
and tales from the Middle East,  
and fragments of the philosophy of Geneva,  
and he swept the fire from the centre of the floor,  
and set a searing bonfire in our breasts.*

## ALTHOUGH CALVIN CAME

*Although Calvin came  
he did not steal that love out of your heart:  
you loved  
the tawny moor, and suffered pain  
when that land and the flower were taken from you,  
and a coffinful of songs was laid in the earth.*

## AM BODACH-ROCAIS

An oidhch' ud  
thàinig am bodach-ròcais dh'an taigh-chéilidh:  
fear caol àrd dubh  
is aodach dubh air.  
Shuidh e air an t-séis  
is thuit na cairtean às ar lámhan.  
Bha fear a sud  
ag innse sgeulachd air Conall Gulban  
is reodh na faclan air a bhilean.  
Bha boireannach 'na suidh' air stòl  
ag òran, 's thug e 'n toradh às a' cheòl.  
Ach cha do dh'fhàg e falamh sinn:  
thug e òran nuadh dhuinn,  
is sgeulachdan na h-àird an Ear,  
is spruilleach de dh'fheallsanachd Geneva,  
is sguab e 'n teine á meadhon an làir  
's chuir e 'n túrlach loisgeach nar broillichean.

## GED A THAINIG CALVIN

Ged a thàinig Calvin  
cha do ghoid e 'n gaol sin às do chridhe:  
thug thu gràdh  
do'n mhòintich lachdainn, agus fhuair thu cràdh  
nuair thugadh bhuat am fonn sin is am flùr,  
's nuair chuireadh cist nan òran anns an ùir.

## COTRIONA MHOR

*Your picture is at the back of my mind  
undimmed,  
steady, set  
among the broken images,  
amid the movements,  
untouched by age except the age you were,  
the great round of the face like a clock stopped  
on a Spring morning,  
keeping me to the village time  
with that wisdom  
that flourished without books,  
with the fun, the cleverness-with-words  
that leapt from the heart of the race  
before it was encased,  
before it had the new valve in it  
to keep it going in the new world.  
That is the key to my museum,  
the record on which I play my folklore,  
the trowel with which I turn the ground  
of the age that is now gone,  
the image that keeps control*

*over false images.*

## COTRIONA MHOR

Tha do dhealbh ann an cùl m' inntinn  
gun sglèò air,  
daingeann, suidhichte  
a-measg nan iomhaighean briste,  
a-measg a luasgain,  
gun aois a' laigh air ach an aois a bhà thu,  
clàr mòr an aodainn mar chloc air stad  
air madainn Earraich,  
gam chur ri uair a' bhaile  
leis a' ghliocas sin  
nach robh an eisimeil leabhraichean,  
leis an àbhachdas, leis a' ghearradh-cainnt  
a bha a' leum á cridhe a' chinnidh  
mus deach a chéiseadh,  
mus deach a valve ùr ann  
a chumadh ag obair e anns an t-saoghal ùr.  
Sud iuchair mo mhuseum,  
an clàr air an cluich mi mo bhial-aithris,  
an spaid-bheag leis an dùisg mi fonn  
na linne a tha nise seachad,  
an iomhaigh tha cumail smachd  
air na h-iomhaighean-brèige.

Iain  
Crichton  
Smith

---

YOUNG GIRL

*Young girl that walks  
with straight back along the street,  
there are baskets of flowers in my breast,  
my table is furnished with your laughter.*

*A woman will say to me, "There is pride in her walk",  
but I will answer properly,  
"Is there pride in the sun in the sky?  
Is there jealousy between stone and gold?"*

*And when a storm goes past  
in its own world of wind and rain  
will you say "Pride and arrogance!" to it  
that turns forests upside down?*

*Will you disparage the diamond for its glitter  
or the sea for its calm radiance?  
There is a white vessel among the ships,  
among the black hats there is a crown.*

YOU ARE AT THE BOTTOM OF MY MIND

*Without my knowing it you are at the bottom of my mind  
like a visitor to the bottom of the sea  
with his helmet and his two large eyes  
and I do not rightly know your appearance or your manner  
after five years of showers  
of time pouring between me and you:*

Iain  
Mac a'  
Ghobhainn

---

A NIGHEAN OG

*A nighean òg a dh'fhalbhas  
le druim dìreach air an t-sràid,  
tha bascaidean dhitheanan 'nam bhroilleach,  
tha mo bhòrd deasaicht' le do ghàir.*

*Canaidh té rium, "Tha pròis 'na coiseachd":  
ach freagraidh mise mar as còir,  
"Eil pròis anns a' ghréin san adhar?  
Eil farmad eadar a' chlach 's an t-òr?"*

*Is nuair a ghabhas stoirm seachad  
'na shaoghal fhéin le uisg is gaoith  
an can thu "Pròis is àrdan" ris  
a chuireas coilltean bun-os-cionn?*

*An càin thu daoimean airson lasair  
no 'n cuan airson a lannir chiùin?  
Tha soitheach gheal am measg nam bàta  
's am measg nan adan dubh' tha crùn.*

THA THU AIR AIGEANN M'INNTINN

*Gun fhios dhomh tha thu air aigeann m'inntinn  
mar fhear-tadhail grunn na mara  
le chlogaid 's a dhà shùil mhóir  
's chan aithne dhomh ceart d' fhiamh no do dhòigh  
an déidh còig bliadhna shiantan  
time dòrtadh eadar mise 's tù:*

*nameless mountains of water pouring  
between me hauling you on board  
and your appearance and manner in my weak hands.  
You went astray  
among the mysterious plants of the sea-bed  
in the green half-light without love,*

*and you will never rise to the surface  
though my hands are hauling ceaselessly  
and I do not know your way at all,  
you in the half-light of your sleep  
haunting the bed of the sea without ceasing  
and I hauling and hauling on the surface.*

## AT THE CEMETERY

*I saw them yesterday at the cemetery  
wearing black hats, while a sun was rising,  
a glowing of flowers about their feet  
and one wearing a salt shirt.*

*Glitter of the sea, sun singing,  
pouring of grass, steadiness of mountains,  
mortal conversation of black hats,  
poetry of summer topsy-turvy.*

*A long wide day on the horizon,  
a Bible burning in the hands  
of wind and sun, and a sea falling  
like an empty dress on that shore.*

beanntan bùirn gun ainm a' dòrtadh  
eadar mise 'gad shlaodadh air bòrd  
's d' fhiamh 's do dhòighean 'nam làmhan fann.  
Chaidh thu air chall  
am measg lusan diomhair a' ghrunna  
anns an leth-sholus uaine gun ghràdh,

's chan éirich thu chaidh air bhàrr cuain  
a chaidh 's mo làmhan a' slaodadh gun sgur  
's chan aithne dhomh do shlighe idir,  
thus' ann an leth-sholus do shuain  
a' tathaich aigeann na mara gun tàmh  
's mise slaodadh 's a' slaodadh air uachdar cuain.

## AIG A' CHLADH

Chunna mi aig a' chladh an dé iad,  
le adan dubh orr' 's grian ag éirigh,  
deàrsadh dhitheanan mu'n casan,  
is fear a' caitheamh scarbh-léine.

Lasair an adhair, cuan a' seinn,  
dòrtadh fheur, is seasmhachd bheann,  
còmhradh bàsmhor adan dorcha,  
bàrdachd samhraidh bun-os-cionn.

Latha farsaing fad' air faire,  
Biobull a' losgadh ann an làmhan  
gaoithe 's gréine, 's cuan a' tuiteam  
mar dheise fhalamh air an tràigh ud.

*But he is now where he is,  
my neighbour lying under the bee  
that is humming among sweet flowers.  
It was Death that killed him and not the bullet.*

*Sun pouring, sea pouring,  
black hats darkly sailing  
on a sea of roses as there sail  
poor words on a full tide of music.*

## THE OLD WOMAN

*Tonight she is sitting by a window  
and the street a Bible under her gaze.  
The curtains have received many washings.  
There is a glitter from the flowered floor.*

*The world was once without shape,  
men and women like a red fever  
moving about flesh and mind,  
nostrils tasting love and rage.*

*Moon and sun in the sky,  
hand like a salmon leaping to hand,  
the fish of the world in a net,  
pain that would not let the heart rest.*

*And everything was put in order,  
table in its place, chair in its place,  
this room is the mirror of her thoughts,  
armoury from which no growing music will come.*

'S tha esan a nise far a bheil e,  
mo nàbaidh 'na laighe fo 'n t-seillean  
a' crònán am measg dhithean milis.  
B'e 'm bàs a thug bàs dha 's cha b'e 'm peileir.

Is grian a' dòrtadh, cuan a' dòrtadh,  
adan dubh' gu dorch a' seòladh  
air cuan ròsan mar a dh'fhalbhas  
facail bhochd' air làn na ceòlraidh.

## A' CHAILLEACH

Tha i an nochd 'na suidhe ri uinneig  
's an t-sràid 'na Bhiobull fo a sùilean.  
Fhuair na cùirtearan iomadh nighe.  
Tha lannir às an lár chraobhach.

Bha an saoghal uaireigin gun chruth,  
fir is mnathan mar fhiabhras dearg  
a' falbh air feadh feòla 's inntinn,  
cuinnlean a' blasadh gaol is fearg.

Gealach is grian anns an adhar,  
làmh mar bhradan a' leum ri làimh,  
iasg an t-saoghail ann an lion,  
pian nach fhàgadh broilleach 'na thàmh.

Ach chaidh gach ni a chur an òrdugh,  
bòrd 'na àite, cathair 'na h-àite,  
'se 'n rùm-sa sgàthan a cuid smaointean,  
armachd às nach tig ceòl fàsmhor.

*For the music that will harmonise it  
is youth itself that will never return.  
Her eye is sweeping the streets.  
Time is crouching in the window.*

## GOING HOME

*Tomorrow I shall go home to my island  
trying to put a world into forgetfulness.  
I will lift a fistful of its earth in my hands  
or I will sit on a hillock of the mind  
watching "the shepherd at his sheep".*

*There will arise (I presume) a thrush.  
A dawn or two will break.  
There will be a boat lying in the glitter  
of the western sun: and water running  
through the world of similes of my intelligence.*

*But I will be thinking (in spite of that)  
of the great fire at the back of our thoughts,  
Nagasaki and Hiroshima,  
and I will hear in a room by myself  
a ghost or two ceaselessly moving,*

*the ghost of each error, the ghost of each guilt,  
the ghost of each time I walked past  
a wounded man on a stony road,  
the ghost of nothingness scrutinising  
my dumb room with distant face,*

Oir 'se 'n ceòl a sheinneas e ri chèile  
an òige fhéin nach till tuilleadh.  
Tha a sùil a' sguabadh nan sràidean,  
tha tim 'na chrùban anns an uinneig.

## A' DOL DHACHAIDH

Am màireach théid mi dhachaidh do m'eilean  
a' fiachainn ri saoghal a chur an diochuimhn'.  
Togaidh mi dòrn de fhearann 'nam làrnhan  
no suidhidh mi air tulach inntinn  
a' coimhead "a' bhuachail aig an spréidh".

Diridh (tha mi smaointinn) smeòrach.  
Eiridh camhanaich no dhà.  
Bidh bàt' 'na laighe ann an deàrrsadh  
na gréin iarail: 's bùrn a' ruith  
troimh shaoghal shamhlaidhean mo thùir.

Ach bidh mi smaointinn (dh'aindeoin sin)  
air an teine mhòr th'air cùl ar smuain,  
Nagasaki 's Hiroshima,  
is cluinnidh mi ann an rùm leam fhin  
taibhs' no dhà a' sior-ghluasad,

taibhs' gach mearachd, taibhs' gach cionta,  
taibhs' gach uair a ghabh mi seachad  
air fear leòint' air rathad clachach,  
taibhs' an neonitheachd a' sgrùdadh  
mo sheòmar balbh le aodann céin,

*till the island becomes an ark  
rising and falling on a great sea  
and I not knowing whether the dove will return  
and men talking and talking to each other  
and the rainbow of forgiveness in their tears.*

OBAN

1

*The rain is penetrating Oban,  
and the circus has gone home.  
The lions and wildcats  
and the other beasts (we have no Gaelic  
for them) have gone home  
through the papers and advertisements.  
The seats are emptying  
at the mouth of the shore, in front of the houses,  
in front of the pub — rain falling  
through the midst of the heavy salt of the sea.*

2

*Shall I raise a town of paper?  
With coloured lions on the wall?  
With great fierce tigers,  
and the wheel of music spinning?*

*Shall I raise a sky of paper?  
Clouds of paper, white lights?  
Shall I make myself into paper,  
with my verses being cut on paper?*

*gu'm bi an t-eilean mar an àirc  
'g éirigh 's a' laighe air cuan mór  
's gun fhios an till an calman tuilleadh  
's daoine a' bruidhinn 's a' bruidhinn ri chéile  
's bogha-froise maitheanais 'nan deuran.*

AN T-OBAN

1

*Tha an t-uìsg a' drùdhadh air an Oban,  
's an sarcas air falbh dhachaidh.  
Na leómhannan 's na cait-fhiadhaich  
's na beathaichean eile (chan eil Gàidhlig againn  
air an son-san), dh'fhalbh iad dhachaidh  
troimh na pàipearan, sanasan-reice.  
Tha na seataichean a' fàs falamh  
aig beul na tràghad, beul nan tighean,  
beul an tigh-òsda — uisg a' tuiteam  
troimh mheadhon sàl trom na mara.*

2

*An tog mi baile de phàipear?  
Le leómhannan dathte air a' bhalla?  
Le tigearan móra borba,  
's cuibhl' a' chiùil a' cur char dhith?*

*An tog mi adhar de phàipear?  
Sgòthan pàipeir, soluis gheala?  
An tog mi mi fhin de phàipear,  
's air pàipear na rann 'gan gearradh?*



3

*Tonight the sea is like an advertisement,  
book after book shining.  
My shadow is running down to the sea.  
My skin is red and green.*

*Who wrote me? Who is making a poetry  
of advertisements from my bones?  
I will raise my blue fist to them:  
"A stout Highlander with his language."*

4

*The circus has gone home.  
They have swept the sawdust away.  
The pictures of beasts have gone.  
The rain is falling on the bay.*

*The wheel has gone off by itself.  
The season is now over.  
The lion is running through sunlight.  
He has left the rain behind his feet.*

5

*The big bell began to peal.  
The church has been opened.  
I sat down inside it in my mind  
and saw on the window,  
instead of Nazareth and Christ,  
worn earth and sawdust,  
a lion moving in the explosive  
circle of Palestine without cease.*

3

*Tha am muir an nochd mar shanas-reice,  
leabhar an déidh leabhair a' deàlradh.  
Tha m' fhaileas a' ruith sìos do'n chuan.  
Tha mo chraiceann dearg is uaine.*

*Có sgrìobh mi? Có tha dèanamh bàrdachd  
shanas-reice de mo chnàmhan?  
Togaidh mi mo dhòrn gorm riutha:  
"Gàidheal calma le a chànan."*

4

*Dh'fhalbh an sarcas dhachaidh.  
Sguab iad a' mhin-shàibh air falbh.  
Dh'fhalbh dealbhan nam biasdan.  
Tha 'n t-uisg a' tuiteam air a' bhàgh.*

*Dh'fhalbh a' chuibhle leatha fhéin.  
Tha an seuson a nis seachad.  
Tha an leómhann a' ruith troimh 'n ghréin.  
Dh'fhàg e an t-uisg air cùl a chasan.*

5

*Thòisich an clag mór a' bualadh.  
Tha an eaglais air a fosgladh.  
Shuidh mi sìos innte 'nam inntinn  
's chunna mi air an uinneig,  
an àite Nàzareth 's an Crìosdaidh,  
talamh caithte is min-shàibh,  
leómhann a' falbh air buaile  
spreadhte Phalestine gun tàmh.*

## TWO SONGS FOR A NEW CEILIDH

*When she took the great sea on her  
Lewis went away and did not return.  
It was not necessary for me to sail  
away off to far Australia.*

*Our Hiroshima is round about me  
and Pasternak's book in my hand —  
I'll not drink a draught from the spring  
of the healthy deer of May*

*but from water full of eels  
electric and shivering on my flesh,  
like Venus bursting through the brain  
and dark green of the clouds.*

*But it was the fine bareness of Lewis  
that made the work of my head  
like a loom full of the music  
of the miracles and nobility of our time.*

\*

*"Go to London," they said to me.  
"In the great city you will make songs  
from the sore hard light of your breast."  
And I strove with myself for many years*

*thinking of those streets,  
men with sharp power in their gaze,  
and illuminated glittering taxis  
lighting the windows of my mind.*

## DA ORAN AIRSON CEILIDH UIR

Nuair a thug i 'n cuan mór oirr'  
dh'fhalbh Leódhas 's cha till.  
Cha b' fheudar dhòmhsa dhol a sheòladh  
gu "Astràilia a null",

ach tha Hiroshima mun cuairt orm  
's leabhar Phasternak 'na mo làimh —  
chan òl mi deoch-shlàint' á fuaran  
féidh fhallain na Màigh

ach á bùrn loma-lán de easgainn  
electric chritheach air m'fheòil  
mar Venus a' briseadh troimh eanchainn  
's dorch-uaine na neòil.

Ach 'se lomnochd ghrinn Leódhais  
a rinn obair mo chinn  
mar bheart lán de cheòlraidh  
mhiorbhail 's mhórachd ar linn.

\*

"Thoir Lunnainn ort," thubhairt iad rium.  
"Anns a' bhaile mhór ni thu ceòl  
à solus goirt cruaidh do chuim."  
'S bha mi stri rium fhin bliadhnachan mór'

a' smaoineachadh air na sràidean ud,  
daoine le cumhachd geur 'nan gnùis,  
is tagsaidh shoillseach dheàlrach  
a' lasradh uinneagan mo thùir.

*But tonight sitting by the fire  
and the hills between me and the sky  
listening to the empty silence  
and seeing the deer come to my call*

*I am thinking of another man  
who spoke the words that are true:  
"Look directly down through wood and wood.  
Look in your own heart and write."*

TO DERICK THOMSON  
*Selection*

*We were reared in Bayble together.  
There are many many years since then.  
There were ghosts at the end of the dyke,  
heather on Hol, and the stone about it.*

*And an owl in the wave,  
and a wind shaking Mairi Ruairidh  
and the hen being blown toward the moorland.  
At the end of our fingers was the dream.*

*But the wind has taken Lower Bayble.  
The boats are homing in a hurry  
to a fallow land and barbarous corn.  
What is that cloud with the frown on it?*

*What is that cloud about Muirneag?  
What is that Bible opening  
and the leaves with rain and wind on them?  
What is that shade tormenting me?*

Ach an nochd an so ris an teine  
's na cnuic eadar mi fhin 's an speur  
's mi 'g éisdeachd ris an t-sámhachd fhalamh  
's a' faicinn nam fiadh a' tighinn gu m'èigh

tha mi smaoineachadh air fear eile  
a thubhairt na facail a tha fìor:  
"Seall dìreach sìos troimh choill is choille.  
Seall 'na do chridhe fhéin is sgrìobh."

DO RUARAIÐH MACTHOMAIS  
Taghadh

Thogadh sinn am Pabail còmhla.  
Tha bliadhnanachan mòr' o'n uair sin.  
Bha taibhsichean aig ceann a' ghàrraidh  
is fraoch air Hòl, 's a' chlach mun cuairt air.

Is cailleach-oidhche anns an t-suaile,  
is gaoth a' crathadh Màiri Ruaraidh  
's a' chearc 'ga séideadh chun na mòintich.  
Aig ceann ar n-òrdagan bha 'm brùadar.

Ach dh'fhalbh a' ghaoth le Pabail Iosal.  
Tha na h-eathraichean a' tighinn le ruaig orr'  
gu talamh bàn 's gu arbhar oillteil.  
Ciod an sgòth ud leis a' ghruaim oirr'?

Ciod an sgòth ud air a' Mhùirneig?  
Ciod am Biobull ud a' fuasgladh,  
's na duilleagan le uisg' is gaoith orr'?  
Ciod am faileas tha 'gam bhuaireadh?

*Whence is the thunder of the river?  
Who put the fish in the meadow?  
The eagle is high above my memory.  
Where are these winds from, Derick?*

★

*The cuckoo is in the mouth of the hawk.  
The chicken is in the mouth of the raven.  
The sore wind is in a hurry.*

*I will not wear my silken coat,  
my summer coat, in the bad weather,  
and my jester's coat now in pieces.*

*This century is throwing enough water at us  
like that upright coloured bus  
that makes hollows in the roadway.*

*I will not jump from it, it is too fast,  
it is pulling the earth topsy-turvy,  
it is putting welcome and horror on me,*

*and my hair streaming to that wind  
and my white face becoming a diamond  
against elegies and hymns*

*against the Iolaire and Holm,  
that song among the psalms,  
against the blackness and the blue*

*and we now about our time,  
and white fine lights around us,  
and Stornoway as small as a pin*

*Co ás tha tàirneanaich na h-aibhne?  
Cò chuir na h-éisg ud air a' bhuaile?  
Tha 'n iolair àrd os cionn mo chuimhne.  
Co ás na gaoithean ud, a Ruaraidh?*

★

*Tha chuthag ann am beul na seabhaig.  
Tha 'n t-isean-circ' am beul na starraig.  
Tha a' ghaoth ghoirt 'na cruaidh-chabhaig.*

*Cha chuir mi orm mo chòta-sioda,  
mo chòta-samhraidh san droch-thide,  
's mo chòta amadain 'na phiosan.*

*Tha an linn-sa sadail bùrn gu leòr oirnn  
mar am bus dathte dìreach mòr ud  
tha deanamh slocan anns na ròidean.*

*Cha leum mi dheth, tha e ro luath leam,  
tha e cur an talaimh tuathal,  
tha e cur gairdeachas is fuath orm,*

*is m' fhalt a' sruthadh ris a' ghaoith ud,  
is m' aodann geal a' dol mar dhaoimean  
an coinneamh marbhrainn agus laoidhean*

*an coinneamh na h-Iolaire is Tolm,  
an t-amhran ud am measg nan salm,  
an coinneamh an dorchadais 's a' ghuirm*

*is sinne nis air feadh ar time,  
is soluis gheala, soluis mhin oirnn,  
is Steòrnabagh cho beag ri prìne*

*and the riddle of the world about us  
with no cows seen in the meadow.*

*but a gold hawk in that tall sky  
like God looking in a mirror.*

THE EXILES

*The many ships that left our country  
with white wings for Canada.  
They are like handkerchiefs in our memories  
and the brine like tears  
and in their masts sailors singing  
like birds on branches.  
That sea of May, running in such blue,  
a moon at night, a sun at daytime,  
and the moon like a yellow fruit,  
like a plate on a wall,  
to which they raise their hands,  
like a silver magnet  
with piercing rays  
streaming into the heart.*

THE LETTER

*Here is my letter to you out of the mirror,  
God who created us.*

*Why did you put the rabbits in the bellies of the foxes?  
Why did you put man in the middle of the days?  
Why did you raise us with frail bones?*

is sioltachan an t-saoghail mun cuairt oirnn  
gun chrodh r'am faicinn air a' bhuaile

ach seabhag òir san adhar àrd ud  
mar Dhia a' sealltainn ann an sgàthan.

NA H-EILTHIRICH

A liuthad soitheach a dh'fhàg ar dùthaich  
le sgiathan geala a' toirt Chanada orra.  
Tha iad mar neapaigearan 'nar cuimhne  
's an sàl mar dheòirean,  
's anns na croinn aca seòladairean a' seinn  
mar còin air gheugan.  
Muir a' Mhàigh ud, gu gorm a' ruith,  
gealach air an oidhche, grian air an latha,  
ach a' ghealach mar mheas buidhe,  
mar thruinnsear air balla,  
ris an tog iad an làmhan,  
no mar mhagnet airgeadach  
le gathan goirte  
a' sruthadh do'n chridhe.

AN LITIR

So mo litir thugad às an sgàthan,  
a Dhé a chruthaich sinn.

Carson a chuir thu na rabaidean am broinn nan sionnach?  
Carson a chuir thu an duine am broinn nan làithean?  
Carson a thog thu sinn le cnàmhan meanbh?

*Why did you give us hearts  
that will feel hubbub and injustice,  
why aren't they like watches  
small, round, and golden?*

*Why did you leave the eagle alone  
in a nest of clouds  
hanging from ropes  
transfixed by nails?*

*Why did you not make angels or beasts of us  
with cold wings, with barbarous heads?  
Why did you raise the sea in front of us  
with wide absurd face?*

*In the mirror  
there is a boxer's face,  
in the mirror  
there is a rusty helmet.*

*In the mirror there is your book with a steel fastening,  
with an edge red as a rose.*

*In the mirror there is one rose,  
our hope growing  
red, shaking in the winds,  
in a circle of dew.*

Carson a thug thu cridheachan dhuinn  
a dh'fhairicheas ùpraid is droch bheart,  
carson nach eil iad mar uaireadairean  
beaga, cruinn, de òr?

Carson a dh'fhag thu an iolair 'na h-aonar  
ann an nead de sgòthan  
crochte le ròpan  
air a piocadh le tairgnean?

Carson nach do rinn thu dhinn ainglean no ainmhidhean  
le sgiathan fuara, le cinn chorrach?  
Carson a thog thu an fhairge mu ar coinneamh  
le aodann farsaing faoin?

Anns an sgàthan  
tha aodann bocsaìr,  
anns an sgàthan  
tha clogaid meirgeach.

Anns an sgàthan tha do leabhar le bann de stàilinn,  
le faobhar dearg mar ròs.

Anns an sgàthan tha aon ròs,  
ar dòchas a' fàs  
dearg, air chrith anns na gaoitean,  
ann an cuibhle de dhealt.

GIVE ME YOUR HAND

*Give me your hand.  
The autumn has come.  
We will walk under the trees  
in the one light  
that is single as steel.*

*The trees are without crowns.  
They have lost their silks.  
The queens have left us.  
They are without gowns,  
naked to the weather.*

*Give me your hand.  
The cold has come.  
You will feel in your bones  
that shiver of zero,  
that posthumous kingdom.*

*The trees are like thermometers  
shining and visible.  
No sap is seen in them.  
The sap has descended  
into the earth.*

*Give me your hand.  
We are like children  
in an old story  
written by Hans Andersen  
in the autumn.*

THOIR DHOMH DO LAMH

Thoir dhomh do làmh.  
Tha am foghar air teachd.  
Coisichidh sinn fo na craobhan  
anns an aon solus  
a tha singilte mar stàilinn.

Tha na craobhan gun chrùintean.  
Tha iad air call an sìoda.  
Dh'fhàg na banrighrean sinn.  
Tha iad gun ghùintean,  
rùisgte do 'n t-sitig.

Thoir dhomh do làmh.  
Tha am fuachd air tighinn.  
Fairichidh tu 'na do chnàmhan  
crith an zero ud,  
gath na rioghachd a dh'fhalbh.

Tha na craobhan mar thermometeran  
deàlrach, fosgailte.  
Chan fhaicear sùgh annta.  
Tha an sùgh air cromadh  
sìos do'n talamh.

Thoir dhomh do làmh.  
Tha sinn mar chloinn  
ann an sgialachd aosda  
a sgrìobh Hans Andersen  
anns an fhoghar.

## Donald MacAulay

---

### FOR PASTERNAK, FOR EXAMPLE . . .

*You winnow in a contrary wind  
living seed out of beard and chaff,  
since you have understood that those who hated you  
did not recognise  
your love:  
you prepare seed for planting  
since you have understood their inadequacy —  
that they consign all seed for milling.*

### GOSPEL 1955

*I was at the meeting last night;  
the house was full, packed to the door,  
there was no place for me to sit  
but a cramped nook on the stairs.*

*I listened to the psalm: the tune  
transporting us on a tide  
as mysterious as Maol Duin's;\*  
I listened to the prayer  
a liberating, cascading melody —  
my people's access to poetry.*

\* *A miraculous navigator in early Gaelic literature.*

## Domhnall MacAmhlaigh

---

### DO PHASTERNAK, MAR EISEAMPLAIR . . .

*Tha thu a' fasnadh an aghaidh na gaoithe  
siol brìghe à calg is nasg,  
bhon thuig thu nach b' aithne dhaibhsan  
o 'n d'fhuair thu fuath  
do ghràdh:  
tha thu a' deasachadh siol cura  
a-chionn 's gun thuig thu an eucomas —  
gun chuir iad an siol uile gu muilinn.*

### SOISGEUL 1955

*Bha mi a raoir anns a' choinneamh;  
bha an taigh làn chun an dorais,  
cha robh àite suidhe ann  
ach geimhil chumhang air an staighre.*

*Dh' éisd mi ris an t-sailm: am fonn  
a' falbh leinn air seòl mara  
cho diomhair ri Maol Dùn:  
dh' éisd mi ris an ùrnaigh  
seirm shaorsinneil, shruthach —  
iuchair-dàin mo dhaoine.*



*Then we got the sermon  
— the fires of hell are in fashion —  
vicious, alien threats  
that filled the house with confusion and terror.*

*And I got pins-and-needles in my feet . . .*

## SELFRIGHTEOUSNESS

*They ask of me only  
to weep repentance for a sin  
that does not concern me  
and I shall get in return an alien  
freedom I don't understand:*

*to be drubbed in one thin,  
wounding water after another  
of their philosophy —*

*and confidently they would hang  
their washing in the heavens.*

## AMASRA 1957

*The fig tastes  
green, and not lacking in ripeness;  
the shade, beneath the tree, has not yet  
lost its coolness;  
I relax my wrinkled skin, certain  
that the heat at mid-day  
will shrivel me up tight —  
with my swarm of flies,  
carrion under my tree.*

An uair sin thàinig an searmon  
— teintean ifrinn a th' anns an fhasan —  
bagairt neimheil, fhuadan  
a lion an taigh le uamhann is coimeasg.

Is thàinig an cadal-deilgeanach na mo chasan . . .

## FEIN-FHIREANTACHD

Chan iarr iad orm ach  
gal aithreachais peacaidh  
nach buin dhomh  
's gu faigh mi saorsa  
fhuadan nach tuig mi:

ludradh ann an uisge  
an dèidh uisge tana, guinteach  
am feallsanachd —

agus gun amharas chrochadh iad  
an nigheadaireachd anns na nèamhan.

## AMASRA 1957

Tha blas air an fhiogais  
a bhith gorm, 's gun dith abaich;  
tha an dubhar fhathast, fo 'n chraoibh,  
gun call a thaise;  
sinidh mi mo phreasan, le cinnt  
gum bi teas a' mheadhan-latha  
'ga mo chrùbadh cruinn —  
le mo sgaoth chuileag,  
athadach fo mo chraoibh.

*In the evening an old man will come riding  
on an ass,  
barefoot, sitting quite erect —  
like the righteousness of his goad:  
the strict discipline of Allah . . .*

*In Lewis he would be a butt for mockery.*

## HOLIDAY

*They come down from the hills  
Tuesdays and Fridays  
a farmer on an ass  
and three daughters  
bent  
under creel and yashmak.*

*The townspeople  
whom they supply with fuel and fruit  
always mock their fashion —  
they walk on their bare  
feet.*

*And people come down from Ankara  
to spend their holidays  
who say the townspeople  
are old-fashioned, given to sloth  
and dirt.*

Feasgar thig seanfhear a' marcachd  
air asal;  
e casrùisgt; 'na shuidhe dìreach —  
mar fhireantachd a shlait greasaidh:  
smachd cràbhaidh Allah . . .

Bhiodh e an Leódhas 'na chulaidh-mhagaidh.

## LATHA FEILLE

Thig iad a-nuas às na cnuic  
Di-màirt 's Di-h-aoine  
tuathanach air asal  
's triùir nighean  
crùibte  
fo chliabh is yashmak.

Bidh luchd a' bhaile  
ris an cum iad connadh is measan  
a' sir fhanaid air a fasan —  
's iad air an casan  
rùisgte.

'S thig feadhainn a-nuas á Ankara  
a chaitheamh làithean saora  
a chuireas air luchd a' bhaile  
g' eil iad salach, sean-fhasant,  
slaodach.

*I am there  
numbered among foreigners  
who deride  
indiscriminately  
the people of that land . . .  
and me as well —  
since I see  
with my uncouth eyes  
a tradition  
that overrides the world of my companions,*

*that orders in its folds  
England's queen  
and Ankara  
and the town, a stronghold  
that has stood almost as long as the hills;*

*since I see  
on the streets in the heat of the day  
footprints in the dust:  
a neat-stepping dance  
of bare feet;*

*under black shawls  
stirred by the wind of history  
a living eye waiting  
though burdened and disparaged;  
teeth white as lime about  
a tuneful tongue, and cheeks  
like the pomegranate.*

*Tha mis' ann  
air m'aireamh a-measg coigreach  
a ni tàire  
choitcheann  
air sluagh na tire . . .  
agus ormsa cuideachd —  
bhon a chi mi  
le mo shùilean coimheach  
seanchas  
a dh'iathas saoghal mo chompanach,*

*a dh' fhilleas 'na rian  
banrigh Shasainn,  
agus Ankara,  
's am baile, daighneach  
a sheas cha mhór cho fada ris na cnuic;*

*bhon a chi mi  
air na sràidean an teas an latha  
lorgan 'san duslach:  
dannsa ceum-ghrinn  
aig casan loma;*

*fo na flèidean dubha  
's gaoth eachdraidh 'gan gluasad  
sùil bheò a' feitheamh  
fo thàire 's eallach;  
deud aoil mu theanga  
cheòlmhor, 's gruidhean  
mar phomagranat.*

## IAIN IN SPACE . . .

*The fleet is shattered,  
the mercenaries of the emperor  
slaughtered, both red and white.*

*Euclid's paraphernalia  
circle, pyramid, and sphere  
are sent flying  
with all his might  
along Einstein's curved paths  
and bashed against the table legs,  
illustrious fame unheeded;  
getting lost in the darkness below it  
an apple (of Newton's)  
gnawed to the seed . . .*

*No tame order will withstand  
this giant —  
striving to be two years old.*

## A DELICATE BALANCE

*You suffered ignominy  
and shame,  
a butt for slight and mockery —  
if you spoke a word  
they dived on it  
like gannets sighting fish.*

## IAIN A-MEASG NAN REULTAN . . .

Tha a' chabhlach air a sprèadhadh,  
buannaidhean an iompaire  
'na slèibhtich, dearg is geal.

Tha acfhuinn Euclid,  
cearcall, pioramaid, is cruinne  
'gan cur air seòladh  
fad a làimhe  
air slighean corrach Einstein,  
'gan caitheamh mu chasan a' bhùird  
gun urram do 'n iomradh measail;  
's a' dol air chall san dorchadas tha fodha  
ubhal (le Newton)  
air a spiolladh chun an t-sil . . .

Cha mheata an rian a sheasas  
ris an fhuamhar a tha seo —  
a' streap ri dà bhliadhna dh' aois.

## FRIONAS

Dh'fhuiling thu fanaid  
agus tàmailt,  
bha thu 'na do chùis-bhùirt is magaidh —  
nan canadh tu facal  
bhathas dha mar  
shùlaire gu comharr mara.

*You were a sacrificial object  
on which your fellows  
(it seems to  
me) offloaded their burden of sin;  
they cared nothing  
for the harm  
that half a season left you dumb.*

*But you revealed something else to me —  
my knowledge of you was different,  
I experienced the tender side of you,  
which was warmth  
and an elegant tongue;  
you were trapped in a condition  
from which I learned that men repay  
art and tenderness  
with derision  
and I did not lose from being warned  
that a man's reward is not his measure.*

*. . . The day before yesterday you died;  
they let you out by the window;  
bareheaded  
they raised you on high —  
you had a place and respect at last.*

## OLD WOMAN

*You walked, feeble,  
with your stick,  
down by the wall;*

Bha thu 'na do chulaidh iobairt  
air na rinn do luchd-baile  
(saoidh  
mi) an luchd peacaidh fhàgail;  
's bu shuarach acasan  
an lochd  
a chuireadh 'na do thosd thu leth ràidhe.

Ach theasbain thu rud eile dhòmhsa —  
bha m' eòlas-s' ort eadar-dhealaicht,  
dh'fhiosraich mi taobh chaoin do nàduir:  
b' e sin bàigh is  
teang' ealant;  
bha thu buailte ann an càradh  
às na dh'fhoghlaim mi gum pàidhear  
caoine agus ealantas  
le tàire —  
's cha bu mhisde mi an earail  
nach eil duais is duine coimhliant.

*. . . A-bhòin-dé fhuair thu bàs;  
leig iad a-mach thu air an uinneig;  
ceannruisgte  
thog iad thu an àirde —  
modh is àit agad mu dheireadh.*

## AN T-SEAN-BHEAN

*Choisich thu crotach  
le do bhata  
sios ris a' ghàradh;*

*you stopped and raised  
the weight of your bent head,  
you put your hand  
between your eyes and the sun.*

*From that shade  
you started out at the spring,  
at the furrow the plough turned,  
at the boundaries of the croft,  
and at the mountain  
(and you looked to see the cow was not trapped).*

*And you turned, then,  
your feet —  
no space between them and the ground —  
and walked them stiffly  
in  
(with your stick  
and a hand on the wall)  
to the house  
where the threshold had grown  
into an obstacle.*

*And you sat there in your seat.*

## STEPS

*You sailed  
into my vision like a star  
new  
to the astronomer;*

stad thu 's thog  
thu cudthrom do chrom-chinn,  
chuir thu do bhois  
eadar do shùilean 's a' ghrian.

As an dubhar sin  
dh'amhairc thu air an àiteach,  
air an t-sreath a bha an crann a' cur thairis,  
air crìochan na lota,  
's air an t-sliabh  
( 's thug thu sùil mas robh bhó ann an geimhil).

Is thionntaidh thu an uair sin  
do chasan  
gun gaoth a' dol eadar iad 's an talamh,  
is thill thu rag iad  
a-steach  
(le do bhata  
's do làmh anns a' bhalla)  
do 'n aitreabh  
far an robh am maide-buinn air fàs 'na  
arrasbacan.

Is shuidh thu an sin air do chathair.

## CEUMANNAN

Sheòl thu  
a-steach 'na mo rian mar reul  
ùr  
chun an speuradair;

*a moon  
revealing a sun hidden:  
joy of discovery;  
and I stretched out my hands to the warmth.*

*I did not stretch out my hands to seize you;  
another authority ruled them,  
they had become numbed  
in the ritual service of my universe —  
not trusting in freedom enough  
to unravel that ancient twist.*

*And the opportunity passed.*

*I met you yesterday  
on a street  
a flame of eyes and blue tweed  
and I searched my tongue  
for words to speak —*

*but they were all lost;  
and through my numb and wordless  
silence  
I listened on the street  
to thundering step after step of your feet  
as they sailed with you blue-flower-  
blind.*

*It was bright daylight  
today  
before I slept;  
I spent the night very uncomfortably,  
scrutinising stars and moons  
(and I meditated on the poets' vigil!)*

*gealach  
a dh'fhoillsich grian air falach:  
aoibhneas fiosrachaidh;  
's shin mi mo lámhan chun a' gharaidh.*

*Cha do shin mi mo lámhan gus do ghlacadh;  
bha ùghdarras eile 'gan riaghladh,  
bha iad air lapadh  
ann an seirbheis chuarteil m' iunaibhears —  
gun de dh' earbsa 'na saorsa  
na sgaoileadh an car ás a' char ud.*

*Is chaidh an tràth seachad.*

*Thachair thu an-dè rium  
air sràid  
lasair shùilean is clòth gorm  
's ruith mi air mo theanga lorg  
facail a chanainn —*

*ach bha iad gu léir air chall;  
's troimh eigealaich bhalbh  
mo thosd  
dh'éisid mi air an t-sràid  
brag ceum an déidh ceum do chois  
a' seòladh gorm-bhlàth-  
dhall  
leat seachad; is air falbh.*

*Bha an latha geal ann  
an diugh  
mas do chaidil mi;  
chaith mi an oidhche gu h-anshocair  
a' sgrùdadh reultan is ghealaichean  
(is bheachdaich mi air faire nam bàrd!)*

*O! if I could only say  
it was you who kept me awake  
— one way or the other . . .*

*but I quite simply  
could not get to sleep  
(my love)  
— if the truth is to be preferred . . .*

## EXCUSE

*It is not that I would not make poems for you,  
that I would not set words in order;  
and it is not that your virtues do not deserve  
eloquent poetry,  
that I do not recognise beauty in you  
and depth of affection;  
it is not my experience of winter  
that keeps me silent  
— though its sting pierced my clothes  
and its numbing has left me pained —  
you keep me warm  
though you do not understand my plea:  
that I have known a May-time  
with music unbounded  
and a lark singing in the heavens.*

*O! nam b' urrainn dhomh a radha  
gur tusa chum 'na mo chaitris mi  
— air dòigh de na dhà . . .*

*ach 's ann a chaidh an cadal  
ceàrr orm  
(a leannain)  
— ma 's e an fhirinn as fheàrr . . .*

## LEISGEUL

*Chan e nach dèanainn dàin dhuit,  
nach cuirinn cainnt ann an òrdugh;  
chan e nach dleas do bheusan  
fileantas labhrach,  
nach aithnich mi annad bòidhchead  
is doimhne bàighe;  
chan e gun dh'fhiosraich mi 'n geamhradh  
a chuireas 'na mo thosd mi  
— ged a chaidh a ghuin 'na m' éideadh  
's a dh'fhàg an eighelaich gort mi —  
cumaidh tu blàth mi  
ged nach tuig thu mo leisgeul:  
gun dh'fhiosraich mi Cèitean  
's an ceòl fosgailt  
's uiseag anns na speuran.*



## LANDMARK

*There goes the island out of sight  
as the boat sails on,  
as seen by many a bard  
through sorrow and beer  
and by others, tongue under tooth,  
and tears blinding —  
an ill-defined shadow and windows fading.*

*But the matter is not so simple  
to the one who's a yearly pilgrim:  
out of returning sorrow rises  
from a region the world has derided.*

*And, that is not my island:  
it submerged long ago  
the greater part of it  
in neglect and tyranny —  
and the part that submerged in me of it,  
sun-bower and iceberg,  
sails the ocean I travel,  
a primary landmark  
dangerous, essential, demanding.*

## PRISON

*I saw a smooth  
gentle bird today flying,*

*I saw it white  
out of the window of my room,*

## COMHARRA STUIRIDH

Siud an t-eilean ás an t-sealladh  
mar a shiùbhlas am bàta,  
mar a chunnaic iomadh bàrd e  
cadar liunn is iargan,  
's fir eile a bha 'n teanga fo fiacail,  
's deòir a' dalladh —  
dùbhradh neo-dhearbht is uinneagan a' fannadh.

Ach chan eil a' cheiste cho simplidh  
do 'n allmharach an comhair na bliadhna:  
a-mach á tilleadh éiridh iargan  
á roinn a chuir an saoghal an dimeas.

Cuideachd, chan e siud m' eilean-s':  
chaidh esan fodha o chionn fhada,  
a' chuid mhór dheth,  
fo dheireas is ainneart,  
's na chaidh fodha annam fhin dheth,  
'na ghrianan 's cnoc eighre,  
tha e a' seòladh na mara anns am bì mi  
'na phrìomh chomharr stiùiridh  
cunnartach, do-sheachaint, gun fhaochadh.

## PRIOSAN

Chunnaic mi eun sèimh  
sèimh an diugh air iteig,

chunnaic mi geal e  
a mach air uinneig mo sheòmair,

*I saw it free  
flying in and out of my sight;*

*and its motion was flawless  
sailing on balanced wingtips.*

*The image stayed in my mirror,  
the heart encircling it minutely,*

*the greedy mind  
stalking it in order to understand it,*

*as I strove to get a window  
open  
strove to make contact with my element.*

chunnaic mi e saor  
a' tighinn's a' falbh troimh m' fhaicsinn;

's bha a shiubhal foirf'  
air mheidh bil sgèith a' seòladh.

Lean an dealbh air mo sgàthan,  
an cridhe dol mu'n cuairt gu mion air,

an inntinn ghionach  
a' sealg air gus a thuigsinn,

's mi a' stri ri uinneag  
fhosgladh  
a' stri ri ruighinn air mo sheòlaid.

AN LUCHD-COMPAIRT

*THE CONTRIBUTORS*

## AN LUCHD-COMPAIRT

### SOMHAIRLE MACGILL-EAIN

Rugadh e an Ratharsair, 1911; chaidh e troimh an fhoghlam an Oilthigh Dhùn Eideann; bha e 'na mhaighstir-sgoile am Port Rìgh, an Tobar Mhoire, an Dùn Eideann agus anns a' Phloc; bha e a' cur le dreuchd an sgrìobhaidh an Oilthigh Dhùn Eideann agus an Sabhal Mòr Ostaig sna 70an, agus tha e air a bhith air chuairt a' leughadh a chuid bàrdachd an iomadh àite. Fhuair e Duais McVitie agus Duais an Saltire agus Bonn Oir na Bànrighinn airson Bàrdachd. Chaidh a' chiad chruinneachadh den bhàrdachd, *Dàin do Eimhir agus Dàin Eile*, fhoillseachadh an 1943. Thàinig dàin agus eadartheangachaidhean am follais an leabhraichean agus an iris-leabhraichean, m.e. *Lines Review*, No. 34, agus *Four Points of a Saltire* (1970). Thàinig taghadh de chuid bàrdachd, *Reothairt is Contraigh/Spring Tide and Neap Tide*, am follais an 1977, agus a chuid obrach cruinn, *O Choille gu Bearradh/From Wood to Ridge*, an 1989. Chaidh nithean eile a sgrìobh e anns a' Ghàidhlig a chur a-mach anns an leabhar *Ris a' Bhruthaich* (1985).

### DEORSA MAC IAIN DEORSA

Rugadh e an Earra-Ghaidheal, 1915; mac don sgrìobhadair Albannach J. MacDougall Hay a sgrìobh *Gillespie*; chaidh e troimh an fhoghlam an Oilthigh Oxford; bha eòlas aige air mòran de chànanan na h-Eòrpa, às an do rinn e bàrdachd eadartheangachadh. Bha e a' toirt a bhith-beò à obair eadartheangachaidh an Dùn Eideann, far an do chaochail e an 1984. Thug e am follais a' bhàrdachd *Fuaran Slèibh* (1947); *Wind on Loch Fyne* (1948); *O na Ceithir Airdean* (1952); earrannan am *Four Points of a Saltire* (1970); agus an dàn fada *Mochtair is Dughall* (1982). Tha a' bhàrdachd chruinnichte aige air an rathad.

### RUARaidh MACTHOMAIIS

Rugadh e an Leòdhas, 1921; thug e a-mach foghlam an Oilthigh Obar Dheadhan agus an Cambridge; bha e a' toirt seachad foghlam an Oilthigh Dhùn Eideann, Ghlaschu agus Obar Dheadhan, agus 'na Phroifeasair air ceann Roinn na Ceiltis an Oilthigh Ghlaschu 1963-91. Choisinn e Duais Ossian an 1974 agus roinn an Duais Banca Rìoghail na h-Alba-Comann Saltire airson an leabhair a b' fheàrr an 1982 (*Creachadh na Clàrsaich*). Tha e air mòran bheartan a bhuineas don Ghàidhlig, mar an ràitheachan *Gairm*, Clò-bhualaidhean *Gairm*

agus Comhairle nan Leabhraichean, a chur air chois. Thug e am follais na leabhraichean bàrdachd *An Dealbh Briste* (1951), *Eadar Samhradh is Foghar* (1967), *An Rathad Cian* (1970), *Saorsa agus an Iolaire* (1978), *Creachadh na Clàrsaich* (1982), *Smeur an Dòchais* (1993) agus *Meall Garbh* (1995); sgrìobh e *An Introduction to Gaelic Poetry* (1974), *The New Verse in Scottish Gaelic: A Structural Analysis* (1974) agus iomadh aiste air litreachas agus cultar na Gàidhlig, agus dheasaich e *The Companion to Gaelic Scotland* (1983) agus *Bàrdachd na Roinn-Eòrpa an Gàidhlig* (1990).

#### IAIN MAC A' GHOBHAINN

Rugadh e an 1928 agus thogadh e an Leòdhas; thug e a-mach am foghlam an Oilthigh Obar Dheadhan; bha e 'na mhaighstir-sgoile anns an Oban gu ruige 1977 nuair a chaidh e an sàs an dreuchd firsgrìobhaidh làn-ama. Am measg na tha e air fhoillseachadh tha *Bùrn is Aran* (1960), bàrdachd is sgeulachdan goirid; *An Dubh is an Gorm* (1963), *Maighstirean is Ministearan* (1970), *An t-Adhar Ameireaganach* (1973) agus *Na Guthan* (1991), sgeulachdan goirid; *An t-Aonaran* (1976) agus *Na Speuclairean Dubha* (1989), nobhailean; *Biobuill is Sanasan-Reice* (1965), *Eadar Fealla-dhà is Glaschu* (1974), *Na h-Eilthirich* (1983) agus *An t-Eilean an Cànan* (1987), bàrdachd; aisteachan air litreachas, *Towards the Human* (1986). Anns a' Bheurla cuideachd chuir e a-mach àireamh de leabhraichean bàrdachd mar *The Long River* (1955), *The Law and The Grace* (1965), *From Bourgeois Land* (1969), *Love Songs and Elegies* (1972), *A Life* (1986), *Collected Poems* (1992) agus *Ends and Beginnings* (1994); de nobhailean, m.e. *Consider the Lilies* (1968), *The Last Summer* (1969), *The Search* (1983), *In the Middle of the Wood* (1987) agus *An Honourable Death* (1992); agus de sgeulachdan goirid, m.e. *The Black and the Red* (1973). Sgrìobh e cuideachd dràma anns a' Ghàidhlig agus leabhraichean don òigridh anns gach cànan. Fhuair e iomadh duais airson litreachas, agus fhuair e an OBE an 1983.

#### DOMHNALL MACAMHLAIGH

Rugadh e am Beàrnaraigh Leòdhais, 1930. Thug e a-mach foghlam an Oilthigh Obar Dheadhan is an Cambridge; thug e seachad foghlam an Oilthigh Dhùn Eideann, Bhaile Atha Cliath agus Obar Dheadhan, agus tha e a-nis 'na Phroifeasair air ceann Roinn na Ceiltis an Oilthigh Ghlaschu. Am measg na tha e air fhoillseachadh tha leabhar bàrdachd, *Seòbhrach às a' Chlaich* (1967); aisteachan air a' Ghàidhlig agus air litreachas na Gàidhlig. Chuir e an duanaire seo an eagar.

## THE CONTRIBUTORS

#### SORLEY MACLEAN

Born in Raasay, 1911; graduate of Edinburgh University; schoolmaster in Portree, Tobermory, Edinburgh and Plockton; Writer in Residence at Edinburgh University and Sabhal Mòr Ostaig in the 1970s. Has toured widely reading his poetry, for which he has been awarded the McVitie and Saltire prizes and the Queen's Gold Medal for Poetry. His first collection, *Dàin do Eimhir agus Dàin Eile*, was published in 1943. His poems have appeared in a number of books and periodicals in the original and in translation, e.g. *Lines Review*, No. 34, and *Four Points of a Saltire* (1970). His selected poems, *Reothairt* is *Contraigh/Spring Tide* and *Neap Tide*, first appeared in 1977, and his collected poems, *O Choille gu Berradh/From Wood to Ridge*, in 1989. His prose works were collected in *Ris a' Bhruthaich* (1985).

#### GEORGE CAMPBELL HAY

Born in Argyll, 1915; son of the Scottish novelist J. MacDougall Hay, the author of *Gillespie*; graduate of Oxford University; commanded a large number of European languages, from many of which he translated verse. Earned his living as a translator in Edinburgh, where he died in 1984. His publications were the collections of poems *Fuaran Sléibh* (1947), *Wind on Loch Fyne* (1948) and *O na Ceithir Airdean* (1952); contributions to *Four Points of a Saltire* (1970); and the long poem *Mochtàr is Dùghall* (1982). The collected poems are to be published in the near future.

#### DERICK THOMSON

Born in Lewis, 1921; graduate of Aberdeen and Cambridge Universities; taught at the Universities of Edinburgh, Glasgow and Aberdeen, and was Professor of Celtic at Glasgow 1963-91. Has initiated many projects concerned with Gaelic, such as the magazine *Gairm* (1951-), the associated *Gairm Publications* and the *Gaelic Books Council*, of which he was Chairman 1968-91. Awarded *Ossian Prize*, 1974, and joint winner of the *Royal Bank of Scotland-Saltire Society prize* for the best book of the year 1982 (his collected poems, *Creachadh na Clàrsaich/Plundering the Harp*). Individual collections of poetry are *An Dealbh Briste* (1951), *Eadar Samhradh is Foghar* (1967), *An*

Rathad Cian (1970), Saorsa agus an Iolaire (1978), Smeur an Dòchais/Bramble of Hope (1993) and Meall Garbh (1995). Author of many articles and books on Gaelic literature, including An Introduction to Gaelic Poetry (1974) and The New Verse in Scottish Gaelic: A Structural Analysis (1974); editor of The Companion to Gaelic Scotland (1983) and Bàrdachd na Roinn-Eòrpa an Gàidhlig (1990).

## IAIN CRICHTON SMITH

Born in 1928 and brought up in Lewis; graduate of Aberdeen University; schoolmaster in Clydebank and Oban 1952-77, after which he became a full-time writer. Has published prolifically in Gaelic and English - poems, short stories, novels, plays. Gaelic collections of poetry are Biobuill is Sanasan-Reice (1965), Eadar Fealla-dhà is Glaschu (1974), Na h-Eilthirich (1983) and An t-Eilean agus an Cànan (1987); short stories are collected in Bùrn is Aran (1960, also some poetry), An Dubh is an Gorm (1963), Maighstirean is Ministearan (1970), An t-Adhar Ameireaganach (1973) and Na Guthan (1991); novels are An t-Aonaran (1976) and Na Speuclairean Dubha (1989). Books of poetry in English include The Long River (1955), The Law and the Grace (1965), From Bourgeois Land (1969), Love Songs and Elegies (1972), A Life (1986), Collected Poems (1992) and Ends and Beginnings (1994). Fiction includes Consider the Lilies (1968, novel), The Last Summer (1969, novel), The Black and the Red (1973, short stories), The Search (1983, novel), In the Middle of the Wood (1987, novel) and An Honourable Death (1992, novel). He has also published a book of essays and criticism, Towards the Human (1986), two Gaelic plays, and books of poetry and fiction for the younger reader in both Gaelic and English. He has won numerous literary prizes, and was awarded the OBE in 1983.

## DONALD MACAULAY

Born in Bernera, Lewis, 1930; graduate of Aberdeen and Cambridge Universities; has taught at the University of Edinburgh, Trinity College Dublin and the University of Aberdeen; at present Professor of Celtic at the University of Glasgow. Publications include a collection of poems, Seòbhrach às a' Chlaich (1967); essays on Gaelic language and literature. Editor of the present collection.

## CANONGATE CLASSICS

Books listed in alphabetical order by author.

*The Journal of Sir Walter Scott* edited by WEK Anderson

ISBN 0 86241 828 3 £12.99 \$16.00

*The Bruce* John Barbour, edited by AAM Duncan

ISBN 0 86241 681 7 £9.99 \$15.95

*The Land of the Leal* James Barke

ISBN 0 86241 142 4 £7.99 \$9.95

*The Scottish Enlightenment: An Anthology* A Brodie (Ed)

ISBN 0 86241 738 4 £10.99 \$16.00

*The House with the Green Shutters*

George Douglas Brown

ISBN 0 86241 549 7 £4.99 \$9.95

*Magnus* George Mackay Brown

ISBN 0 86241 814 3 £5.99 \$11.95

*The Watcher by the Threshold* Shorter Scottish Fiction

John Buchan

ISBN 0 86241 682 5 £7.99 \$14.95

*Witchwood* John Buchan

ISBN 0 86241 202 1 £4.99 \$9.95

*Lying Awake* Catherine Carswell

ISBN 0 86241 683 3 £5.99 \$12.95

*Open the Door!* Catherine Carswell

ISBN 0 86241 644 2 £5.99 \$12.95

*The Life of Robert Burns* Catherine Carswell

ISBN 0 86241 292 7 £6.99 \$12.95

*The Triumph Tree: Scotland's Earliest Poetry 550-1350*

edited by Thomas Owen Clancy

ISBN 0 86241 787 2 £9.99 \$15.00

*Two Worlds* David Daiches

ISBN 0 86241 704 x £5.99 \$12.95

*The Complete Brigadier Gerard* Arthur Conan Doyle

ISBN 0 86241 534 9 £6.99 \$13.95

*Dance of the Apprentices* Edward Gaitens

ISBN 0 86241 297 8 £5.99 \$12.95

*Ringan Gilhaize* John Galt

ISBN 0 86241 552 7 £6.99 \$13.95

*The Member and the Radical* John Galt

ISBN 0 86241 642 6 £5.99 \$12.95

*A Scots Quair: (Sunset Song, Cloud Howe, Grey Granite)* Lewis Grassie Gibbon

ISBN 0 86241 532 2 £5.99 \$13.95

*Sunset Song* Lewis Grassie Gibbon  
 ISBN 0 86241 179 3 £4.99 \$9.95  
*Memoirs of a Highland Lady* vols. I&II  
 Elizabeth Grant of Rothiemurchus  
 ISBN 0 86241 396 6 £8.99 \$15.95  
*The Highland Lady in Ireland*  
 Elizabeth Grant of Rothiemurchus  
 ISBN 0 86241 361 3 £7.99 \$14.95  
*Unlikely Stories, Mostly* Alasdair Gray  
 ISBN 0 86241 737 6 £5.99 \$12.95  
*Highland River* Neil M. Gunn  
 ISBN 0 86241 358 3 £5.99 \$9.95  
*Sun Circle* Neil M. Gunn  
 ISBN 0 86241 587 x £5.99 \$11.95  
*The Key of the Chest* Neil M. Gunn  
 ISBN 0 86241 770 8 £6.99 \$12.95  
*The Serpent* Neil M. Gunn  
 ISBN 0 86241 728 7 £6.99 \$12.95  
*The Well at the World's End* Neil M. Gunn  
 ISBN 0 86241 645 0 £5.99 \$12.95  
*Gillespie* J. MacDougall Hay  
 ISBN 0 86241 427 x £6.99 \$13.95  
*The Private Memoirs and Confessions of a Justified Sinner*  
 James Hogg  
 ISBN 0 86241 340 0 £5.99 \$9.95  
*The Three Perils of Man* James Hogg  
 ISBN 0 86241 646 9 £8.99 \$14.95  
*Flemington & Tales from Angus* Violet Jacob  
 ISBN 0 86241 784 8 £8.99 \$14.95  
*Fergus Lamont* Robin Jenkins  
 ISBN 0 86241 310 9 £6.99 \$11.95  
*Just Duffy* Robin Jenkins  
 ISBN 0 86241 551 9 £4.99 \$9.95  
*The Changeling* Robin Jenkins  
 ISBN 0 86241 228 5 £4.99 \$9.95  
*Journey to the Hebrides* (A Journey to the Western Isles  
 of Scotland, The Journal of a Tour to the Hebrides)  
 Samuel Johnson & James Boswell  
 ISBN 0 86241 588 8 £5.99 \$14.95  
*Tunes of Glory* James Kennaway  
 ISBN 0 86241 223 4 £3.50 \$8.95  
*Wisdom, Madness & Folly* RD Laing  
 ISBN 0 86241 831 3 £5.99 \$11.95  
*A Voyage to Arcturus* David Lindsay  
 ISBN 0 86241 377 x £6.99 \$9.95  
*Ane Satyre of the Thrie Estaitis* Sir David Lindsay  
 ISBN 0 86241 191 2 £5.99 \$9.95

*Magnus Merriman* Eric Linklater  
 ISBN 0 86241 313 3 £4.95 \$9.95  
*Private Angelo* Eric Linklater  
 ISBN 0 86241 376 1 £5.99 \$11.95  
*Scottish Ballads* edited by Emily Lyle  
 ISBN 0 86241 477 6 £5.99 \$13.95  
*Nua-Bhardachd Ghaidhlig* (Modern Scottish Gaelic Poems  
 edited by Donald MacAulay  
 ISBN 0 86241 494 6 £4.99 \$12.95  
*The Early Life of James McBey* James McBey  
 ISBN 0 86241 445 8 £5.99 \$11.95  
*And the Cock Crew* Fionn MacColla  
 ISBN 0 86241 536 5 £4.99 \$11.95  
*The Devil and the Giro: Two Centuries of Scottish Stories*  
 edited by Carl MacDougall  
 ISBN 0 86241 359 1 £9.99 \$14.95  
*St Kilda: Island on the Edge of the World* Charles Maclean  
 ISBN 0 86241 388 5 £5.99 \$11.95  
*Linmill Stories* Robert McLellan  
 ISBN 0 86241 282 x £4.95 \$11.95  
*Wild Harbour* Ian Macpherson  
 ISBN 0 86241 234 x £3.95 \$9.95  
*A Childhood in Scotland* Christian Miller  
 ISBN 0 86241 230 7 £4.99 \$8.95  
*The Blood of the Martyrs* Naomi Mitchison  
 ISBN 0 86241 192 0 £4.95 \$11.95  
*The Corn King and the Spring Queen* Naomi Mitchison  
 ISBN 0 86241 287 0 £6.95 \$12.95  
*The Gowk Storm* Nancy Brysson Morrison  
 ISBN 0 86241 222 6 £4.99 \$9.95  
*An Autobiography* Edwin Muir  
 ISBN 0 86241 423 7 £4.99 \$11.95  
*The Wilderness Journeys* (The Story of My Boyhood and  
 Youth, A Thousand Mile Walk to the Gulf, My First  
 Summer in the Sierra, Travels in Alaska, Stickeen) John Muir  
 ISBN 0 86241 586 1 £9.99 \$15.95  
*Imagined Selves: (Imagined Corners, Mrs Ritchie, Mrs  
 Grundy in Scotland, Women: An Inquiry, Women in  
 Scotland)* Willa Muir  
 ISBN 0 86241 605 1 £8.99 \$14.95  
*Homeward Journey* John MacNair Reid  
 ISBN 0 86241 178 5 £3.95 \$9.95  
*A Twelvemonth and a Day* Christopher Rush  
 ISBN 0 86241 439 3 £4.99 \$11.95  
*End of an Old Song* J. D. Scott  
 ISBN 0 86241 311 7 £4.95 \$11.95  
*Grampian Quartet: (The Quarry Wood, The Weatherhouse, A*

Pass in the Grampians, The Living Mountain) Nan Shepherd  
ISBN 0 86241 589 6 £8.99 \$14.95  
*Consider the Lilies* Iain Crichton Smith  
ISBN 0 86241 415 6 £4.99 \$11.95  
*Listen to the Voice: Selected Stories* Iain Crichton Smith  
ISBN 0 86241 434 2 £5.99 \$11.95  
*Diaries of a Dying Man* William Soutar  
ISBN 0 86241 347 8 £4.95 \$11.95  
*Shorter Scottish Fiction* Robert Louis Stevenson  
ISBN 0 86241 555 1 £4.99 \$11.95  
*Tales of Adventure* (Black Arrow, Treasure Island, 'The  
Sire de Malétrait's Door' and other Stories) Robert  
Louis Stevenson  
ISBN 0 86241 687 6 £7.99 \$14.95  
*Tales of the South Seas* (Island Landfalls, The Ebb-tide,  
The Wrecker) Robert Louis Stevenson  
ISBN 0 86241 643 4 £7.99 \$14.95  
*The Scottish Novels: (Kidnapped, Catriona, The Master of  
Ballantrae, Weir of Hermiston)* Robert Louis Stevenson  
ISBN 0 86241 533 0 £6.99 \$13.95  
*The People of the Sea* David Thomson  
ISBN 0 86241 550 0 £4.99 \$11.95  
*City of Dreadful Night* James Thomson  
ISBN 0 86241 449 0 £5.99 \$11.95  
*Three Scottish Poets: MacCaig, Morgan, Lochhead*  
ISBN 0 86241 400 8 £4.99 \$11.95  
*Black Lamb and Grey Falcon* Rebecca West  
ISBN 0 86241 428 8 £12.99 \$19.95

#### ORDERING INFORMATION

Most Canongate Classics are available at good bookshops.  
You can also order direct from Canongate Books Ltd – by  
post: 14 High Street, Edinburgh EH1 1TE, or by telephone:  
0131 557 5111. There is no charge for postage and packing  
to customers in the United Kingdom.

Canongate Classics are distributed exclusively in the USA  
and Canada by:

Interlink Publishing Group, Inc.  
46 Crosby Street  
Northampton, MA 01060-1804  
Tel: (413) 582-7054  
Fax: (413) 582-7057  
e-mail: [interpg@aol.com](mailto:interpg@aol.com)  
website: [www.interlinkbooks.com](http://www.interlinkbooks.com)